Whereupon greatly to the surprise of the author of these somewhat savage lines a voice—not that of the “Céistear Crotach”—was heard in reply :—

“ C’ arson a dh’ aoir thu ’n ceistear crotach  
 Duine cho bochd ’s tha ’s tha ’san dùthaich,  
 ’S ged bhiodh e falbh air a’ bhàta  
 B’ fhearr e na claigionn gun sùilean  
 Chunnaic mi t’ athair air bàta  
 Cha ’n fhaigheadh e gu h-àrd a stiùireadh  
 Dh’ itheadh e urrad ri dithis  
 Mo Rìgh ! ged theirinn trìùir ris.

MacCodrum’s best impromptu and one of the happiest of its kind, shewing real genius and resource was composed on the occasion of draining Loch Asduinn in North Uist. This operation was carried on under the supervision of the factor and the whole country side turned out to take part in the work. John with characteristic indolence did not appear upon the scene till the time for refreshments had arrived. The factor desirous of getting a rise out of him offered the bard a glass of whisky at the same time saying “So Iain sin agad gloine de bhurn Loch-Asdainn.” John took the glass and perceiving an aroma more potent than cold water at once replied :—

“ Gu ’m beannaicheadh Dia burn Loch-Asdainn  
 Ge maith fhàileadh ’s feàrr a bhlas,  
 ’S ma tha e mar so gu léir  
 ’S mòr am beud a leigeil às.”

## II.—PATRIOTIC SONGS.

We now pass on to a brief review of Mac Codrum's patriotic poems, nearly all of which are composed either to the Clan MacDonald in general, or some of its more noted scions. The bard exulted in the heroic history of his favourite clan, and the great men who gave it lustre, and he lavishes all the wealth of his copious vocabulary in singing their praises. For a man who could neither read nor write—such is the tradition, and most probably the truth—he showed a singular acquaintance—not only with MacDonald history, but that of other clans as well.

A notable poem to an individual MacDonald is that to Captain Allan MacDonald of Kingsburgh whom Dr. Johnson's biographer describes as "the figure of a gallant Highlander exhibiting the graceful mien and manly looks which our popular Scottish song has justly attributed to that character." Through the strange irony of fortune, it was his destiny to fight for the royal house on behalf of whose foe both his father and wife had risked life and fortune. Owing to the part which old Kingsburgh took in the troubles of '45 and the pecuniary losses he sustained in connection with the movement, Captain Allan and his brave wife and children were compelled to seek a home in the American continent in the month of August, 1774. On the outbreak of the War of Independence which took place shortly after his arrival in the new world, Kingsburgh joined the loyalist

cause and received the post of Brigadier-General. On the defeat of the forces of the crown at Moore's Creek he was taken prisoner and for a considerable time was confined in Halifax jail. It is gratifying to think that on peace being concluded he was released from captivity, returned to Scotland, and closed his life where it began at Kingsburgh his ancestral home. It was to the hero of this somewhat eventful career that MacCodrum's poem was composed. It is a fine piece, full of dignity as well as vigour of style and couched in the choicest terms. The two concluding verses beginning "*Chuir Dia rogha céile ort,*" are in praise of Flora and very happily express her connection with those historic events which impart so romantic an interest to the middle of last century.

"*Tùladh Iain Mhùideartaich*" has been handed down by tradition, rightly or wrongly, as a specimen of the bard's power of *extempore* versification. It was composed to the son of Clanranald's heir, the grandfather of the present head of the House, Admiral Sir Reginald MacDonald, K.C.B., under circumstances which are still recounted in the traditions of MacCodrum's countrymen. MacCodrum, who seems to have possessed those roving propensities which characterized the bards and minstrels of ancient times, was one day seen approaching Nunton House in Benbecula—then a residence of the Clanranald. *Mac' Ic Ailein*, who happened to be walking about the premises, leading his heir, *Iain Mhùideartaich* by the hand, sent him to meet the bard. With the open-handed generosity which was always characteristic of the Clan Ranald chiefs, *Mac' Ic Ailein* gave the child a



coin to give him. MacCodrum on receiving this substantial greeting asks if that was all the money he had, and on his replying that it was, the bard said, "Well, there is not another heir in the world that would give me all his possessions but yourself." On this he takes the child in his arms and walks to the house, but *Iain Mùideartach* would not be taken from him until he composed a song in his praise. MacCodrum asked to be allowed to walk once round the garden previous to his doing as requested, and the tradition says that on having done so the poem was ready and sung to *Iain Mùideartach*. Probably the poet took his own time to the perambulation as there was no limit as to time imposed on his walk round the large garden at Nunton. The "*Tàladh*" is a review of the heroic exploits of the boy's ancestors in many a hard fought field. He traces their prowess from the days of Harlaw when *Lachann MacMhuirich Albannach* stirred up the courage of the MacDonalds with his famous poem:—

"Chlanna Cuinn cuimhneachibh,  
Cruas an àm na h-iorghuill;"

down through Kinloch Lochy—called *Blàr Lèine* because the Highlanders fought in their shirts when Lord Lovat and the Master of Lovat were slain, and the Fraser Clan almost annihilated—Inverlochy, Killiecrankie, and Sheriffmuir—at all of which the Clan Ranald fought with the traditional heroism of their race. These proud memories were not unmingled with regrets. At the battle of Sheriffmuir the chief of the Clan Ranald met with a soldier's death "*Thuit Ailein le neart an teine.*" *Iain dubh Mac Iain 'Ic Ailein*, a

scion of the same House, laments this chieftain's loss in a very fine elegy:—

“A bhliadhna leuma d' ar milleadh  
 An coig ceud 's a mil' eile,  
 Chaili sinn ùr ròs na finne,  
 'S geur a leus air ar cinneadh ri 'm beò.”

*Oran do Mhac 'Ic Ailein*, or as it is known in Uist *Cuideachadh Iain Ghrùdair*, was composed to the father of *Iain Muideartach*, the hero of the foregoing *Tàladh* shortly after his succeeding to his patrimony. The bard comes to the assistance of a local rhymmer who had indulged in some miserable efforts at eulogizing Clan Ranald and composes this fine poem which in purity of diction and sustained rhythm is inferior to few he has composed.

The only other poem to an individual of the MacDonald Clan is that to Sir James MacDonald of Sleat; but it will more conveniently and quite as appropriately be noticed when the elegies come under review.

Of the poems composed in honour of the Clan MacDonald the best known is “*Smeòrach Chlann Dòmhnuille*.” The mavis of the MacDonalds warbles his native woodnote wild with great melody and power in praise of his native country and his favourite clan. He devotes a number of stanzas to his sea-girt Uist, with its flocks and herds—its fruitful harvest, its flowery meadows, its well clad youths. He could not indeed say of it as Alexander MacDonald did of his own loved Mor-thir:—

“A choill gu h-uile fo làn duillich  
 'S i 'na culaidh bainne.”

for Uist could not—at least in historic times—rejoice in woodland scenery. Indeed MacCodrum is said to have plainly insinuated that the woods of Mor-thir were not of such profuse luxuriance as to justify poetic enthusiasm, and to have addressed the other bard:—

C' arson a mhol thu 'Mhor-thir mhosach  
Airson stopan calltainn?

The *natale solum* of the bard may seem bleak to others, but to him it is always beautiful—and, to Mac Codrum, Uist was fairer than any other land beneath the sun, “An tìr a’s bòidbhe ta ri fhaicinn,” because it was the country of his heart, round which the tendrils of his inspired affections clung and wound themselves, and he regarded it with that reverence and love which a true son cherishes for his mother. The “*Smeòrach*” also tells that he was born among the MacDonalds, and this is the prelude to his launching out into praise of their prowess and their virtues. It has been stated that the superabundance of epithets in which his “*Smeòrach*” abounds is a literary vice. But if this is so our poet shares it with Alexander MacDonald and other eminent votaries of the Celtic muse—in fact it seems to be almost inseparable from, as it is certainly characteristic of, much of our Gaelic poetry. *Moladh Chloinn Dòmhnuille* is known to Uist tradition as *Cuideachadh Dhòmhail 'Ic Fhionnlaidh*. The circumstances of its composition are hinted at in the opening verse. It appears that Mac Codrum and a neighbouring poetaster of the name of *Dòmhnull Mac Fhionnlaidh*, happened to meet once in the same house in North Uist. Donald repeated some incoherent rhymes that

he had perpetrated to some of the MacDonald gentry of the Island, while Mac Codrum lay on a bench half asleep. Wakened from his partial slumbers by the discordant and unpoetic rhapsodies of his companion, Mac Codrum roused himself and, it is said, began to recite or sing in his own masterly style, *Moladh Chlann Dòmhnuille*. Like the rest of his Clan poems it is full of enthusiasm for the ancient prowess, not only of the MacDonalds, who, of course, occupied the premier position in his affections and respect, but of all the other Highland Clans. It is instinct with the spirit of the fiery cross; many a brave champion would come to the MacDonalds' banner in the hour of trial and the day of danger. Emigration had done much, even in Mac Codrum's time to depopulate the Highlands. After '45, when heritable jurisdictions were abolished, and the disarming and unclothing Acts were passed, the bonds between the chiefs and their people were sensibly loosened, and the Highlanders began to pour in an unremitting stream, partly to the large towns of the South, and partly to distant parts of our Colonial Empire. This emigration was in part voluntary, but in part involuntary. It would be outwith a literary estimate like this to discuss at length the question of Highland depopulation from a political point of view. But truth belongs to no side of politics, and it cannot be denied that many regrettable and unjustifiable incidents occurred in connection with these events. In one aspect, doubtless, these clearances seemed to have belonged to an inevitable tendency in human affairs. According to the old Celtic tenure the land belonged to the Clan or tribe as a whole,

and not to the chief only. But when the system of feudal tenure, which had been imported from Norman England into Scotland, was also introduced into the Highlands, the decay of the patriarchal system was only a matter of time. Under the new *regime* the chief had the title and of course the ownership of land became a commercial business to be regarded from the point of view of profit and loss. Hence when sheep farming became more remunerative than small tenants, the latter are evicted, and when deer become more profitable than sheep—sheep are evicted. The question is, of course, surrounded by many difficulties. Yet, however much individual wealth may be increased by the system of unlimited ownership, the welfare of the whole community ought not to be sacrificed for the caprices of a few, and although our countrymen across the seas have done so much to build up our Colonial Empire, the primary means by which removals were accomplished were too often cruel and oppressive. It cannot, further, be regarded as righteous or expedient that lands capable of useful cultivation should be devoted to purposes of sport, and such undoubtedly is the case. On the other hand the problem of undoing the past—of re-peopling the waste places—will very probably remain a problem for many a year to come. It is one thing to condemn the actions of past generations—it is another thing to unsettle the social system which rendered these actions possible. The influence of public opinion in our day renders the repetition of such doings morally, if not legally, impossible on anything of a large scale.

In two of his poems John Mac Codrum deplors the

depopulation which, in his old age, he saw going on around him. One of these, "*Oran do mhuinntir a bha air am fogradh do dhùthaich cèin*," laments with some bitterness the folly of the Highland chiefs in parting with their people, and the bard remarks that cheviot sheep would prove indifferent substitutes if an enemy had to be encountered. He contrasts the existing proprietors with those of former days who, in his opinion, would not part with an attached and devoted tenantry for the sake of increased rents, and he winds up by wishing the emigrants God-speed in the new land towards which their course was set.

The other emigration song—called "*Oran Fir Ghriminis*"—is expressed in language of great pathos and evinces much tenderness of feeling. The tradition is that a number of the tacksmen of North Uist concocted a scheme to get their sub-tenants to emigrate to America. The inducement was that they themselves were to accompany their poor dependants across the Atlantic and under pretence of doing so a large quantity of baggage—really only containing peats—was conveyed to the port of embarkation. Those who were not in the plot—and among them it is said Mr. MacDonald of Griminish, had made genuine preparations to depart, and carried out their intentions even after the conspiracy was discovered with feelings more to be imagined than described; while the rest satisfied probably with their unworthy *ruse* returned to their respective homes. This poem seems to have been composed before the discovery of the plot as it suggests nothing about the treachery enacted. In lines instinct with mournful recollection and regret does the bard

descant upon the ruined abodes which were to take the place of a once prosperous and happy people.

The last of the patriotic poems refers to a subject on which MacCodrum, like all other Highlanders and Highland poets of his time, felt very keenly, namely, the Unclothing Act of 1747. The Government—legislating in a panic—could not possibly have devised a measure more calculated to insult an heroic people and intensify their disloyalty to the throne. The Disarming Act, first passed in 1718, and further confirmed in 1726—from which latter date it was only to remain in force for seven years, does not seem to have been so offensive to the *amour propre* of the Highlanders as that which deprived them of the national garb. It could be seen, of course, that the Disarming Act was a politic and necessary measure for ensuring the future tranquillity of the country. And, besides, events showed how easily it was evaded. The rusty, superannuated old weapons were given up—all the serviceable ones were secreted, and in 1745, when Charles' standard was unfurled at Glenfinnan, large numbers of well-armed Highlanders gathered around it. The Unclothing Act was different. It was a more direct and hostile stroke against the social system which for centuries prevailed in the Highlands. Every clansman wore his own distinctive tartan, which was the emblem of the solidarity of his race, and their common loyalty to the chief. When the tartan went along with the well loved weapons, and the heritable jurisdictions—which were abolished about the same time—the characteristic accessories of the Clan system disappeared. The penalty

for an infringement of this Act was serious. Six months imprisonment without the option of a fine—and without admission to bail, and for a second conviction, transportation for seven years. There was also a terrible oath imposed in connection with the operation of these Acts. No wonder though Dr. Johnson—who doubtless relished the opportunity of having a dig at the Whigs—said that such an enactment was rather “an ignorant wantonness of power than the proceedings of a wise and beneficent legislature.” The Gaelic bards of the day—speaking with greater freedom because their language was unknown beyond their own land— inveighed against this stupid exercise of power, although, by the way, Highland officers and soldiers under Government received special exemption. Alexander MacDonald in *He 'n clò dubh b' fheàrr am breacan* ; *Donnachadh Bàn* in *O tha briogais liathglas am bliadhna cur mulaid oirnn* ; *Rob Donn* in *Oran nan casagan dubha* ; all gave voice to the popular resentment. It seemed very hard that there were no exceptions in favour of those chiefs and clans, like the MacDonalds of Sleat and others, who remained loyal to the Government. Mac Codrum—different from his chiefs and patrons—was a staunch Jacobite all through, and probably never ceased to hope for the restoration of the old Stuart line and the expulsion of the Hanoverian dynasty. His devotion to that ill-fated House was intensified by the Acts which in this poem he so strongly condemns, and he winds up with a fervent expression of hope that the old order might again be established—a hope never to be fulfilled.



## III.—ETHICAL SONGS.

We must now make a brief reference to those of Mac Codrum's poems which are directly ethical or didactic in their intention, and this class contains three of his ablest compositions — "*Caraid 'us nàmhaid an uisge-bheatha,*" "*Oran na h-òige,*" and "*Oran na h-aoise.*"

"*Caraid 'us nàmhaid an uisge-bheatha*" is a long metrical dialogue in which the two sides of the question at issue are alternately discussed. From the conduct of the controversy it is evident that, so far as morality is concerned, the "enemy" of whisky is intended by the bard to get the better of the "friend." The enemy is thoroughly in earnest and gives no quarter to his antagonist. The "*Caraid,*" on the other hand, scarcely making an effort to strengthen his position by the advocacy of moderation. Conviviality—excess—the power of John Barleycorn to "steep the senses in forgetfulness" are all depicted with zest and glee. The "*Nàmhaid*" takes the view of a stern, uncompromising ascetic who repudiates and abhors whisky as the accursed thing, while the "*Caraid*" takes up the *nunc est bibendum* point of view and seems to cherish the conviction that there is really no pleasure like getting drunk. Yet, although the bard's sympathies as a moralist are with the "enemy," he is not without a warm side to the "friend," and seems to enjoy his description of the power of the barley bree in dispelling cold and care—cowardice and sorrow—at least for a time. The author of the blessing on the waters of Asduinn doubt-

less enjoyed a dram, though he must have seen much of the evils of unrestrained festivity to cause him to take up the cudgels on behalf of temperance. We do not remember any of the older Gaelic bards who have done so with anything like his earnestness and address.

In "*Oran na h-òige*" human life from infancy to youth is compared to the progress of the Seasons. The characteristics of each of the months, from early Spring to Autumn—as well as their influence upon the different stages of life, are accurately described, till at last, when the poet comes to Summer, he turns to the young man rejoicing in the buoyancy of youth—the summer of life—and puts to him the question, how long does he expect life to last? Even youth when its sun shines fairest must not boast nor glory, for the last stern fact of human existence must some day, perhaps soon, be faced. And so when that dark secret has been disclosed, where is the tongue that uttered guile, and the heart that harboured hatred; where those eyes, the windows through which desire entered; the arm that performed deeds of strength; the body in which dwelt the haughty soul? All these questions Mac Codrum asks with the solemnity of one who has felt the deep mystery of life, and is profoundly conscious that death is the most certain of all facts. He knew and sang in strains of pathos that that shadow spreads its mantle on the brightest lives, and breaks the fairest companionships, and very much in the spirit of the Preacher of old he warns the young man who rejoices in his youth and in the light of his eyes, that for all these things God will bring him to judgment.

“*Oran na h-Aoise*” is probably, in matter as well as in form, the best of Mac Codrum’s efforts—and one of the most original of Gaelic poems. No bard in any language has given a truer or more graphic picture of that age which slips into the “lean and slippered pantaloan.” If fault can be found with the sentiment, it is that the shadows of the picture are too darkly painted; and that it is unrelieved by the touches of spiritual beauty that often illumine the furrowed cheek and crown the silver locks of age. There is no green old age in Mac Codrum’s poems, but one of ideal decrepitude and feebleness, into which ills and sorrows, more numerous than Egypt’s plagues, are crowded. It is more than likely that it was composed when the bard was tottering down the vale of years and the lengthening shadow had fallen on his path. It has throughout the ring of experience. Hardly any actual instance, of course, could embody the catalogue of ills which the bard enumerates in his vivid description—nor is it likely that the evening of his own life was the mournful, solitary thing he describes, yet some feeling deeper and more personal than mere observation would have suggested the sentiment of the lines:—

Aois ghliogach gun chàil ;  
 'S tu 's miosa na 'm bàs ;  
 'S tu 's tric a rinn tràill  
 Dhe 'n treun-fhear.

## IV.—ELEGIES.

We now come to the Elegies of which there are three in existence. One of these was composed to Sir James MacDonald of Sleat, who died in Rome, and to whom Mac Codrum composed an eulogy as well as an elegy. The eulogy may perhaps be regarded like most compositions of the kind as bordering on exaggeration, and yet, in view of the hyperbolical nature of Gaelic poetry, as well as the virtues, talents, and accomplishments of the gifted Sir James, the poet can hardly be said to have gone beyond the truth. The beautiful epitaph, in which his friend, Lord Lyttleton, has enshrined his memory must be known to most readers, and, justifies to the full the praises of his devoted bard. Sir James, alas! was not spared to fulfil the great hopes cherished of him, or to carry out his enlightened schemes for ameliorating the condition of his people. The gods loved him and he died young. In his elegy the bard mourns his loss as the last of six chiefs of Sleat, who, in his own time, died in the vigour of their manhood. Sir James' death was, in the opinion of Mac Codrum, the most deplorable of all, not because it was the last and the wound was fresh, but because he was really the best among the good, and though he had not lived long he had lived well.

Chaill sinn duilleach ar géige ;  
Gràine mullaich ar déise ;  
So an turus chuir éis air na h-àrmuinn.

A fine elegy was composed by Mac Codrum to Alexander MacDonald of Kirkibost and Balranald, better known in his day as *Alastair Mac Dhòmhnuill*. He was the seventh in succession of the MacDonalds of Balranald, of whom Mr. MacDonald of Edenwood is the eleventh and present representative. *Alastair Mac Dhòmhnuill* was married twice, with issue, and the MacDonalds of Penenuirean are the representatives of the younger family. They are all descended from Donald Herrach MacDonald who was a son of Hugh, first of Sleat, brother of John, last Lord of the Isles. *Alastair Mac Dhòmhnuill* was factor for the Chief of Sleat over his Long Island property, and seems to have been greatly loved in his native land. He was also renowned for his great stature and physical strength. His tragic end is celebrated in the "*Marbhrann*." The channel which separates the island of Kirkibost, where he lived, from the main island is fordable at low water, and it is supposed that Mr. MacDonald, while crossing the sands, fell from horseback in a fit, and before regaining consciousness was drowned by the advancing tide.

A shorter elegy but not less finely conceived and hardly inferior in expression was composed to Hugh MacDonald of Baleshear in North Uist who died in 1760. The hero of this poem was a son of *Raonall Mac Shir Sheumas*, in other words a grandson of Sir James MacDonald of Oronsay. Sir James succeeded his nephew, Sir Donald, who died unmarried. He lived a good deal in Oronsay an island or rather a peninsula in the Sand district of North Uist and his son Ranald was the progenitor of the Baleshear family.

The family possessed the penny lands of Baleshear and the son of the hero of this elegy was called "*Tighearn nam peighinnean*." Hugh, of Baleshear, and Captain Donald Roy, his brother, were largely instrumental in assisting the escape of Prince Charles from the Long Island after the disastrous battle of Culloden. A grandson of Hugh MacDonald was Professor of Natural History in St. Andrews and representatives of the family still survive.

We have concluded our review of the poems of John MacCodrum and think we are justified in placing a high estimate on his genius. Critics have with good reason considered that the absence of the tender passion—that warmth of sentiment which glows in the pages of Mac Donald, Macintyre and Ross detracts from the fulness of his poetic gifts. In all other respects he stands high in the front rank of the poets of the last two centuries. If he must needs come after the three just mentioned he does so certainly not *longo intervallo*. If his flight be not as sustained as MacDonald's or Macintyre's and if he be inferior in emotional power to William Ross he is superior to the first in sincerity, to the second in patriotic fervour, to the third in ethical soundness, and to all in humour. If MacDonald's is the more powerful imagination, if Macintyre's is a richer descriptive art, and if Ross's is a wider and more cultured sympathy with nature, MacCodrum has a keener eye for the realities of life and he is more imbued than any of them with that mental shrewdness which inspires the poetry of common sense. Several of his poems entitle him to an undoubted place among the greatest masters of Gaelic verse.

His dust reposes in the churchyard of Kilmuir marked by an amorphous block of gneiss, said to have been selected by himself to be his *cara cuimhne*. It is gratifying to think that his countrymen in the busy south are contemplating the erection of a fitting memorial of their greatest bard, and that contemporaneously with that movement the writer of these pages is able to give to the world for the first time in a form of more or less completeness that “monument more lasting than brass and more sublime than the regal elevation of Pyramids” which the peasant bard of North Uist—with no culture save that which nature bestowed—has bequeathed as a precious legacy to his compatriots.









# IAIN MAC CODRUM.



## DI-MOLADH PIOB DHOMHNULL, BHAIN.

A' CHAINNT a thuir Iain  
Gu 'n d' labhair e ceàrr i,  
'S feudar dhuinn àicheadh  
'S a phàigheadh d' a chinn  
Dh' fhàg e Mac Cruimein,  
Clann Duilidh\* a's Teàrlach† :  
'Us Dòmhnullan Bàn  
A tharruing gu pris.  
Orm is beag mòran sgeig.  
Agus bleid còmhraidh,  
Thu labhairt na h-urrad  
'S nach b' urrainn thu chòmhdach,  
Ach pilleadh gu stòlda  
Far 'n do thòisich thu dian.

An cual' thu cia 'n t-urram  
An taobh-sa de Lunnain ?  
Air na piobairean uile  
B' e Mac-Cruimein an rìgh ;

---

\* Clann Duilidh were pipers to the Macleans of Mull.

† Tearlach—Charles MacArthur, one of the hereditary pipers to the family of Sleat.

Le pongannan àluinn  
 A b' fhonnmhoire fàilte,  
 Thàrr'neadh 'an càileachd  
 Gu slàinte fear tinn.

Caismeachd bhinn 's i bras dian,  
 Ni tais' 'us fiamh fhògradh  
 Gaisg' agus cruadal,  
 Tha buaidh air an òinsich  
 Muim' uasal nan Leòdach,  
 'Ga spreodadh le spìd.

A bhàirisgeach spòrsail  
 Bh' aig Tearlach 'ga pògadh  
 An t-àilleagan ceòlmhor,  
 Is bòidhche guth cinn.  
 Tha na Gàidheil cho déigheil  
 Air a mhànràn aic' éisdeachd,  
 'S na th'ann an Dùn-Eideann  
 De luchd Beurl' air an *tì*

Breac nan dual 's neartmhor fuaim,  
 Bras an ruaig nàmhaid,  
 Leis 'm bu cheòl leadurra,  
 Feadannan Spàineach,  
 Luchd dheiseachan màdair,  
 Bhi cràidht' air dhroch dhiol.

'Nan cluinnt' ann am Muile  
 Mar dh' fhàg thu Clann Duilidh,  
 Cha b' fhuilear leo d' fhuil  
 Bhi air mullach do chinn.

'S i bu ghreadanta dealachainn  
 Air deas-làimh na h-armachd;  
 A' breabadh nan garbh-phort,  
 Bu shearbh a' dol sios.

Creach nach gann, sibh gun cheann,  
 Fo bhruid theann Sheòrais,  
 Luchd nam beul fiara,  
 Gu 'r pianadh 's 'g 'ur fògrath:  
 Rinn iad le fògradh  
 Bhur còir a bhuin dìbh.

Gha tug thu taing idir  
 Do bhriogardaich Thearlaich,  
 Mach o fhear Bhàllaidh, \*  
 Bhì ghnàth air a thì,  
 Mhol thu chorr ghliogach  
 Nach dligheach de bhàidse,  
 Ach deannan beag gràin,  
 No màm de dhroch shiol.

Shaol thu suas maoin gun ghruaim,  
 Craobh nam buadh ceòlmhor,  
 Chuireadh fonn fo na creagan  
 Le breabadaich mheòirean;  
 'S nach fuilingeadh odròchain  
 A thogail a cinn!

---

\* This *Fear Bhàllaidh* was *Uilleam Mac Eòghainn 'Ic an Toiteir*  
 who was a piper. He was III. of Vallay.

Cha 'n fhaigh a' chuis-bhùirt ud  
 Talla 'm bi mùirn,  
 Ach àth air a mhùchadh  
 Le dùdan 's le sùith.  
 Cha bhi cathair aig Dòmhnall  
 'S cha 'n éirich e còmhnard,  
 Ach suidh' air an t-sòrn  
 Agus sòpag ri 'dhruim.

Plàigh bhloigh phort, gair dhroch dhos,  
 Fàileadh cuirp bhreòite,  
 Ceòl tha cho sgreadaidh  
 Ri sgreadail nan ròcais,  
 No iseanan òga  
 Bhiodh leòinte chion bìdh.

Nach gasda chuis-bhùirt  
 A' bhi cneatraich air ùrlar,  
 Gun phronnadh air lùtha  
 Gun siùbhlaichean grinn,  
 A' sparradh od-ròch-ain,  
 An earball od-ròch-ain,  
 A' sparradh od-ròch-ain,  
 An t—n od-ro-bhì.

Mal caol cam,  
 Le thaosg rann,  
 Gaoth mar ghreann reòta,  
 Troimh na tuill fhiara  
 Nach dìonaich na meòirean  
 Nach tuigear air dòigh  
 Ach oth-heoin 's oth-hì!

Diùdhaidh nam fiùdhaidh  
 Bha aig Tubal Càin,  
 'N uair a sheinn e puirt Ghàidhlig  
 'S a dh' àlaich e phìob.  
 Bha i tamull fo 'n uisge  
 'N uair dhruideadh an àirce,  
 Thachair dhi cnàmhadh  
 Fo uisge 's fo ghaoith.  
 Thàinig smug agus dus  
 Anns na duis bhreòtach,  
 Iomadach drochaid  
 'Ga stopadh 'na sgòrnan,  
 Dh' fhàg i le crònnan  
 Od-ròch-ain gun bhrìgh.

Bha i seal uair  
 Aig Maol Ruainidh O' Dòrnan, \*  
 Chuireadh mi-dhòigheil  
 Thar òrdugh na fuinn,  
 Bha i treis aig Mac-Bheatrais †  
 A sheinneadh na dàin :  
 'N uair theirig a' chlàrsach  
 'S a dh' fhàiling a pris.

---

\* A wandering Irish harper whose piping was unacceptable to the Highlanders.

† Mac Bheatrais *alias* Mac Beathaig, one of the Mac Arthurs who were pipers to the Sleat MacDonalds. Mac Bheatrain was piper to *Domhnall Gorm Sléibhteach*.

Shéid Balàam na màla  
 Osna chnàmh chrònaidh,  
 Shearg i le tabhann  
 Seachd cathan nam fiantan,  
 'S i lagaich a chiad uair  
 Neart Dhiarmaid 'us Ghoill.

Turruraich an dòlais,  
 Bha greis aig Iain òg dhi;  
 Chosg i ribheidean cònlaich  
 'Na chòmhnadh le nì.  
 Bha i còrr is seachd bliadhna  
 'N a h-atharais bhialain,  
 Aig Mac Eachainn 'g a riasladh,  
 Air sliabh Chnoc-an-lìn. \*

An fhiudhaidh shean  
 Nach dùisg gean,  
 Gnùis nach glan còmhdach:  
 'S maireg dha 'm bu leannan  
 A chrannalach dheònaidh,  
 Chàite gràn eòrna  
 Leis na dh' fhòghnadh dh'i ghaoith.

Mu 'n cuirear fo h-inneal  
 Corra bhinneach na glaothaich,  
 'S inneadh air aodach  
 Na dh' fheumas i 'shnàth.

---

\* Cnoc-a-linn: a township in the Paible district of North Uist. The name is a memorial of the days when flax was grown in the Highlands.

Cha bheag a' chùis déistinn  
 Bhi 'g éisdeachd a gaoirich ;  
 Dheanadh i aognaidh  
 An taobh a bhiodh blàth.

Riasladh phort, sgrìachail dhos,  
 Fir ri droch shaothair,  
 Bheir i chiad eubha  
 'N àm séideadh a gaoithe  
 Mar ronnan ba caoile  
 'S i faotainn a' bhàis.

'Tha 'n ionnsramaid ghlagach  
 Air a lobhadh 'n a craicionn ;  
 Cha 'n fhuirich i 'n altan  
 Gun chearcall 'g a tàth ;  
 'S seirbh i na'n gabhann  
 Ri tabhann a chrùnluath,  
 Trompaid a dhùisgeadh  
 Gach Iùdas fhuair bàs.

Mar chom geur'ich 'g a chreuchdadh  
 Shéideadh làn gaoithe,  
 Turruraich nach urrainn mi  
 Samhuilt da innseadh,  
 Ach rodain ri sianail  
 No sgiamhail laogh òg.

Com caithte na curra  
 'Us tachdadh 'na muineal,  
 Meur traiste gun fhuras  
 'Cur triullain nan dàn,



Sheinneadh a bròlaich  
 Ri sòlus an èolain  
 Ruidhle gun òrdugh  
 An còmhnuidh air làr.

An aognaidh lom, gaoth troimh tholl,  
 Gaoir gun fhonn còmhraig,  
 A thaisicheadh cruadal,  
 'S a luathaicheadh teòltachd,  
 Gu beachdail don-dòchais  
 Mu 'n t-sòrn àm bi ghràisg.

Bi'dh gaoth a' mhàil ghrodaidh  
 Cur gaoir anns na dosaibh,  
 I daonnan 'na trotan  
 Ri propadh "od-rà."  
 Bi'dh seannsair caol crotach  
 Fo chaonnaig aig ochdnar \*  
 Sruth staonaig 'g a stopadh,  
 Cur droch ceòl na thàmh.

Fuaim mar chlag fhuadach each,  
 Duan chur as frithe  
 Cha 'n abair mi tuilleadh  
 Gu dì-moladh phìoban  
 Ach leigidh mi 'chluinntinn  
 Gu 'n d' phill mi MacPhàil.

---

\* Ochdnar : The eight fingers used in playing the Bagpipes.

## A C H O M H S T R I

EADAR

DOMHNULL FRISEAL AGUS DOMHNULL BAIDEANACH.

GUR e dhùisg mo sheachas domh  
 Cùis mu 'm bheil mi dearmalach,  
 Gach Turcach 'us gach Gearmailteach,  
 Gach Frangach an rùn marbhaidh dhuinn ;  
 Muir no tìr cha tearmunn duinn.

'Tha mo dhuil 's gur firinneach,  
 Gach mùiseag tha mi cluinntinn deth.  
 Nach dean iad unnsa dhìreadh oirnn,  
 'S nach buinig iad na h-Innsean oirnn  
 Gu 'n sguir iad far 'n do dh' intrig iad.

O'n chaidh na h-airm an tasgaidh oirnn\*  
 Ge tric a ghairm gu faigh sinn iad,  
 Nach foghnadh claidhmhnean maide dhuinn  
 Gu seasamh a chrùn Shasunnaich,  
 Mar thug an diùc a dh' fhasan duinn?

Ge moralach rìgh Phruisia  
 'S na rìghrean mor tha 'n trioblaid ris,  
 'S co neònach leams' am Frisealach,  
 'S am Bàideanach le m' fhiosrachadh,  
 Bhi deanamh réit 's nach bris iad i.

---

\* This allusion is to the Disarming Acts.

Bha mise uair 's gu 'm faca mi  
 Nach creidinn uaithe facal deth,  
 Nach bithinn suas 'n uair thachradh e,  
 A liuthad gruag 'us bagaisde,  
 Bha fuasgladh anns an t-sabaid ud.

Nuair dh' inntrigeadh an ascaoineis  
 Is àrd a chluinnte 'm Pabaidh iad ;  
 Fhreagair coill 'us clachan doibh ;  
 Cha bhiodh bean 'an àite faicinn doibh,  
 Iad féin 's mac-talla bas-bhualadh.

'Nuair bhiodh iad sgith 's na tagraidhean,  
 'S e crìochnachadh bhiodh aca-san,  
 Ag iarraidh iasad bhatachan,  
 Gach tuairsigeul ri chlaistinn ann,  
 Nach cualas riamh o'n bhaisteadh sinn.

Gur mairg a bhiodh 'san ùprait  
 'N uair a ghabhadh iad gu tùrneiteis.  
 Bhiodh fàsgadh air na sùilean ann ;  
 Bu lionmhor dùirn 'us glùinean ann ;  
 'S breaban cha bhiodh cumhn' orra.

Bhiodh rocladh air na claigeannan ;  
 Bhiodh sgornanan 'g an tachadh ann ;  
 Bhiodh mèdìrean air an cagnadh ann ;  
 Bhiodh cluasan air an sracadh ann ;  
 Bhiodh spuaicean air an cnapadh ann.

'N uair thuiteadh iad gu mì-cheutaibh  
 Bhiodh rùsgadh leis na h-inean ann ;  
 Bhiodh piocadh leis na bìdeagan  
 Bhiodh riabadh air na cireanan  
 Bhiodh cus de 'n uile mhi-loinn ann.

Mu 'm biodh a chomhstri dealaichte,  
 Bhiodh dòrnagan 'gan sadadh ann ;  
 Bhiodh sgròbadh air na malaidh' ann ;  
 Bhiodh beòil 'us sìleadh fal' asd',  
 'S ni 's leòr aig fear dha aithris ann.

'N uair theirgeadh giubhas Lochlainneach,  
 'S a' choill' an deis a stopadh oirn,  
 Bu mhaith na h-airm na botrachain ;  
 Bu sgiobalt iad 'n àm bogsaigidh ;  
 Cha bhriseadh iad na cogaisean.

'S ann do 'n tir bu shàmhach so \* ;  
 Bu sholus inntinn bàillidh e ;  
 Bu lionmhor fear gun àiteach' ann,  
 Dol gu fianuis 's fiamh a bhàthaidh air,  
 Caoidh mu mhnaoi 's mu phàisdean ann.

---

\* The peace between the two worthies was a general relief ; to the factor who was weary of judging between them, and to the thrifless, relentless tenant who was frightened to be a witness in the august presence.

Bha Uidhist air a nàrachadh,  
 Bha Iutharn air a fàsachadh,  
 Le guidheachan na càraid ud :  
 Bha sòlas air an Abharsair † ;  
 Bu neònach leis nach d' thàinig iad.

Cluinnidh Mac Cuinn ‡ an toiseach e  
 Cluinnidh a ris an Dotair e,  
 Mar chriochnaichear na portaibh ud  
 Cha taig e làn a' chopain domh  
 Gu 'm baraig e da bhotul rium.

Innsidh mi do dh' Uisdean § e  
 Dh' fhear Bhàllaidh pairt de 'n t-sùgradh ud,  
 Do 'n bhàillidh th' air an dùthaich e ;  
 Air chàch cha dean mi cùmhnadh air,  
 Bheir iad bàids' 'us dùrachd dhomh.

† Abharsair : a form of the English word adversary. The Arch Enemy.

‡ Mac Cuinn : Rev. Allan MacQueen, Minister of North Uist in Mac Codrum's time.

§ Hugh of Baleshare, to whom the bard composed an elegy.



## ORAN DO 'N DITHIS CHEUDNA.

SAORAIDH slàn do 'n Fhrisealach  
 Nach d' fhàs a mhisneachd crìon,  
 'S iomadh fear da urrad riut  
 Nach b' urrainn 'na' do ghnìomh ;  
 Fhuair thu dà cheum onorach,  
 Nach buineadh riut a dhiol  
 Céille mhic Shir Seumas  
 Agus oighreachd Chloinn 'Ic Cuinn.

'S mise th'air mo chlisgeadh  
 'S mi air chipein anns a' bheinn  
 Mar a marbh mi Dòmhnall Friseal  
 Marbhaidh Dòmhnall Friseal mi  
 'S ma thig anns na cleipeisdean  
 Gur h-esan théid a dhìth  
 'S iomadh aon le 'm beag e  
 Theid 'g a ghreasad do 'n a' chill.

Chuirinn féin sac ùrach air,  
 Nach giùlaineadh a dhruim ;  
 'S chuirinn clach a bharrachd air  
 A dh' earalas nan clìc,  
 Nach cuireadh seisreach ghearran  
 Aon char dh'i aig a meud,  
 Bu mhaith an carnan molachd i,  
 'Nam biodh a chron orr' sgrìobht'.

'Nam bithinn féin air t' fhalairidh  
 Cha ghearaininn cion bidh ;  
 B' fheàrr leam am bùrn salach ann  
 Na gloineachan de 'n fhion ;  
 B' fheàrr leam luireach caillich ann  
 Na léine ghlan de 'n lion ;  
 'S bu bhinne leam am bas bhualadh  
 Na caismeachd air a' phìob.

'S beag ioghnadh leam do chéile  
 'Bhi gu h-éisleineach bochd tinn,  
 As déigh Mhic Shir Seumais \*  
 An robh maise 's féile 's gnìomh :  
 Fhuair i 'n a'd' bhall teaghlaich thu  
 Cho léirsinneach air brìb  
 Bhiodh diomba sluaigh na gréine ort  
 'S cha bhiodh tu réidh ri d' mhnaoi.

'Nam faiceadh tu na conspuinn ud  
 'S 'nam biodh tu beò ri 'n linn  
 Bu mhòralach a shuidheadh iad  
 Bu tighearnail an gnìomh  
 Ge b' e ghabhadh ròidean  
 Gus an còir thoirt far an cinn  
 Bu cheart cho dearbh an donus doibh  
 'S tha marbh a dol do 'n chill.

---

\* The Frisealach was married to the widow of a son of Sir James MacDonald of Oronsay, probably of Raonall Mac Shir Seumas.

Sin 'nuair thuirt am Bàideanach  
 Gu h-àrd air mullach Là,  
 'S e 'g éigheach "m' olc air m' fhàgail  
 'N uair bhios do ghabh'l ri tuinn :  
 Bu tric aig aghaidh Bàilidh sinn ;  
 'S ma bha cha b' ann le sith,  
 'S bu ghoirt a bha mo chàraid  
 An là dh' fhàisg thu air na trì."

Thug mi coig puinnnd Albannach,  
 'S deich marg dhuit os a chinn,  
 Airson siochair aighe,  
 Bha an atharrais ba-laoigh :  
 Bha mi 'n dùil gu 'm b' ionnan t' uaisle  
 'Sa fear ruadh a bha 's a chrìch,  
 B' e sud dhomh féin bhi coltachadh  
 Dubh bhrochan ris an fhìon.

#### ORAN 'A BHONN-A-SIA.

Soraidh slan do 'n duin' uasal,  
 Thug dhomh an duais nach robh mìothar,  
 'N deigh do 'n ghrein dol 'na luidhe,  
 'S greis air tighinn de 'n oidhche ;  
 Gus 'n do rainig mi 'n teine,  
 Mo chridhe mire ri m' inntinn,



Ann an duil gur e *guinea*,  
A rinn an duine dhomh shìneadh.

Haoi o haoiri horo thall,  
    &c., &c.,  
Cha cheil mi air each,  
Nach 'eil am bàidse leam gann.

Rinn mi fichead troidh *square*,  
Agus barrachd a sgrìobadh,  
Urrad eile 's ni 's modha,  
De mhodhanna sìobhalt' :  
A' faighneachd le onoir,  
Ciod am moladh a b' fhiach e.  
'N uair a chunncas am baidse,  
'S ann bu nàr e rì' a innse.

B' ann 's an tigh air a' laimhrig,  
Fhuair sinn tearmad na h-oidhche,  
Dh' fhaighneachd Aonghas Mac Aulaidh,  
"Ciod a th' ann a cheart riribh?"  
Thuirt mi fhìn gu 'n robh *guinea*,  
Gun aon sgillin a dhìth air.  
Labhair esan gu socair,  
"S còir dhuit botal thoirt dhuinn deth."

'Thuirt mi fhìn le guth fosgarr',  
'Uam am botul beag spìocach,  
C' uim' a bhith'mid ri bhochdainn,  
C' uim' nach cosgamaid pinnt dheth?

Falbh thusa, bi tapaidh,  
 Thoir an clachan ud shios ort,  
 Gabh rathad na Leacaich,\*  
 Fàg do chaisbheirt, cuir dhiot e."

'N uair a ràinig e Teàrlach  
 An àraidh nach dolach,  
 A bha 'shliochd nan daoin' uaisle,  
 Do 'm bu dualach an onair;  
 'N déigh na botail a lionadh,  
 'S ann bhi trilleadh an donais,  
 'N uair a dh' fheuchadh am bàidse,  
 Bha dà fhàirdein 's a' sporan!

'N sin leag Teàrlach a mhala,  
 'S thug e criothnachadh mòr dh'i,  
 "Cha robh mise 'm bhall bùirte,  
 Bho 'n là ghiùlain mi còta,  
 Bonn-a-sia air son *guinea*  
 Cha ghabh duine tha beò e,  
 Fhaic thu cùineadh na Ban-rìgh,  
 'S dealbh na clàrsaich fo 'th—n air."

Labhair Aonghas an tràthsa,  
 "S ann tha nàire sin dòmhsa,  
 Na bi rithist 'ga thumadh,  
 'Sinn 'n ar urrachan còire;

---

\* "Leacaich"—So called from the rocky nature of the land.

Far a faighte' duin' uasal,  
 Cha b' e Ruairi an dròbhair,  
 'S mar a deachaidh mi mearachd  
 Gur a balach gu bhròig e.

"'N uair chluinneas Tormod a Unis,  
 Agus Uilleam a Os e,  
 'Tormod eile 's a' Siorram,  
 Far an cruinnich iad còmhlath;  
 Their iad féin nach duin' uasal,  
 A thug uaith as a dhòrn e,  
 Ach fìor sheamanach balaich,\*  
 Fear gun aithne gun èolas.

Their Fear-fearann an Léigh,  
 "Tha mi 'g éisdeachd ni 's leòr dheth,  
 Thig an gnothach gu solus,  
 Le onoir 's le còmhdach;  
 'S maith a dh' aithneadh e 'n copar,  
 Air a shocair fo mhedèirean,  
 Ach chuir an donas glas-làmh air,  
 Mar tha meirleach fo chordail.

"'S tim dhuinn nis bhi dol dachaidh  
 Gus ar cairtealan còire,

---

\* "Fìor sheamanach balaich"—The dictionaries render the word *seamanach* as meaning "stout, jolly, cheerful." But the bard makes use of it as signifying a sturdy indifference to the rights or feelings of others. "Seamanach balaich" is a rough, churlish, bullying character.

Sinn gun *dram* gun *tombaca*,  
 Gun dad againn a dh' òlas;  
 Bonn-a-sia eadar ochdnar,  
 Cha bu choltach an lòn e,  
 Dh' ith e féin a' mhin choirce,  
 'S cha d' thug moisean dad dhòmhsa!"

## DUAN NA BAINNSE.

CHÀIDH mi sìos do Pheabuill  
 Ann a' maduinn 's i ro fhuar,  
 Chòmhalaich mo ghoistidh mi,  
 E féin 'us Lachlann ruadh  
 Ghabh sinn chum na tulaich  
 Far 'n robh cruinneachadh maith sluaigh;  
 Ma rinn iad dearmad buideil oirnn,  
 So m' uirsgeul dhuibh 'ga luaidh.

Shuidh sinn aig an teine  
 'S bha na gillean cuide ruinn;  
 Chaidh a' Muillear spreilleasach  
 Le gheilleart do 'n taigh shios,  
 Ag aibseachadh 'na chunnaic e  
 'S nach b' urrainn e 'gan diol;  
 "Gu 'm bheil an sud trìuir bhaodhaisteach  
 Cho leathunn 's tha 's an tìr."

Thuir \*Dòmhuill Mac 'Ille-Mhàirtin  
 "Ciod e 'n taobh a thàinig sibh?  
 'Na 'm b' e so a' bhanais  
 'S ann a b' airidh sibh air brìll ;  
 Ged a chuimte falamh sibh  
 'Na gearainibh a chaidh,  
 'Na iomaraibh air droch fhialachd  
 Bho nach daoine dh' iarradh sibh.

Tha rud uam 's cha mhaith leam e  
 Na banachaigean 'ga'm' dhith,  
 Bu mhaith an am an earraich iad  
 'N uair bu ghainne 'n tìr :  
 Gu liteach, bonnachadh, brochanach,  
 Le cosamhlas de dh' im :  
 Bhiodh sògh aig daoine slàn an sud,  
 'Us àrach dhaoine tinn.

'Se cuis mu 'm bheil mi dearmalach  
 Na banachaigean 'g a' m' dhith ;  
 Gheibhinn air an àiridh iad,  
 Ri àrach a chrodh-laoigh ;  
 Gu h-imeach, gruthach, càiseach,  
 Omh'nach dràbhagach lan méig,  
 Gu meadrach, poiteach, blàthanach,  
 Le plàsdaichean dhe 'n im.

A nis o'n thug mi cùl ruibh  
 Tha mo dhùrachd aig a' chloinn,  
 Gheibhinn air a bhuailidh iad,  
 Ri uallach a chrodh-laoigh :  
 Bu chuid dhe ur dìbhearsoin  
 A bhi mar rium anns an oidhch'  
 Mi greis a' luidhe cuide ruibh,  
 'S 'n uair dh' fhalbhainn glug 'na'm' bhroinn !”

(An sin thuirt am bàrd).

“ 'S tim dhuinn bhi dol dachaigh  
 'S gun ar cairtealan 'n ar còir,  
 Bho nach d' fhuair sinn fiadhachadh  
 Gu biadhachd no gu ceòl  
 Ma 's e so a' chuideachd  
 A rinn dearmad buideil oirnn  
 Fàgaibh far an d' fhuair sibh e  
 Fear ruadh a' c——a mhòir. †

---

† A nickname of the bridegroom.



## ORAN DO 'N TEASAICH.

*Air fonn*—“Daibhidh gròsgach, crom, ciar.”

'S mise chaill air geall na carachd  
 Bha eadar mi féin 's a' chailleach,  
 Gu 'n d' thug i dhìom brìgh mo bharr  
 Cùl mo chinn a chur ri talamh ;  
     M' fhuil 'us m' fheòil thug i dhìom  
     Chuir i cròn an 'n 'am' chliabh,  
     B' e 'n droch còdhail dhomh bhias,  
     Gu 'n robh tòireachd 'g a diol.

Chuir i boil 'n a' m' cheann 's bu mhòr i,  
 Faicinn dhaoine marbha 's bheòdha,  
 Coltas Hector mòr na Tròidhe,  
 'S nan gaisgeach a bha 'm feachd na Ròimhe,  
     Cailleach dhuathsach chrom chiar,  
     Bha làn tuaileis 'us bhreug,  
     Chuir mi 'm bruaillean 's gach iall,  
     'S chuir i 'm fuadach mo chiall.

'S bochd a fhuair mi uait am foghar,  
 'S mi gun luaidh air buain no ceangal ;  
 Mo cheann iosal 'us mi m' luidhe,  
 Brùite tinn 'us sgios a' m' cnamhan.  
     Bha mo chamhan cho sgìth,  
     'S ged a sgathadh iad dhìom,  
     Gu 'n robh 'm pathadh 'g a' m' chlaoidh,  
     'S gu 'n tràghainn amhainn le mheud.

'S bochd an t-àite leat an fhiabhruis  
 Dh' fhàgas duine fada riabhach,  
 Glagach lag le fad na h-iargainn,  
 Gann de dh' fhalt 'us pailt de dh' fheusaig ;  
     Pailt de dh' fheusaig gun tlachd  
     Chuir am biadh air dhroch dhreach,  
     Deoch no biadh théid a s'teach,  
     Tha da thrian innte stad.

Do chòta fàs 'us e gun lionadh  
 T' osan ròcach air dhroch fhiaradh ;  
 Caol do choise nochdach pliathach ;  
 Ionnan cho fad' ri cat fiadhaich :  
     Casan pliathach gun sùgh,  
     Fo 'n dà shliasaid gun lùth ;  
     Gur pailt liagh dhoibh na lùnn ;  
     Cha bhean feur dhoibh nach lùb.

Bi do mhuinneal fada féitheach  
 'S t' asnaichean mar chabar cléibhe ;  
 Iosgaidean glagach gun spéirid ;  
 Glùinean ri tachas a chéile,  
     Glùinean geura gun neart ;  
     'S iad cho ciar ris a' chairt :  
     Thu cho creubhaidh ri cat,  
     B' fheàrr an t-eug 'g a' d' sgath as.

A bhonaid dà uiread 's a b' àbhaist  
 Air uachdar currachd nach àluinn :



Cluasan gun uireasbhuidh fàsa :  
 Ceann cho lom ri cridh' na deàrna :  
     Cha bi 'n companach caomh,  
     Dh' fhàg cho lom mi 's cho maol,  
     Rinn mo chom mar phreas caoil,  
     Mar mhac samhuilt do 'n aog.

Bi thu coltach ri fear misge  
 Gun dad òl gun aon mhìr ithe :  
 Chionn nach 'eil luths a' d' dha iosgaid  
 Bi thu null 's a nall mar chlisnich :  
     Bi thu d' shiochaire lag ;  
     'S ceann do shìthe gun neart,  
     Ann a' d' ghniomh cha bhi tlachd ;  
     'N a' d' chùis mhì-loinn air fad.

ORAN DO CHAIPTEAN AILEAN DOMHNULACH,  
 FEAR CHINNSEBURGH.

Nis o 'n tha mi m' ònaran  
 'S mi m' chomhnuidh anns a' Bhàgh,  
 'G obair air na h-òrain  
 'S e 's còire na bhi m' thàmh ;  
 Tighinn air beus an Dòmhnulaich  
 Tha fearail treubhach mòralach,  
 Gur iomadh ceud chuir eolas ort,  
 'S bu deònach leo thu slàn.

'S e mo run an t-Ailean  
 A dh' fhàs gu foinnidh fearail àrd,  
 Aon Mhac Dhé 'g a' d' anacladh  
 Bho an-shocair 's bho chràdh ;  
 Sar chuirtear mùirneach, macnusach,  
 A ghiùlain mhuinte mhacanta,  
 Tha cruaidh gu chùl ach casadh air  
 'N uair dhùisgear ascaoin d'a.

Fear eòlach seòlta siobhalta  
 Gun tòir air strith gu bràth ;  
 'M bheil mais 'us tlachd 'us aoidhealachd  
 Cho maith 's a dh' innseadh bàrd :  
 Mòralach mor-inntinneach,  
 Gun toireachd air a bhribealachd,  
 Gun sgòd de Chlann 'Ic Cuibean air  
 Gu h-ìosal no gu h-àrd.

Fear foinnidh fearail socrach thu,  
 'S neo-throicheil am measg chaich ;  
 B' acfhuinn fear do choltais  
 A chuir mais air cnoc no dhà ;  
 Leoghan fearrdha tosgarra ;  
 Mor churaidh calma 'n toirtealachd ;  
 'S mairg luchd an-mein chasadh ort  
 Gun fhosadh air do laimh.

'S mairg luchd an-mein chasadh air,  
 Gun fhosadh air a laimh,

No thigeadh gearr no toisgeal air  
 Gus brosnachadh thoirt dha ;  
 Lann sgaiteach de smior cruadhach air,  
 'S an truail bu dreachmhor dualanan ;  
 Cha stad e 'm fheoil am buailear e,  
 Gu ruig e smuais nan cnàmh.

Cha bhrìdeach air an fhaiche e,  
 Ri fhaicinn am measg chàich ;  
 Ceann feadhna meaghrach faiceallach,  
 'M bheil taitneachdan air blàr ;  
 Fear iriosal ciùin céillidh thu,  
 Gun easbhuidh smior no treubhantas :  
 Gu 'm b' eireachdas fear t' eugais,  
 Air cheann daoine 'n taobh so 'n Fhraing.

Dubh 'us dearg 'us gile,  
 Dreach an fhir a tha mi 'g ràdh,  
 Gu calma fearrdha fireachail,  
 Ro chinneadail ri dàimh ;  
 'S e ceòl is fhearr 's is binne leam  
 Gu 'n d' eug do mhàthair firionnach,  
 Gu 'n canar sàr fhear cinnidh riut,  
 Gach ionad 'n dean thu tàmh.

Cha b' ioghnadh le luchd t' eolais  
 Ge bu deonach leo thu slàn,  
 Do dheoiridh 'us do dhilleachdain,  
 Gun bhì an teinn no sàs ;

A ghnùis tha flathail éibhinn,  
 Fear an luidh thu slan gu 'n eirich,  
 Deagh naigheachd fear na féile leat,  
 Do chéile bhi ni 's feàrr.

Oighr' air Loinn Mhic Iain thu  
 Mac samhuil gach cion-fàth, '
 Gu daimhail cairdeal inneachail,  
 Ri dhuine bhiodh an sàs ;  
 An ceanaltach 's an reusontachd,  
 Am fearalachd mar dh' fheumadh tu,  
 Gu 'm b' athaireil dhuit na beusan sin,  
 Bha léirsinneach do chàch.

Cha bhreac an iomall lònain thu  
 Gun neart gun seol air snàmh,  
 Cha 'n fhochann brais fòlaich thu,  
 Le gaiseadh mor 'na bhàrr ;  
 Cuspair cinnteach còmhnard thu,  
 Dhe 'n fhinne rioghail Dhòmhnullaich,  
 'S mairg a chuireadh còmhstri ort  
 'S tu deònach dol 'na phàirt.

'S tu shliochd nan curaidh mìleanta  
 Nach fuilingeadh spìd fo thàir,  
 Nach giulaineadh airm dhiomhaineach,  
 'S an tìr a' dol fo smàl ;  
 Le caithream nam fear mòra sin  
 Bhiodh gearradh garbh air spòltaichean,

Bu shalach garbh a' chòcaireachd,  
 'N am tòiseachadh air àr.

Chuir Dia tagha céile ort  
 Rinn mais 'us feill ri dàimh :  
 Rinn an gnìomh bu smiorla  
 Rinn bean a tha no bha ;  
 Le barrachd uaisl' 'us rioghalachd  
 Ghluais i anns na gnìomharan,  
 Thug seanachas buan do linneachan  
 Air chuimhn' an déigh a bàis.

Cha b' iognadh leam a h-uaisle  
 Thoirt dh' i gluasad anns a' chàs,  
 Bha stoc na craoibh o'n d' bhuaineadh i  
 Gun ghrod gun ruaidh gun smal ;  
 Sliochd Aonghais Oig nam brataichean  
 'Us Raonaill Oig nam feachdana,  
 B' e 'm fortan còir 'n an tachaireadh  
 Do 'r n-eascairdibh bhi slàn.



## MOLADH CHLANN DOMHNUILL.

TAPADH leat a Dhòmh'll 'Ic-Fhionnlaidh  
 Dhuisg thu mi le pàirt de d' chòmhradh,  
 Air bheagan eolais 's an duthaich  
 Tha cunntas gur gille còir thu ;  
 Chuir thu do chomaine romhad  
 'S feàirde do ghnothuich e 'n còmanuidh,  
 'S cinnteach gur a leat ar bàidse :  
 'S leat ar cairdeas fhad is beò thu.

Mhol thu ar daoine 's ar fearann  
 Ar mnathan baile, 's bu choir dhuit—  
 Cha d' rinn thu dì-chuimhn' no mearachd  
 Mhol thu gach sean 'us gach òg dhiubh.  
 Mhol thu 'n uaislean, mhol thu 'n islean  
 Dh' fhàg thu shios air an aon dòigh iad,  
 Na bheil de 'n ealaidh ri chluinntinn  
 Cha chion dìchill a dh' fhàg sgòd orr'.

'Teannadh ri moladh ar daoine  
 Cha robh e air aon dòigh soirbheach,  
 An gleus an gaisge 's an teomachd,  
 Air aon aobhar thig 'nan còmhail,  
 Nochadh an aodan ri gradan,  
 Cha robh gaiseadh anns a' phòr ud :  
 Cliù 'us pailteas mais' 'us tàbhachd,  
 Ciod e 'n càs nach faight' air chòir iad ?

Cha bu mhisd thu mise làimh riut  
 'N am a' bhi 'g àireamh nan conspunn  
 Gus inns' am maise 's an uaisle,  
 An gaisge 's an cruadal 'n am togbhail ;  
 B' iad sud na fir a bha fearail,  
 'Philleadh an sheasgair an tòireachd,  
 'S a dh' fhàgadh salach an àraich  
 'N am fanadh an namhaid ri 'n comhrag.

Ach 'na' faiceadh tu na fir ud  
 Ri uchd teine 's iad an òrdugh ;  
 Coslas fiadhaich a' dol sìos orr ;  
 Falbh gu dian air bheagan stòldachd ;  
 Claidheamh rùisgt' an laimh gach aoin fhir,  
 Fearg 'nan aodann 's faobhar gleòis orr',  
 Iad cho nimheil ris an iolair,  
 'S iad cho frioghal ris na leòghainn.

Cha mhor a thionnal nan daoin' ud  
 Bha ri fhaotainn 's an Roinn Eòrpa,  
 Bha iad fearail an am caonnaig,  
 Gu fuilteach, faobharrach, stròiceach ;  
 'N am faigheadh tu iad an gliocas  
 Mar a bha 'm misneachd 's am mòrchuis,  
 C' àite 'm facas riamh ri 'n àireamh  
 Aon fhine b' fhearr na Clann Dòmhnuille ?

Bha iad treubhach, fearail, foinnidh,  
 Gu neo-lomara mu 'n stòras ;

Bha iad cunbhalach 'nan gealladh,  
 Gun fheall gun charachd gun ròidean,  
 Ged a dh' iarrta nuas an sinnsear,  
 O mhullach an cinn gu 'm brògan,  
 'N donas cron a bha ri inns' orr'  
 Ach an righealachd mar sheòrsa.

Ach ma mhol thu ar daoine uaisle  
 C' uim' nach do luaidh thu Mac-Dhòmhnuill?  
 Aon Mhac Dhé bhi air na bhuachail,  
 'Ga gleidheadh buan duinn 'n a bheò-shlaint;  
 O 'n 's curaidh a choisneas buaidh e,  
 Leanas ri dhualchas an còmhnuidh,  
 Nach deachaidh neach riamh 'n a thuasaid  
 Rinn dad buannachd air an còmhstri.

C' àit' an d' fhàg thu Mac-Ic-Ailein  
 'N uair a thionaileadh e mhor-shluagh?  
 Na fir chròdha bu mhor alla  
 Ri linn Alasdair 's Mhontròis;  
 'S maireg a dhùisgeadh ruinn bhur n-aisith  
 No thionndadh taobh ascaoin bhur cleòca,  
 Ge b' e sùil a bhiodh 'g an amharc  
 Cromadh sios gu amhainn Lòchaidh.

Ach ma chaidh thusa 'n an sealbhaibh  
 C' uim' nach d' sheanchais thu air chòir iad,  
 Teaghlach uasal Ghlinne-garaidh  
 'S na fuirain o ghleannaibh Chnòideart;



'S iomadh curaidh laidir, uaimhreach,  
 Sheasaidh cruaidh 's a bhuaileadh stròicean,  
 O cheann Loch-Uthairn nam fuar bheann  
 Gu bun na Stuidhe am Mòr-thìr.

An d' fhag thu teaghlach na Ceapach ;  
 'S mor a chreach nach 'eil iad còmhsan,  
 Dh' éireadh iad leinn suas an aisith,  
 Le 'm piob 's le 'm brataichean sròile.  
 Mac Iain a Gleanna Cothann,  
 Fir-chothanta 'n am na còmhstri,  
 Daoine foinnidh fearail, fearrdha,  
 Ruscadh arm us fearg 'nan srònaibh ?

Dh' fhàg thu Mac Dhùghail a Lathurn  
 Bu mhùirneach gabhail a' chòmhlain,  
 Cuide ri uaislean Chinntire,  
 O 'n Roinn Ilich 's Maol na h-Odha ;  
 Dh' fhag thu Iarl' Antrim a Eirinn,  
 Rinn an t-euchd am blar na Bòine,  
 'N uair dhluthaichheadh iad ri chéile,  
 Co chunntadh féich air Clann-Dòmhnuille ?

Alba, ge bu mhor ri inns' e,  
 Roinn iad i o thuinn gu mòintich,  
 Fhuair an coir o lamh Chlann-Domhnuille  
 Fhuair iad i rithist an Ròta ;  
 'S iomadh curaidh mor bha innte  
 Cunntaidh Antrim ge bu mhor i,

Sgrios iad as an naimhdean uile  
'S thuit Mac Guilbinn 's an tòireachd.

Bhuinig iad baile 's leth Albainn,  
'S e 'n claidheamh a shealbhaich còir dhoibh ;  
Bhuinig iad latha Chath Gairbheach ;  
Rinn an argumaid a chòdach.  
Air bheagan cònaidh gu trioblaid  
Thug iad am bristeadh a mòran ;  
Mac Ill' Sheathain ann le chuideachd  
'S Lachain cutach Mac-an-Tòisich.

'N an tigeadh feum air Sir Seumas,  
Gu 'n éireadh iad uile còmhlath,  
O roinn Ghall-thaobh gu roinn Ile  
Gach fear thug a shinnsear còir dha ;  
Thigeadh Mac Coinnich a Bràthainn,  
Mac Aoidh Strath Nàbhair 's Diùc Gòrdon ;  
Thigeadh Barraich 's thigeadh Bànaich,  
Rothaich, 'us Sàilich, 'us Ròsaich.

Ar luchd dàimh 's ar càirdean dìleas  
Dh' éireadh leinne sìos 'an còmhstri  
Thigeadh uaislean Chlann-Ill'-Sheathain,  
Mu 'n cuairt cho daingean ri d' chòta :  
Iad fo ghruaim ri uair a' chatha,  
Cruaidh 'nan làmhan sgathadh feòla,  
Tarruing spàinteach làidir liobhar ;  
Sgoilteadh dìreach cinn gu brògan.

Buidheann fhuilteach, glan nan geur-lann  
 Thigeadh reiseamaid nan Leòdach,  
 Thigeadh reiseamaid nan Niallach  
 Le loingeas lionmhor 's le seòltaibh :  
 Foirbeisich 's Frisealaich dh' éireadh,  
 'S thigeadh Clann-Reubhair an òrdugh :  
 'N uair a dhùisgeadh fir na h-Iubhraich,  
 Co thigeadh air tùs ach Tòmas !

#### SMEORACH CHLANN DOMHNUILL.

Holaibh o iriag horoll o,  
 Holaibh o iriag horo i :  
 Holaibh o iriag horoll o,  
 Smeòrach le Clann Dòmhnuille mi.

Smeòrach mis' air ùrlar Phabuill,  
 Crùbadh ann an dùsal cadail,  
 Gun deònachd a théid ni 's faide,  
 Truimead mo bhròin thoirleum m' aigne.

Smeòrach mis' air mullach beinne,  
 'G amharc gréin' 'us speuran soilleir ;  
 Thig mi stòlda chòir na coille,  
 'S bi mi beò air treòdas eile.

'Smeòrach mis' air bhàrr gach bidein,  
 Deanamh mùirn ri driùchd na maidne,  
 Bualadh mo chliath luth air m' fheadan,  
 Seinn mo chiùil gun smùr gun smodan.

Ma mholas gach eun a thir féin,  
 Ciod am fàth nach moladh mise,  
 Tìr nan curaidh tìr nan cliar,  
 An tìr bhiachar, fhialaidh, mbeasail.

An tìr nach caol ri cois na mara,  
 An tìr ghaolach, chaomhach, chanach,  
 An tìr laoghach, uanach, mheannach,  
 Tìr an arain, bhainneach, mhealach.

An tìr riabhach, ghrianach, thaitneach,  
 An tìr dhionach, fheurach, fhasgach,  
 An tìr lianach, ghiaghach, lachach,  
 'N tìr 'm bi biadh gun mhiagh air tacar.

An tìr choirceach, eòrnach, phailte,  
 An tìr bhudhach, chluanach, ghartach ;  
 An tìr chruachach, sguapach, ghaisneach,  
 Dluth ri cuan gun fhuachd ri sneachda.

'S i 'n tìr sgiamhach tìr na machrach,  
 Tìr nan dithean miadar daite ;  
 An tìr làireach, aigeach, mhartach,  
 Tìr an àigh gu bràth'ch nach gaisear.

'N tìr is bòidh'che ta ri fhaicinn,  
 'M bi fir òg an còmhdach dreachmhor,  
 Pailt ni 's leòr le pòr na machrach,  
 Spréigh air mòintich ; òr air chlachan.

An Cladh Chòthain rugadh mise,  
 'N Aird-a-Runnair chaidh mo thogail,  
 Fradharc a' chuain uaimhrich chuislich,  
 Nan stuadh guanach, cluaineach, cluicheach.

Measg Chlann-Dòmhnuille fhuair mi m' altrum-  
 Buidheann nan sròl 's nan seòl daithte',  
 Nan long luath air chuantan farsuing,  
 Aiteam nach ciùin rùsgadh ghlas-lann.

Na fir eòlach, stòlda, staideil,  
 Bha 's a' chòmhstri stròiceach, sgaiteach,  
 Fir gun bhròn gun leòn gun airtneul,  
 Leanadh tòir 'us toir a chaisgeadh.

Buidheann mo ghaoil nach caoin caitean,  
 Buidheann nach gann greann san aisith,  
 Buidheann shunntach 'n am bhi aca,  
 Rùsgadh lann fo shranntaich bhratach.

Buidheann uallach an uair caismeachd,  
 Leanadh ruaig gun luaidh air gealtachd,  
 Cinn 'us guaillean cruaidh 'g an spealtadh,  
 Aodach ruadh le fuaim 'ga shracadh

Buidheann rìoghail 's fìor-ghlan alla,  
 Buidheann gun fhiamh 's iotadh fal' orr' ;  
 Buidheann gun sgàth 'm blàr no 'n deannal,  
 Foinnidh, nàrach, làidir, fearail.

Buidheann mòr 's am pòr nach tìricheil,  
 Dh' fhàs gu meannach dealbhach toirteil ;  
 Fearail fo 'n airm 's mairg d' a nochdadh  
 Rì uchd stoirm nach leanabail coltas.

Suidheam mu 'n bhòrd stòlda, beachdail,  
 'N t-sùil 's an dòrn nach òl a mach i,  
 Slàint' Shir Seumas 'se thigh'n dhachaigh,  
 Aon Mhac Dhé mar sgéith d' a phearsa.

## ORAN

DO SHIR SEUMAS MAC-DHOMHNUILL

SHLEIBHTE.

AIR tuiteam a' m' chadal a nis o chionn fada,  
 Gu 'n d' thachair dhomh aiceid a stad ann am bhràghad :  
 Tha cneadh air mo ghiùlain tha àmgharrach ciùirte,  
 Cha bhi mi 'g a mùchadh gu 'n rùisg mi os àird i ;

Ach Dia bhi 'g a chòmhnadh 's a' riaghladh a ròidean,  
 An tì 'm bheil mo dhòchas, fo chòmhnadh an Ard-rìgh,  
 Lagaich mo dhòruinn, neartaich mo shòlas,  
 Chuir mi ann an dòchas bhi ni 's òige na tha mi.

'S iomadach buille so b' éiginn duinn fhulang,  
 Bha chuing air ar muineal 's bu trum' i na phràiseach,  
 Cho trom ri cloich mhuilinn 'na sineadh air lunnan,  
 Ri iargain nan curaidh 's iad uil' air ar fàgail.  
 Greadan a' gheamhraidh a lagaich gu teann sinn,  
 'N uair chaill sinn ar ceannard nach robh shamhla measg  
     Ghàidheal,  
 Connspunn na h-aoidhealachd leòghann na rìoghalachd,  
 Dòruinn r' a innseadh do 'n linne nach d' thàinig.

Dòruinn r' a innseadh, an dòruinn a chlaoidh sinn,  
 Thòirleum 'n ar inntinn cho ìosal ri 'r sàilean,  
 Ar Ceann-feadhna mòr prìseil bu mhòr urram 's an rìgheachd,  
 Gu 'n d' thug an t-eug dhinn e ar mì-fhortan làidir ;  
 Fhir a chunnaic ar cruadal, leig umainn am fuaradh,  
 Bi thusa 'n a' d' bhuachaill, air an uair so 'na àite,  
 Cuir dhachaigh Sir Seumas gun aiceid gun éisleam,  
 Gu chuideachda féin Mhuire 's éibhinn mar thàrsuinn !

Chriosda gléidh dhuinne ar buachaille cliùiteach,  
 Ar n-uachdaran dùthcha tha chùram an tràths oirn ;  
 Allail ar fiùran, smiorail 'us grùnndail,  
 Fearail ri 'dhùsgadh 'nan tionndadh a mhànran.

Barant tha mùirneach, carraig ar bùndaisd,  
 Ar n-aon 's ar cairt dhùbailt 's ar crùn air an tàileasg,  
 An ràmh nach 'eil bristeach, ar lann an am trioblaid,  
 Ar ceannard 's ar misneachd, fear briseadh a' bhàire.

An dùsgach no 'n cadal duinn, 'n ùrnuigh no 'n athchuing',  
 Ar déirce 'g a nasgach thu thigh'n dhachaigh sàbhailt ;  
 Mùint' ann an cleachdadh thu, cliùiteach ri d' chluaistinn  
 thu,

Mùirneach ri t' fhaicinn, air each no air làr thu.  
 Ar n-aighear 's ar sòlas, ar fion air na bòrdaibh,  
 Ar mire 's ar ceòl thu, 's ar dòigh air ceòl-gàire :  
 Ar connspunna féile, a dheònaich Mac Dhé dhuinn,  
 Gu còir chur air stéidhe, 's gu eucoir a smàladh.

Gur h-innealt' an connspunn Ceann-cinnidh Chlann Dòmhn-  
 nuill,

Fear iriosal stòlda gun tòir air an àrdan ;  
 Eireachdail, coimhliont, soilleir 'an eòlas,  
 Canar 'n am tògbhail ris, bòchdan mo làmhsa ;  
 Cùirtear na siobhaltachd, ùrla na h-aoidhealachd,  
 Thusail ri dilleachdain 's cuimhneach air àiridh,  
 Aigeannach innsGINEACH, beachdail air rìoghalachd,  
 Gaisgeach ro mhiltean, 'nan sìneadh e 'n gairdean.

Mo rùn an sàr ghaisgeach, fear òg a' chùil chleachdaich,  
 Fear mòralach gasda, gun ghaisgeadh, gun tàire.  
 Curaidh nam brataichean, guineach ri 'm bagairt iad,  
 Chuireadh an t-sradag, 'na lasair gun smàladh,



A bhuaileadh a' chollaid mu 'n chluan air an cromadh iad  
 Ghluaiseadh neo-shomalt an coinneamh na nàmhaid',  
 Le Spàintichean loma le mosgaidean troma,  
 Le fùdar caol meallach 'n àm teannadh ri làmhach,

Ge fad' a bha m' aiceid, 'na còmhnuidh fo m' asgail,  
 Fògraidh mi as i, thig aiteas na h-àite.  
 Cuiridh mi airtneul air fuadach gu chairteal,  
 'N uair chuireas Dia dhachaigh 'na dh' aisig mo shlàinte ;  
 Moladh do 'n léigh dh' fhàg fallain mo chreuchdan,  
 Tharruing mo spéirid ni 's treinè na b' àbhaist ;  
 Aghaidh Shir Seumais, aghaidh na féile,  
 Taghadh gach speuclair thug an léirsinn ni b' fheàrr dhomh.

Aghaidh na staidealachd, aghaidh na sgairtealachd,  
 Aghaidh na maiséalachd, tlachd agus àilleachd ;  
 Aghaidh na fearalachd, aghaidh na smioralachd,  
 Aghaidh is glaine thug sealladh an sgàthan ;  
 Aghaidh na stòldachd, aghaidh na mòrchuis,  
 Aghaidh na leòghainn ach tòiseachadh ceàrr air ;  
 Buinidh dha 'n òigear bhi currant 'an còmhstri  
 'S gur iomadh laoch dòrn gheal, bheir tòireachd ma's àill leis.

Cha sùgradh ri chlaistinn bhi dùsgadh do chaismeachd,  
 Bhi dùsgadh do bhratach, gu h-aigeantach stàdail,  
 Piob tholltach 'ga spalpadh sior phronnadh nam bras-phort,  
 Fraoch tomach nam badan, ri brat-chrann 'g a chàradh ;

Barant de dh' uaislean a' tarruing mu 'n cuairt d' i;  
 Gu 'm b' fhearail an dualchas, 'n am buannachd buaidh-  
 làrach,  
 Ceathairne ghruamach gun athadh roimh luaidhe,  
 Dh' fhàgadh gun ghluasad cuirp fhuar anns an àrfhaich.

Gur h-ìomadh sàr-ghaisgeach, tha urranta smachdail,  
 A theannadh a steach riut 'n am aisith nò cnàmhain;  
 Le 'n Spàintichean sgaiteach cho geur ris an ealtainn,  
 'N am bhualadh nan claignean, gu 'n spealtadh iad cnàmhan;  
 Gu fireachail aotrom air mhir' anns a' chaonnaig,  
 Bhiodh fuil air na fraochaibh, mu 'n traoghadh an àrdan,  
 Le comunn gun chlaonadh gun somaltachd gaoirdean,  
 'N am lomadh nam faobhar, ri aodann na nàmhaid.

'N am faicte' Sir Seumas 's gu 'n cuireadh e feum air,  
 Gur h-ìomadh taobh dh' éireadh leis, réiseamaid làidir,  
 An Alba 's an Eirinn cho deònach le chéile,  
 O Chluaidh nan long gleusda gu leum e Port-Phàdruig:  
 Uaislean Chinttìre, bu dual da o shìnnis,  
 Gu 'n rachadh iad sìos leis, gun di-chuimhn' gun fhàilinn,  
 Gu 'm bi iad cho tidheach 's gu 'n deanadh iad mì-stath,  
 Mar leòghanna miannach 's gun bhiadh aig an àlach.

Dh' éireadh na Leòdaich, dhéireadh 's bu chòir dhoibh,  
 Dh' éireadh 's bu deònach thaobh eòlais 'us càirdeis,  
 Thigeadh am mòr-shluagh, brisg ann an òrdugh,  
 Sgiolta na connspuinn an tòiseachadh blàir iad;

Dearbhadh na fearalachd, calma 'n àm tarruing iad,  
 An calg mar na nathraichean 's fearann ga réiteach,  
 Stròiceach le lannaibh iad, dòrtach air falanan,  
 Còcairean ealamh, air cheannaibh 's air chnàmhaibh.

Dhùisgeadh 'n a' d' charraid fir ùr Ghlinne-garaidh,  
 B' e 'n dearmad gun ghainne, siol Alain d' a fhàgail,  
 Daoine cho fearail cho saoitreach air lannaibh,  
 Gu faicte' neul fal' orr' 'g an tarruing a sgàbard :  
 Intinneach togarrach, impidh cha 'n obadh iad,  
 Fìor chruaidh gun bhogachadh, 's obair air làraich,  
 Calma mar churaidhean, 's maìrg air an cuireadh iad ;  
 Chuireadh am buillean gu fulang na Spàintich.

Dh' éireadh fir Mhuile, le éibhe nan cluinneadh iad,  
 Dh' éireadh iad uile gu h-urranta làidir,  
 Dualchas a chumadh iad, guallainn ri uileann iad,  
 Bhuaileadh iad buillean, mu 'm fuiling thu tàmailt,  
 'S cràiteach r'a innseadh, bhì 'g àireamh bhur dìobhail,  
 Na thuit de 'n dream rioghail am mi-fhortan Theàrlaich,  
 Iadsan cho ìosal fo shàilean nan Duineach,  
 Na càirdean cho dileas 's a bha *inc* ris a phàipeir.



## TALADH IAIN MHUDIARTACH.

MHUIRE! 's e mo rùn mo leanabh,  
 'S tu mac oighre Mhic-Ic-Ailein,  
 Ogha 's iar-ogh nan fear fearail,  
 Chaidh 'ur 'n alla fada 'ga cur.

B' fheàrr leam féin gu 'n cinneadh sud dhuit,  
 Aois 'us fàs 'us àilleachd 'us cruth,  
 Maise 's féile dh' éireadh iad dhuit.

Taing do 'n Ard-rìgh thu bhi firionn,  
 Chum 's gu 'm meudaicheadh tu 'n fhinne,  
 'S gu 'n biodh tu a' d' spailp air do Chinneadh,  
 'S an deagh ionad 's am bheil thu 'n diugh.

Bhi gu sìobhalt' bhuineadh sud dhuit,  
 Garg 'us mìn mar chàirte ri d' uched,  
 Pailt 'us rioghail 's aoidheil mu d' chuid.

B' fheàrr leam fhéin gu 'n cluinneadh càch e  
 'N uair nach bithinn fhéin a làthair,  
 Iain Muideartach bhi 'na àrmunn,  
 Air an làrach am bheil e 'n diugh :

'N a cheann tàmh ri tàrmunn puirt,  
 Anns an àros 'n seinnear a' chruit ;  
 'S bhiodh do chàirdean mànrnach riut.

Thaobh do sheanar 'us do shean-mhàth'r,  
 Craobh a b' aithne dhòmhsa 'leanmhuinn,  
 Comunn mo rùin a dh' fhàs ainmeil,  
 As an ana-meinn cha d' rinn iad bun.

Cha robh mì-run fillte ri 'n cruth ;  
 Iochdmhor, fiachail, 's fialaidh mu 'n cuid ;  
 Cliù, 'us ciatamh, 's rianadh le guth.

'S iomadh rioghachd agus nàisean,  
 'S an do mheudaich sibh 'ur càirdean,  
 Mar 'rinn sibh ri prionnsa Teàrlach,  
 'N uair 'bha 'ghràisg a' bagairt a mhort.

Lean an dùthchas clùiteach ud riut—  
 Dol an cunnart d' anma 's do chuirp ;  
 Thaobh an cùil cha tionndadh iad stuth.

Fir Chnoideart 's ann leibh gu 'n druideadh,  
 'Rachadh mar sheabhag 's na druidibh,  
 B' e beachd 'ur naimhdean bu ghlice,  
 'Thaobh 'ur misnich gu 'm b' fheàrr dhoibh sgur.

Luchd 'ur eucoir gheilleadh iad tur,  
 Meud 'ur beuma, 's géiread 'ur luinn,  
 'N déigh an léireadh b' éiginn dhoibh sgur.

An fhinne mhòr 's am pòr dh' fhàs ainmeil,  
 Domhnullaich, 's Raonullaich chalma,  
 Bha gu fuilteach, stròiceach, fearrgha,  
 'N uair a chàirte 'n arguin ri 'n uchd.

'S e Clann Raonuill bhoillsgeadh mar thuil,  
 'N àm na caonnaig chraosgladh iad fuil ;  
 Fearg 'nan aodann 's b' aognuidh an cruth.

C' àite an robh iad riamh ri 'n àireamh,  
 'S iad 'nan seasamh ri h-uchd nàmhaid,  
 H-aon a bhuadhaich air Clann Rà'uill?  
 'S iomadh arfhaich 's an d' rinn iad bruth.  
     Le 'n gaoir-chatha farum an uile ;  
     Cinn 'g an sgathadh, snaidheadh air cuirp ;  
     Luaidhe treabhadh domhain troimh 'm fuil.

C' àite an cualas riamh ri 'n àireamh,  
 'S iad 'nan seasamh air cùl Spàintich,  
 H-aon a bhuadhaich air Clann Rà'uill,  
 Gnùis gun fhàillinn, stàilin mar stuth :  
     Dream gun eagal, 'sheasadh roimh 'n *trup* ;  
     Cruaidh, gu fearail, tarruing air stuic ;  
     Stialladh ghearran 's fhear air am muin.

Bha Clann Rà'uill treun aig 'Arla ;  
 'N uair 'bhrosnuich Lachlann am bàrd iad,  
 Sheas iad dìleas mar an stàilinn  
 Gus an robh 'n nàmh toileach air sgur.  
     Na fir àluinn àireamh dhiu thuit,  
     'S cha bu nàr dhoibh tràghadh air fuil ;  
     'S b' iomadh àrmunn 'bhàsaich le guin.

An cuimhne leibh latha Blàir-Léinne ?  
 Bha na Frisealaich 'nan éiginn,

Cha d' shàbhail fear as a cheud diu,  
 'S ghléidh sibh féin bhur cuid gus an diugh.  
     Na fir thaobhgheal 'b' fhaobharach guin,  
     Luaidheadh aodach caol agus tiugh ;  
     Cloithean màdair 's càrnaid 'nan cur.

Ri linn Alasdair 's Mhontròis,  
 Bha sibh 'n 'ur caithream an Lòchaidh ;  
 Bu ghleusda, baranta, Dòmhnnull,  
 Leomhann crò 's an tòrachd a muigh.  
     Bha 'ur naimhdean diolta dhe 'r cluich ;  
     Thug iad maoin a mach air a' mhuir,  
     Broinn air bhroinn a' ruith leis an t-sruth.

B' iomadh fear-cleòc' agus abaid,  
 Bha chòta cho fiuch r' a chais'eart,  
 Fòghlum an t-snàimh' nach robh aige ;  
 Air an aigeal luidh iad air ghur.  
     Cha robh daol a' faochnadh an cuirp ;  
     Oir bha 'n aodach, caol agus tiugh,  
     Ni nach b' ioghnadh, aognuidh 's e fiuch.

Là eil' ann an Coille-chnagaidh,  
 Dh' fhalbh Mac-Aoidh 's gu 'n dh' fhàg e 'bhaggage,  
 B' fheumail an gnìomh rinn an t-each dha,  
 Air na bh' aige chuir e droch bhuil.  
     B' iomadh sonn a b' fhonnmhoire guth,  
     Bh' air Raon-Ruaraidh 's fuaran o 'n cuirp,  
     Cinn 'us gruagan luaidht' ann am fuil.

Là eil' ann an Sliabh an t-Siorrain,  
 Cùis an àir a dh' àraich tioma,  
 Thuit Ailean an neart an teine ;  
 Leomhann smearail 's b' fhearail a chruth.  
     'S truagh an tòrachd 'thàinig thar muir,  
     Dh' fhàg sud leòinte 'stigh sinn 's a muigh ;  
     Nis, sin stòlda 's còir dhuinn bhi sgar.

## ORAN DO MHAC-IC-AILEIN

NO

### CUIDEACHADH IAIN GHRUDAIR.

MILE beannachd dhuit Iain Ghrùdair  
 Dhùisg thu mi le t' uirigleadh,  
 B' aisling caillich mar a dùrachd,  
 Tha mi 'n dùil a chunna tu ;  
 Bha thu dichìollach gu leòr  
 Gu meòrachadh ni b' urrainn duit ;  
 'S 'na' dh' fhàg thu féin gun chur air dòigh  
 Cha bhi an còrr dheth uireasbh'each.

C' uime, 'n deigh 's a dhol 'na' dhàil,  
 Nach d' rinn thu pàirt a chumadh dheth ;  
 'N am bu bhàrd thu dheanadh dàn,  
 Mo làmh gu 'n éireadh luinneag leat,  
 Air duine treubhach, euchdach, sàr-mhaith,  
 Fialaidh, fàilteach, furanach,



Nach faca nàmhaid, air là blàir,  
An sàilean air raon iomanach.

'S e tùs mo sgeòil an Tighearn òg,  
'S cha deanadh do ghloir tuiream dha :  
Cha stad an cainnt cha teanga mhall,  
A dheanadh rann do 'n duine sin,  
Dha 'm bheil na càirdean lionmhor, làidir,  
Anns gach ceàrn an cruinnich iad,  
'S tric a thug beàrn as a' nàmhaid,  
'S bhiodh an àireamh diombuain dhoibh.

Ma thig air Mac-Ic-Ailein éiginn,  
'S eòl domh féin am furan air,  
'N a' chaisgeadh fheum 's gach toir 'us déigh,  
A chuireadh éis no mulad air :  
An Albainn féin tha sluagh nach géill ;  
Cunntas cheud a dh' iomadh treubh,  
Nach diùltadh éirigh uair na h-eucail  
'S thig o Eirinn iomadaidh.

'N uair thogar ri crannaibh do shìoda,  
Chluinntear pìob 'us drumaichean ;  
Suaicheantas maiseach gu leòr,  
Aig Dòmhnullaich, na curaidhean.  
Bi fraoch nan garbh-bheann ri mac-meamnach,  
Craobh nach searg an duilleach aic' ;  
Long 'us bradan 'us làmh dhearg,  
'Us leòghann fearrgha furachair.

Ni nach neònach 's leat Chlann Dòmhnuille,  
 Na laoi ch ròdha churanta ;  
 Théid garbh 's a' chòmhstri, searbh's an tòrachd,  
 Garg mar leòghann chuileanan :  
 Ri sgathadh chluas ri spealtadh ghuaillan ;  
 Sgoltadh chnuachd 'us mhullaichean ;  
 Théid bras 's an ruaig nach tais ach cruaidh,  
 'S e fear nach buan 'ni fuireach rùibh.

'S cinnteach thig do chinneadh féin leat,  
 Làidir, treubhach, curanta ;  
 Théid 'nan éideadh bhualadh spéicean,  
 'S cruaidh am beum 's gur guineach iad.  
 An iomairt lann cha 'n 'eil iad mall,  
 Gur lionmhor geall a bhuinig iad ;  
 A siapadh cheann thar chorp nan Gall,  
 'Us tart an geall air fuil orra.

Thig na Leòdaich mar na seabh'ga  
 Air am fòghlum tur-bheumach,  
 Làidir, eòlach, 's fearg 'n an srònaibh,  
 Leònadh iad gu cunnartach.  
 Gur nimheil beurtha ni iad creuchdan,  
 Cha téid léigh an urras orr',  
 Bi caonnag chaoich an gnùis gach laoi ch,  
 Co nàmh a dh' fhaodas fuireach riu ?

Eirigh fùrain fhathail, ùra,  
 Stiùbhartaich gu dubh-mharbhadh ;

Iarla Bhòid le chòmhlán cliùiteach,  
 'N uair a dhùisgear 's duilich e.  
 Thig o Atholl na fir bhorba,  
 Cholgarrá, ro iomairteach,  
 Gach aon as an Aipinn an Iar,  
 'S an àm dhoibh triall bi bhuinig ac'.

Thig Clann Iain leat an òrdugh,  
 'S bòchdain a gheibh urram iad.  
 Bi fuil 'ga dòrtadh leis na leòghainn  
 'S gu 'm bi feòil na culagan :  
 Le claidheamh cruadhach a' sìor bhualadh,  
 'S luathaireach na curaidhean,  
 Gun leòn gun sgios gu brath'ch cha till iad,  
 Gu 'n téid gill a chur leotha.

Thig na Catanaich le cìinnt ;  
 Cha 'n iognadh iad a chruinneachadh,  
 Gus do dhìdean o luchd mì-run ;  
 'N àm na strì cha chuirear riu.  
 Gur làidir treun gach conspunn féille,  
 Nach éisd bhi 'g a' d' dhi-moladh ;  
 'N uair chruinneacheas iad uile còmhlath  
 Bi ni 's leor 's na h-urrad ann.



## ORAN DO NA FOGARRAICH.

'Togaibh misneachd us sòlas,  
 Bithibh inntinneach ceòlmhor,  
 'Us cuiribh 'ur dòchas  
 Ann an còmhnaidh an Ard-Rìgh  
 Bho 'n is éiginn duibh seòladh,  
 'Us nach ann do 'ur deòin e,  
 Do 'n rìgheachd nach eòl duibh,  
 Mar a thòisich 'ur càirdean.

Bho nach fuiling iad beò sibh,  
 Ann an crìochaibh 'ur n-eòlais,  
 'S feàrr duibh falbh de 'ur deòin as,  
 Na bhi fòdha mar thràillean  
 'S iad na h-uachdarain ghòrach,  
 A chuir fuaradh fo 'r srònaibh,  
 'S a bhris muinneal rìgh Deòrsa,  
 'N uair a dh' fhòg'radh na Gàidheil.

Ma thig cogadh 'us creachadh,  
 Mar is minic a thachair,  
 'S ann a bhios sibh 'n 'ur starsaich,  
 Fo chasaibh bhur nàmhaid ;  
 Tha sibh soirbh ri bhur casgairt  
 Gun neach ann gus a' bhacail,  
 Tha bhur guailleann gun tacsas,  
 'S na gaisgich 'g 'ur fàgail.

Rìgh ! gur sgiolta r' am faicinn,  
 'N a seasamh air faiche,  
 Le 'n aodaichean gasda  
 De bhreacanan càrnaid,  
 'N a' dh' fhalbh uaibh an ceart uair,  
 De dh' òganaich dhreachmhor,  
 Gun truailleadh, gun ghaiseadh,  
 Gun taise gun tàire.

Thug sud sgrìos air Mac Dhòmhnuille,  
 Thug e spùineadh air mòran,  
 Thug e lomadh air Cnòideart,  
 Agus leòn air Clann Rànaill ;  
 Falbh nam fear mòra  
 Falbh nam fear òg',  
 Agus falbh nam fear cròdha,  
 'N àm tòrachd a phàigheadh.

Bi Cinn-chinnidh 'n an ònar,  
 Bi an slinnean gun chòmhdach,  
 Gun treise gun chòmhnadh,  
 'N uair thig fòirneart an làthair  
 Bi 'ur nàimhdean gu spòrsail,  
 'G 'ur stampadh fo 'm brògan,  
 Luchd fòirneart gu treòrach',  
 Gun neach beò gus an àicheadh.

'S bochd an gnothuich r' a smaointinn  
 Gu bheil am fearann 'ga dhaoradh,

'Na' dh' fhalbh dhe 'n cuid dhaoine,  
 Thàinig caoirich 'nan aite.  
 'S lag an sluagh 's gur a faoin iad,  
 Dol an carraid no 'n caonnaig,  
 Làn de bhracsaidh 's de chaoile,  
 'S iad fo dhraoigh 'Ille Mhàirtin.

Cha dean smiùradh 'ur saoradh,  
 'N làthair batail air raontaibh,  
 No fead cibeir an aonaich,  
 Gur e caochladh 'ur n-àraidh :  
 'S ged a chruinneachadh sibh caogad,  
 Mholt 'us reithichean maola,  
 'S beag a thogadh a h-aon diu,  
 Claidheamh faobharrach stàilinn.

Cìod e 'm fàth dhomh bhi 'g innse,  
 Gu 'n d' fhàs sibh cho mìothar,  
 'S gu 'n spothadh sibh frìde,  
 Far an dìreadh i fàrdain ?  
 Dh' fhalbh na ceannardan mìleant',  
 'G an robh sannt air an fhìrinn,  
 Agus geall air an dilleachd,  
 Agus cuing air a' nàmhaid.

Air an tuath bha iad cuimhneach,  
 'S cha b' ann gus an sgrìobadh,  
 Gu 'm biodh bantraichean 's dilleachdain,  
 Diolta gu saoi bhir ;

Bhiodh gach truaghan gun dìth air,  
 Mu 'n cuairt air na suinn ud,  
 Cha sealladh iad ìosal,  
 Bha 'n inntinn robh stàtail.

Dia 'stiùireadh 'ur gnothuich,  
 Air gach taobh agus romhaibh,  
 A null air chuan domhain,  
 Is coimhiche gàire,  
 Thugaibh eòlas 'us earail,  
 Do 'n ghaoith a bhi tairis,  
 Gus an giùlain i thairis,  
 'Ur mnathan 's 'ur pàisdean.

Biodh an fhairge le mothar,  
 Toirt an spìd as an reothart,  
 Biodh *Neptune* 'g a clobhadh,  
 Gun tomhas ro àrd orr' ;  
 Gus an ruig sibh am fearann,  
 Gun eagal a ghabhail,  
 Dol air tìr mar is maith leibh,  
 Ann an calaichean sàbhailt'.

O ! triallaibh nis fheara  
 Gu dùthaich gun ghainne,  
 Cuiribh cùl ris an fhearann,  
 'Chaidh thairis am màl oirbh,  
 Gu dùthaich na meala,  
 Gu dùthaich a' bhainne,

Gu dùthaich an ceannaich sibh  
Fearann gur n-àilghios.

Gu dùthaich gun ghainne,  
Gun chrionadh, gun stannard,  
Far an cnuasaich sibh barrachd  
'S a mhaireas 'ur làithean,  
'S e saighdear glic fearail  
'N uair chitheadh e 'm barrachd,  
A theicheadh le anam,  
'S nach fanadh 's a' làraich.

Seallaibh mu 'n cuairt duibh,  
'Us faicibh na h-uaislean,  
Gun iochd annt' ri truaghain,  
Gun suairceas ri dàimhich ;  
'S ann a tha iad am barail,  
Nach buin iad do 'n talamh,  
'S ged dh 'fhàg iad sibh falamh,  
Cha 'n fhaic iad mar chall e.

Chaill iad an sealladh  
Air gach reachd agus gealladh,  
Bha eadar na fearaibh  
Thug am fearann bho nàmhaid ;  
Ach innseadh iad dhòmhsa,  
'N uair théid sibh air fògradh,  
Mur caill iad an còir air  
Gun dòigh air a thearnadh.



## ORAN FIR GHRIMINIS.

MOCH 's mi 'g éiridh  
 Fo sprochd 's fo éislein,  
 Gur bochd mo sgeula  
 'S cha bhreug mo chainnt,  
 Ma 's sgeula fìor e,  
 'S e sgeula is cianala,  
 Chualas riamh  
 Ann an Innse-Gall.  
 'S e sgeula mór e  
 Air bheagan sòlais,  
 'S e sgeula bhròin e  
 Gun cheòl, gun fhonn ;  
 'S e sgeul is truaighe  
 Chuala cluas e,  
 Air bheagan buannachd  
 'S gur buan a chall.

'S e sgeul tha cruaidh e  
 Gu 'n d' ghabh sibh fuadach,  
 Ar sar dhaoin'-uaisle  
 Gun ghruaim, gun sgraing ;  
 Gu 'n d' ghabh sibh fògradh,  
 'S cha b' ann 'g 'ur deòin,  
 Dha 'n an tìr nach b' eòlach  
 An seòrs' ud ann.

Bi sinne brònach  
 Air cnòc 'nar ònar,  
 'S e luchd ar fòirneart  
 A bhuinigeas geall,  
 Gur éiginn strìochdadh  
 Do luchd ar mì-run,  
 'S ar càirdean dileas  
 Dol fad o làimh.

'S e sgeul is cinntiche  
 Dhuinn r'a innse,  
 Ga 'n d' bhuail a chuibhl'\* oirnn,  
 An tuinnse teann :  
 Gu 'n d' rug beul sios † oirnn,  
 Gun dùil ri dìreadh,  
 Gu 'n d' luidh am mi-fhortan  
 Air ar ceann.

---

\* Ga 'n d' bhuail a chuibhl' oirnn  
 Le tuinnse teann.

The word "cuibhle" in this connection probably means the wheel of fortune, or Providence. Iain Lom uses the word similarly in his elegy to Alasdair Dubh, Ghlinne-Garaidh—

"Thionndaidh cuibhl' air Clann Dombhnuill,  
 'N treas a conspunn bhi bhuatha."

"Tuinnse" means the fatal blow which this wheel gave in the course of its revolution.

† "Beul sios" was an old phrase conveying a malediction. "Beul sios ort" was a strong expression of ill-will, and is probably taken from the tendency of the under-lip—especially in children—hanging down when a person is in sorrow.

Mu 'n fhine phriseil  
 Bu mhisneachd rìgh sibh,  
 An am dol sìos duibh  
 Sibh cruinn 's a' champ,  
 'S a sheasadh làidir  
 Ri aodann Spàintich,  
 'S nach traight' 'ur n-àrdan  
 Gun bhàs nan Gall.

Gur bochd an sgàthan  
 Bhi triall 'g 'ur n-àrdaich,  
 Gun ann ach fàsach  
 'Us làrach lom,  
 Na tighean maiseach  
 Am biodh am pailteas,  
 An deigh an sgapadh  
 Gun chloich, gun chrann.  
 Far 'm biodh a' chòisir  
 Gu mùirneach, ceòlmhor,  
 'S na tighean mòra  
 Bu bhòidheach greann ;  
 Bi còmhlán ùr ann  
 A danns' air ùrlar,  
 A' lionadh bùla\*  
 'S gu 'n chumhn' air *dram*.

---

\* "Bùla" is probably a corruption of the English word *bowl*, and refers to the old-fashioned punch-bowl.

Ar daoine fialaidh  
 Bha cliùiteach ciatach,  
 Nach d' fhuairleadh riamh  
 Ann a' fiar no feall,  
 Bha fearail fearrgha  
 Gun bhleid, gun anbharr,  
 Gun tnu, gun fharmad,  
 Gun chealg, gun sannt' ;  
 Iad ri falbh uainn  
 An dùdlachd aimsreach,  
 Le ùprait fairge  
 Is aingidh greann,  
 'Se smaoint an ànraidh  
 Air mnaoi 's air pàisdean,  
 Is goirt a ràinig  
 Gach cridh' an com.

Mar nach b' àbhaist  
 Cha chluinn sinn làmhach,  
 Bi cadal sàmhach  
 Aig damh nan eang,  
 Caidhlidh earba  
 Bheag nan gearr-chas,  
 Cha chluinn i farbhas  
 No stoirm 's a' ghleann.  
 Bho 'n dh' fhalbh Clann Dòmhnuil  
 Nam brat 's nan rò-seol,  
 An fhine bhòidheach—  
 Bu nòs domh 'n dream !

Leis 'na' dh' fhalbh a cheud uair  
 'S na bheil gu triall dhiubh,  
 Ri ùine bliadhna  
 Cha 'n fhiach sinn plang.

Dhubh na speuran,  
 Gu 'n d' dhubh na reultan,  
 Dh' fhalbh teas na gréine  
 Cha 'n 'eil e ann.  
 Thig croisean saoghalta  
 'S dosgaidh dhaoin' oirnn,  
 'S ann their gach aon fhear  
 Tha 'n taod cho teann.  
 Tha chùis ra 'r n-aodann  
 Cho cruaidh 's a dh' fhaodas,  
 'S a' fearann daor oirnn  
 Gun saorsa plang ;  
 Tha 'n t-sid air caochladh,  
 Le gaoith 's le caonnaig,  
 'S an tuil air aomadh  
 Bho thaobh nam beann.

Ar daoine finealta  
 Socair, sìobhall',  
 'N robh pailteas rìomhaidh,  
 Gun strì, gun staing :  
 B' e mais' 'ur beusan,  
 Bhi sgaipteach gléidhteach,  
 Bhi tapaidh, treubhach  
 Gu cur 'n a cheann :

Bhi reic ar n-àirneis  
 'S ar n-àite tàimhe,  
 'S e dh' fhàg 'ur càirdean  
 Gu tùrsach trom ;  
 'N a' bheil an làrach dhiubh  
 Falbh am màireach,  
 Gun dad a dhàil  
 Ach gu 'n tig an long. .

'S i Ghearmailt uaimhreach  
 A dhearbh 'ur cruadal,  
 Rinn Alba chuartaich'  
 Le cruas 'ur lann ;  
 B' e dreag bhur nàmhaid  
 Sibh sheasamh làidir,  
 An cinn bhi gearrta  
 'S an cnàmhan pronn.  
 'S ma 's e 'n cruadal  
 Bha dhuinn an dualchas  
 Gu 'n d' leig sinn uainn e  
 'S ar guallain fann  
 Sinn nis nar tràilleann,  
 Ma thig a nàmhaid  
 Gur làg ar pàirt dhiubh  
 'S ar n-àireamh gann.

Le mheud 's tha mhiann orm,  
 'S tha rùn air m' inntinn,  
 Cha 'n eòl domh innse'  
 Bho cheann gu ceann :

Gach lascair ùr-ghlan,  
 A chaidh an taobh ud,  
 Cha 'n eòl domh chùinntas  
 Bho thùs mo rann.  
 Ach 's mor an dith  
 Air a' cheàrn so 'n righeachd  
 Aig meud na h-ìre,  
 'G an d' thug sibh ann,  
 'S a nis o thriall sibh  
 Le 'r cliù 's le 'r ceutadh  
 Biodh beannachd Dhé leibh  
 'G 'ur dìon gach ball.

ORAN MU 'N EIDEADH GHAIÐHEALACH AN  
 DEIGH BLIADHNA THEARLAICH.

'THA mi cràiteach tinn, 's tha mi sgìth lan dochair ;  
 Ceangal air mo bhuill cha dean mi ceum coiseachd ;  
 Mallachd air an Rìgh thug na breachdain dhinn ;  
 Guidheam air beul sìos bho 'n a shìn e 'n t-osan.  
 Ged tha 'n stocainn fada 's i 'na cochull farsuing,  
 B' annsa 'n t-osan gearr nach biodh réis o 'n t-sàil an gartan.

Luthaig thu ar còta 'na sgeòd farsuing  
 'S luthaig thu ar brògan nì 's leòir phailte ;  
 Mheudaich thu ar cìs, 's lughdaich thu ar nì,

'S dh' fhag thu sinn gun phrìs cha 'n 'eil dìreadh againn ;  
Thug thu dhuinn a bhriogais, theannaich thu ar n-easgoid,  
B' annsa 'm breacan sgaoilte 'n t aodach aotrom, sgiobalt.

'S olc a chulaidh oidhche bhi 'n luib na casaig,  
Cha 'n fhaigh mi cas a shìneadh cha 'n fhaigh mi cadal ;  
B' fheàrr an sòlas inntinn na deich slatan singilt'

Chuirinn anns an fhéile 'n àm éiridh 's a' mhaduinn ;  
Sud an t-aodach dreachmhor, chumadh g'aoth 'us fras uam ;  
Mallachd an dà shaoghail air aon fhear chuir as e.

Cha 'n 'eil culaidh shamhraidh is feàrr na 'm breacan ;  
Tha e aotrom fonnmhor an àm an t-sneachda,  
Bha e cleacht' r' an cùmhdach air na gaisgich lùth'or,  
'S aiceid air an giùlain nach 'eil e aca ;  
Chulaidh bha cur fasgaidh air na Gàidheil ghasda,  
Rìgh ! gur mòr am beud, le pléid a chur a fasan.

Cha 'n fhaca tu mac màthar, air sràid no faiche,  
Is deise na mac Gàidheil le shàr phearsuinn,  
Breacan air am féile, 's a chloidheamh air chùl sgéithe,  
Le dhagaichean cho gleusda, nach éisd iad sradag,  
Sgiath air gual a' ghaisgich claidheamh caol 'na achlais,  
Cha 'n 'eil Gall 's an t-saoghal nach caochladh roimh fhaicinn.

'S maith thig boineid ghorm air chùl borb an cocadh ;  
Cota gearr 'us féile, air sléisnean nochte,

Dhol an làthair cruadail, gu fuilteach nimheil buailteach,

A' leadairt nam fear ruadha, bhiodh smuais 'ga fhosgladh,  
Neart treun nan curaidh, 'cur nan lann gu fulang,  
Bhiodh luchd nan casag millte 's an cinn dheth am muineil.



'N uair chruinnicheas na Gàidheil an làthair troda,  
 Le 'n geur lannan Spàinnteach 's an deàrsadh chlogad,  
 Pàighidh iad gu daor ann am fuil 's an gaor,

'S cha bhi bonn gun dioladh de bhlàr Chulfhodair,  
 Cha 'n'eil urra chaidh a chreachadh no urra chaidh a ghlacadh.  
 Nach faigh iad luchd am mì-ruin gu 'n rogha diol thoirt asda,

'N uair chluinneas fir na h-Alba do dhearbh chaismeachd,  
 Théid iad gu neo-chearbach fo d' dhealbh bhrataich :  
 Dòmhnallaich bu dual, 's dàine théid 's an ruaig :

Tàillearan clo ruaidh ged nach fuaigh, ach strachdadh,  
 Le 'n cruaidh lannan sgaiteach snaitheadh chluas 'us  
 chlaigeann,

'S gu 'm bi àireamh cheann air a' h-uile ball 's a' bhreacan.

Gur h-oil leam ar n-éideadh bhi air chaochladh cumaidh,  
 Ach chi mi bhi 'g a dhìoladh mu gheata Lunnainn,  
 Leis na fleasgaich bhòidheach chluicheas mar na leòghainn,

Chuireas geilt air Deòrsa 's nach faod e fuireach,  
 Théid Rìgh Deòrsa dhachaigh 's am Prionns' òg a ghlacadh,  
 'S bi Teàrlach 'na Rìgh 's feàirde prìs nam breacan.

'S ionann 's a' bhi 'm prìosan bhi dhìth a' bhreachdain,  
 Deanamaid ùrnuigh dhìchiollach 's gheibh sinn taice,  
 'N uair thig iad a nall oirnn coig ceud mìle Frangach,  
 Bì'dh Teàrlach air an ceann, bi am ball fo 'n casan,  
 Sud an sluagh beachdail, chuireas an gleo reachd'or,

Armailteach gu leòir, a luaidheas an clòth Catach,  
 'S nuair théid a mhuc a dhathadh 's a cuid uircean fhaileadh,  
 Air claidheamh no air breacan cha bhi tuilleadh bachdaidh.

## ORAN NA H-OIGE.

AN toiseach nam bliadhnaichean ùr',  
 Deireadh gheamhraidhean ùdlaidh nam fras,  
 'N uair is anmoiche dh' éireas a' ghrian,  
 'S is lionmhoire 'shileas an sneachd ;  
 Bi gach leanabh, gach naoidhean bochd, maoth,  
 A' gabhail gu saothair 's gu cnead,  
 Aig géiread an fhàillidh 's an fhuachd,  
 Nach faodar an gluasad bho nead.

'N toiseach Earraich thig Gearran fliuch, garbh,  
 Chuireas calluinn gach ainmhidh air ais,  
 Thig tein-adhair, thig torrunn 'na déigh,  
 Thig gaillionn, thig éireadh nach lag ;  
 Bi gach leanabh gach naoidhean bochd maoth,  
 Nach urrainn doibh innse 'de 'n staid,  
 Gun eirbheirt, gun asdar, gun lùth,  
 Gus an teirig an dùdlachd air fad.

Mart tioram ri todhar nan crann,  
 A' sùghadh gach allt 'us gach eas,  
 Gach luibh bhios an gàradh no 'n coill,  
 Gun snodhach, gun duilleach, gun mheas ;  
 Bi turadh fuar fionnar gun bhlàths',  
 A' crùbadh gach àil a thig ris,  
 Bi gach creutair 'n robh aiceid 's a' Mhàrt,  
 Tigh'n air éiginn o 'n bhàs, no dol leis.

Mios ghrianach ùr fheurach an àigh,  
 'M bi gach luibh a' cur blàth os a cionn,  
 Nach bòidheach bhi 'g àrach gach luis,  
 Ur àluinn fo ghucaig 's fo dhriùchd !  
 Bi gach deòiridh 'n robh aiceid 's a' Mhàrt,  
 Fas gu bòidheach snuadh-mhor glan ùr,  
 Le eirbheirt, le coiseachd, 's le cainnt,  
 'N déigh gach bochdainn 's gach sgraing chur air chùl.

Bailc-Bhealltuinn\* nan cuinneag 's nan stòp,  
 'S nam measraichean mòra lom-làn,  
 Trom torrach, le uibhean, 's le eòin,  
 Le bainne, le feòil, 's le gruth bàn ;  
 Fàsaidh gillean cho mear ris na féidh,  
 Rì mire rì leum 'us rì snàmh,  
 Iad gun leth-trom, gun airtneul, gun sgìos,  
 Sior ghreasad gu ìre 's gu fàs.

Mios dhubharrach, bhruthainneach, bhlàth,  
 Bheir sìneadh 'us fàs air a' ghart,

---

\* Bailc-Bhealltuinn.—The word *bailc* is a good deal out of use in the sense in which the bard uses it in “Oran na h-Oige.” In the Highland Society's Dictionary the word *bailceach* is found meaning rainy—*pluviosus*. Macleod & Dewar's Dictionary gives *bailc* among other meanings that of a flood—a mountain torrent. In this sense also it is found in “Mac Mhaighistir Alasdair's” “Marbhrann do Pheata Columain,” signifying the flood, in allusion to the service done by the dove to Noah after his long imprisonment in the ark. MacCodrum, in his use of the word, gives the idea of the soft, dewy weather so desirable in May, and so productive of the fertility depicted in “Oran na h-Oige.”

Fàsaidh gillean an iongantas mòr,  
 Le iomadaidh bòsd agus beairt ;  
 Iad gun stamhnadh gun mhunadh 'nan céill,  
 Cuid de 'n nàdur cho fiadhaich ri each,  
 'N dùil nach 'eil e 's nach robh e fo 'n ghréin,  
 Ni chuireas riu féin aig meud neart.

'N tusa 'n duine 'n robh iomadaidh bòsd,  
 C' uim nach d' amhairc thu fòil air gach taobh,  
 'N e bhi beairteach seach iomadaidh neach,  
 No bhi taitneach mu choinneamh nan sùl ?  
 'N tigh creadha so 'm bheil thu 'na d' thàmh,  
 Cheis chneadhraig ni cnàmh anns an ùir,  
 Ma 's droch dheaghad\* a bh' agad 's an fheòil,  
 Thig fathast dhuit dòruinn 'g a' chionn.

Cia mar dh' éireas do 'n choluinn 'n robh 'm bosd,  
 'N uair a théid i 's a' bhòrd-chiste dhlùth ?  
 Cia mar dh' éireas do 'n teanga 'n robh cheilg,  
 No do 'n chridhe bha deilbh a mhi-rùn ;  
 No do uinneagan buairidh nam miann,  
 Dh' fhad bruaillein a' d' inntinn bhò thùs ?  
 'S grannda 'n sloc anns an robh iad a' d' cheann,  
 'N déigh an stopadh le poll 'us le ùir.

---

\* Ma 's droch dheaghad a bh' agad 's an fheòil.

The word *deaghad* is not uncommonly employed in North Uist in this sense of living, or morals. It appears to be a corruption of the English word *diet*, though seldom used in Gaelic in the original sense of that word. Duine deaghadach—a well living man.

'N déigh a stopadh le poll 'us le ùir  
 Anns a' cloaich gun diù is beag toirt,  
 'S am beagan a thug thu leat sìos,  
 Bheirear buileach e dhìot anns an t-sloc ;  
 Cia 'n aghaidh bu mhaisiche fiamh,  
 Cia do shùilean, cia t'fhiacian, cia t'fhalt,  
 Cia na meòirean an glacaibh nan làmh,  
 Bha cur seachad gach spàirn a rug ort.

'N uair a dh' fhalbhas an Samhradh ciùin blàth,  
 Théid gach uamhar 's gach àrdan air chùl,  
 Bì cnuimhean 'g 'ur ithe 's 'g 'ur searg,  
 Ris an abair iad farnad 'us tnù ;  
 'N uair nach foghainn na dh' fhóghnadh de 'n bhiadh,  
 'S nach foghainn na lionas a' bhrà,  
 Cha robh bheairteas aig Solamh 's aig Iob,  
 'Na thoilicheadh còmhla do shùil.

Gur e 'n gaisgeach nach gealtach am bàs,  
 Leis an coingeis an saobhir no 'm bochd,  
 'N uair a thilgeas e 'n gath nach téid iomrall,  
 Cho cuimhseach ri urchair a' mhòisg ;  
 Cha 'n amhairc e dh' inbhe no dh' uaisl',  
 Ach gach àrdan 's gach uamhar 'na thosd,  
 'S nì cinnteach 'shiol Adhamh o thùs',  
 Bàs nàdurr' 'us cùnntas 'na chois.

## ORAN NA H-AOISE.

AIR FONN—“ *The pearl of the Irish nation.* ”

CHA tog mise fonn cha 'n éirich e leam,  
 'Tha m' aigne ro throm fo éisleam,  
 'Tha 'n chridh' tha 'n a m' chom mar chloich 's i 'na deann  
 'S i tuiteam le gleann 's cha 'n éirich ;  
 'Tha 'n gaisgeach nach tìom ruinn 'cogadh 's a strìth,  
 Cha 'n fhaigh sinn a chaidh bhi réidh ris,  
 O'n is treis' e na sinn théid leis-san ar claidh  
 'S cha teasaig aon nì fo 'n ghrein sinn.

'S cuis thùrsa gu dearbh, a' bhi 'g ionndainn 'na dh' fhalbh  
 Ar cruitheachd, ar dealbh 's ar n-eugasg,  
 Ar spionnadh 's ar neart ar cumadh 's ar dreach,  
 Ar cur ann an gleachd 'us streupa.  
 Mar a sgaoileas an ceò air aodann an fheòir,  
 'S a chaochaileas neòil 's na speuran,  
 'Tha 'n aois a' teachd oirnn, cumhach, caointeach, lan bròin,  
 'S neo-shocrach ri leòn an té ud.

Aois chasadach gharbh cheann-trom chadalach bhalbh,  
 Ann an ion 's a' bhi marbh gun spéirid :  
 Cha ghluais thu ach mall agus cuaille ann a' d' laimh,  
 Dol mu 'n cuairt air gach allt 'us féithe :  
 Cha chuir thu gu bràth 's cha chubhaidh dhuit e,  
 Geall ruithe, no snàmh, no leuma.

Ach fiabhras 'us cràdh 'g a' d' iarraidh gu bàs  
Ni 's liomhoir' na plàigh na h-Eiphit.

Aois chianail ro bhochd, ri caoidh 'n a' rug ort  
Neo-bhrigheil gun toirt gun spéis thu ;  
Do luchd comuinn 'us gaoil, fa chomhair an aoig  
Gun chomas a h-aon diubh éirigh :  
Dh' fhalbh t' earnais 's do chuid, dh' fhalbh slàinte do chuirp,  
Thig ort faillingean tuigs' 'us reusoin ;  
Thig di-chuimhn' thig bà'chd thig diomhanas dha  
Thig mi-loinn do chàirdean féin ort.

Aois odhar gun bhrìgh 'g a' d' fhògar gu cill :  
Dh' fhàgas bodhaig a' chinn ro éitidh :  
Aois bhodhar nach cluinn gun toighe gun suim,  
Gun char foghainteach strì no streupa :  
Aois aiceideach thinn gun taice, gun chli,  
Gun ghaisge, gun spid, gun spéirid,  
Lan airtneul 'us cràidh gun aidmheil bhi slàn  
Gun neach do 'm bheil càs dheth t' éiginn.

Aois ghreannach bhochd thruagh, 's miosa seallaidh 'us tuar  
Maol sgallach gun ghruaig gun deudaich :  
Roc aodannach chruaidh, phreasach, chraicneach, lom, fhuar,  
Chrùbach, chrotach, gun ghluasad ceuma ;  
Aois lobhar nan spioc bheir na subhailcean dhinn,  
Cò 's an domhain le 'm binn do shéis-sa ?  
Aois ghliogach gun chàil 's tu 's miosa na 'm bàs,  
'S tu 's tric a rinn tràill dhe 'n treun-fhear.

Aois chiar dhubh a' bhròin, gun rionhachd gun spòrs,  
 Gun toil-inntinn ri ceòl do-éisdeachd ;  
 Rob fheasagach ghlas, air dhroch sheasamh cas,  
 Leasg sheotail, neo-ghrad gu éirigh :  
 Cha 'n fhuiling thu 'm fuachd ; 's olc an urr' thu 'n càs cruaidh,  
 'S e do mhuinghinn an tuath 's an déirce ;  
 Cha 'n 'eil neach ort an tòir nach e aidmheil am beòil  
 Gur fada leo beò gun fheum thu.

Aois uain' is olc dreach, orm is suarach do theachd,  
 Cha 'n 'eil tuairisgeul ceart fo 'n ghréin ort :  
 Gun mhire gun mhùirn gun spionnadh gun sùgh ;  
 Far an cruinnich luchd ciúil cha téid thu.  
 Aois chairtidh 's olc greann ; aois aiceideach mhall ;  
 Aois phrab-shuileach dhall gun léirsinn ;  
 Chas fheargach gun lùth, lan fharmad us tnù,  
 Ri fear meamnach beo, lùghmhor, gleusda.

Faire ! faire ! dhuin' òig cia do bharantas mòr ?  
 'Ne do bharail bhi beò 's nach eug thu ?  
 Tha 'n saoghal 's an fheòil fìor aontach gu leòir  
 Air do chlaonadh o choir gu eucoir ;  
 Ge fad 's a tha 'n dàil, thig ort teachdair o 'n bhàs  
 Na creid idir gur fàisneachd bhréig e :  
 Biodh do gheard ort glé chruaidh, tha do nàmhaid mu 'n cuairt,  
 Cha tigh cràbhaidh an uaigh do 'n téid thu.

Ach fàrdach gun tuar, bhreun, dhaolagach, fhuar,  
 Anns an càraich iad suas leat-féin thu :



Co mor 's tha e d' bheachd ; dheth t' stòr cha téid leat,  
 Ach bòrdain bheag shnaighte', 's léine :  
 Ach 's e cùram is mò dol a dh' ionnsuidh a' mhòid  
 Thoirt cunntas an còir 's air eucoir ;  
 Far nach seasadh do nì, dhuit dad dheth t' chuid féich ;  
 'S mo an t-eagal bhi 'm prìosan péine !

## COMHRADH

EADAR CARAID AGUS NAMHAID AN UISGE  
BHEATHA.

## CARAID.

Mo ghaol an colgairneach spracail,  
 Fear nan gorm-shùilean maiseach,  
 Chuireadh foirm fo na macaibh,  
     'N uair a thachradh iad ris.  
 'N uair a chruinnicheadh do chòisir,  
 Cha b' i chuilm gun a còmhradh ;  
 Gheibhte' rainn agus òrain,  
     'S iomadh stòiri 'nam measg :  
 Gille beadarrach sùgach,  
 Tha na chleasaiche lùghor ;  
 'S ro mhaith 'bhreabadh an t-ùrlar,  
     Agus 'thionndadh gu briosg.

'S e dhànnsadh gu h-uallach,  
 Aotrom, abhcaideach, guanach,  
 Gun sealltuinn air truail'eachd,  
 Ach uaisl' agus meas.

## NAMHAID.

'S mairg a dheanadh an t-òran,  
 'S nach deanadh air chòir e ;  
 Gun bhi moladh an dò-fhir,  
 Bha na rògaire tric.  
 Fear a sheargadh an conach,\*  
 Thionndadh mionach nan sporan  
 Dh' fhagadh leanaban an aimbeairt,  
 Ann an carraid 's an drip.  
 An struidhear diomhain,  
 Tha gu brosgulach breugach ;  
 Fear crosda mi-chiallach,  
 Gun riaghailt gun mheas.  
 Call mor air bheag buinig  
 Ann a' sòlas ro dhiombuan ;  
 'S e fear stòrais is urrainn  
 A bhi 'n cumantas ris.

## CARAID.

Mhic-an-Toisich Mhic-bracha,  
 Fhir còmhraig nan gaisgeach,

---

\* Excessive riches, suggesting the miser's mad lust for gold—  
*ignava fames auri.*

A chuireadh bòilich 's na claigneann,  
 'S a chuireadh casan air chrith.  
 Bu tu cleòca na h-aiteimh,  
 'N aghaidh rètachd 'us sneachda,  
 Dheanadh *notion* de fhrasaibh ;  
 'S a chuireadh seachad an cuith'.  
 Dheanadh dàna fear saidealt' ;  
 Dheanadh lag am fear neart'or ;  
 Dheanadh daibhir fear beairteach,  
 Dh' aindeoin pailteas a chruidh ;  
 An ceart aghaidh na th' aca,  
 De mhùirn, no mheadhail, no mhacnus,  
 'S tu raghainn is taitneich',  
 De chuis mhacnuis air bith.

#### NAMHAID.

A dhuin' an cual' thu no 'm fac 'thu  
 Riamh ni 's mìosa chuis mhacnuis,  
 Na bhi 'n a' d' shineadh 's na claisean  
 Gun chlaisteachd gun ruith ?  
 Air do mhùchadh le daoraich ;  
 'G a' do ghiùlain le daoine ;  
 'N a' d' chuis-bhuird aig an t-saoghal,  
 Far nach faodar a chleith  
 'S e bhi 'coinneachadh *Rati*,\*  
 Ni do lomadh a' d' bheartas.

---

\* *Rati*, a famous distiller, of whom more than one of the bards make mention.

Luchd a' chomuinn 's a' chaidrimh,  
 Ni e 'n creachadh gun fhios  
 'S e ciall-sgur a bhios aca,  
 'Bhi ri buillean 's ri cnapadh ;  
 Gu 'm bi fuil air an claignean,  
 'S bi am batachan brist'

## CARAID.

Mo ghaol an lasgaire suairce,  
 'Chleachd 'bhi 'n caidreamh nan uaislean ;  
 'S iomadh tlachd 'us deagh bhuaidh  
 A ta fuaighte ri d' chrios.  
 Biorach, gorm-shuileach, meallach,  
 Beachdail, colgarra, fallain,  
 Làidir caoin air dheagh tharruing,  
 Gu fogradh gaillionn a' chuirp.  
 Far an cruinnich do phàistean,  
 Gu 'm bi mir' agus mànrán,  
 Agus iomadh ceòl gàire ;  
 'S iad neo-chràiteach mu 'n cuid.  
 Bheir e 'n t-ùmaidh gu sòlas  
 Ni e sunndach fear brònach ;  
 Ni e glic am fear gòrach,  
 'S ni e gòrach fear glic.

## NAMHAID.

'M b' e sin raghainn nam macaibh,  
 'Bhi gun fhradhar, gun chlaisteachd ?

'N uair bu mhiann leo dol dachaigh,  
 'S e ni thachras a's mios?  
 Gur e 'n ceann is treas cas doibh,  
 Lom-lan mheall, agus chnapan ;  
 Gach aon bhall 'g am bi aca,  
 Goid a neart uath gun fhios.  
 Iad 'nan tamhaisg gun toinisp ;  
 Iad a' labhairt an donais ;  
 Iad ro lamhach gu conus,  
 'Us nach urr' iad cur leis :  
 Bi' an aod'nan 'g an sgròbadh,  
 Bi' an aodach 'g a shròiceadh ;  
 Cha 'n fhaod iad bhi stòlda,  
 'S iad an còmhnuidh air mhisg.

## CARAID.

Nach bòidheach an spòrs,  
 A' bhi suidhe mu bhòrdaibh,  
 Le cuideachda chòir,  
 A bhios an tòir air an dibh !  
 Bi'dh mo bhotal air sgòrnan,  
 A' toirt cop air mo stòpan ;  
 Noch toirteil an ceòl leam,  
 An crònan 's an gliog ?  
 Gu 'm bi fear air an daoraich ;  
 Gu 'm bi fear dhiubh ri baoireadh ;  
 Gu 'm bi fear dhiubh ri caoineadh ;  
 Nach beag a shaoileadh tu sud ?

Ni e fosgailt' fear dionach ;  
 Ni e crosda fear ciallach ;  
 Ni e tosdach fear briathrach,  
     Ach am *blialum* nach tuig.

## NAMHAID.

Nach dona mar spòrs,  
 A' bhi suidhe mu bhòrdaibh ;  
 'S a' bhi milleadh mo stòrais,  
     Le gòraich gun mheas ;  
 Le siaraich 's le stàplaich ;  
 Le briathraibh mi ghnàthaicht' ;  
 Ri speuradh 's ri sàradh,  
     An Abharsair dhuibh.  
 Bi'dh an donus 's an dòlas,  
 De chonus, 's de chòmhstri ;  
 'S de tharruing air dòrnaibh,  
     Anns a' chòmhail nach glic ;  
 Ri fuathas 's ri sgainneal ;  
 Ri gruaidhean 'g an prannadh  
 Le gruagan 'g an tarruing,  
     Le barrachd de 'n mhisg.

## CARAID.

Mo ghaol an gille glan éibhinn,  
 Dh' fhàs gu cineadail spéiseil ;  
 Dh' fhàs gu spioradail treubhach,  
     'N uair a dh' éireadh an drip.

Bhiodh do ghillean ri sòlas,  
 Iad gu mireagach bòidheach,  
 Iad a' sireadh ni 's leòir,  
     'S iad ag òl mar a thig.  
 Iad gu h-aighearrach fonnmhor,  
 Iad gun athadh, gun lompas ;  
 Iad ro mhaith air an rongais,  
     'N uair a b' anntlachd an cluich.  
 Cuid d' am fasan air uairibh,  
 Dùirn 'us bat' agus gruagadh,  
 Dh' aithnichte 'dhreach air an spuaicean,  
     Gu 'n robh bruidhlean 's a' mhisg.

#### NAMHAID.

Bha mhisg deamhnaidh 'na nàdur,  
 Lom-lan mòrchuis us àrdain ;  
 Lom-lan bòsd agus spàraig,  
     Anns gach càs air an tig.  
 Tha i uamharra, fiadhaich,  
 Tha i murtaidh na h-iarbhail ;  
 Tha i dustach, droch-neulach  
     Làn de fhiabhrus 's de fhriodh.  
 Gu 'm bi fear dhiubh 'na shìneadh  
 Gu 'm bi fear 'na chùis mhì-loinn  
 Gu 'm bi aithlise lionmhor ;  
     'S iad a' maoidheadh a' phluic.  
 Tha i tuaireapach foilleil ;  
 Iomadh uair air dhroch oilean ;

'S gu 'n do fhuasgladh fa dheireadh,  
Ach 's i bu choireach a' mhisg.

## CARAID.

Mo ghaol an cleasaiche lùthmhor,  
Fear gun cheasad gun chùmh-nadh ;  
Fear gun cheiltinn air cùineadh,  
'N am bhi dlùthachadh ris ;  
Bheireadh tlachd as a mhùigean ;  
Dheanadh gealtair de 'n diùdhlach ;  
Dheanadh dàn' am fear diùid  
Chum a chùis a dhol leis.  
Fear a's feàrr an taigh-òsd thu ;  
Fear a's ùr-fhailtich òrain ;  
Fear nach fuilingear 'na ònar,  
Ach am bòilich 's an 'driop :  
Fear tha mànrnach ceòlmhor ;  
Cridheil càirdeach le pògan ;  
'S a làmh dheas air a phòca,  
Sgapadh stòrais le misg.

## NAMHAID.

A chinn aobhar a' chonais,  
'S tric a dh' fhaobhaich\* na sporain ;  
Fhir nach d' fhoghlum an onair,  
B' e bhi 'g a' d' mholadh a' bhleid ;

---

\* *Dh' fhaobhaich* ; Spoiled. Stealing the milk out of the udder of a cow is called *Faobh-bhleoghainn*.



'Nis o'n 's buanna ro dhaor thu,  
 Tha ri buaireadh nan daoine,  
 Dol mu 'n cuairt air an t-saoghal,  
     Chum 'na dh' fhaodas tu ghoid.  
 Fear ri aithricheas mòr thu ;  
 Fear ri carraid, 's ri còmhstri ;  
 Fear ri geallam 's cha tòram ;  
     Thug sud leònadh do d' mheas.  
 Ni thu 'm pòitear 'na striopaich,  
 'S ni thu striopach na phòitear ;  
 'S iomadh mìle droch còdhail,  
     A tha 'n tòir air a' mhisg.

## CARAID.

Ge b'e thionnsgainn, no dh' inndrig,  
 Air an iunnstramaid rioghail  
 'S duine grunn-dail 'na inntinn,  
     Bha gu h-innleachdach glic.  
 Thug bho aobhar gu sìol e ;  
 Thug bho bhraich gu ni 's brigheil' ;  
 Thug a prais 'na cheo liath e,  
     Mach troimh chliath nan lub tric.  
 Thug a buideal gu stòp e,  
 Rinn e 'n t-susbainte còmhlath,  
 Thogadh sligeachan reòta  
     Far, fir bhreòite gun sgrid.  
 An donus coinneamh no còdhail  
 No eireachdas mòr-shluaigh,

Gun do cheilearachd bhòidheach,  
 Cha bhi sòlas 'na measg.

NAMHAID.

Ge b' e thionnsgainn an aimhlig,  
 'S olc an grunn d bha 'na eanchainn,  
 'S mòr a dhùisg e de dh-argamaid,  
 'S de dhroch sheanchas mà'ris.  
 Dheilbh e misg agus daorach,  
 Rinn e breisleach 's an t-saoghal ;  
 B' fheàrr nach beirte' gu aois e  
 Ach bàs na naoidheachan beag.  
 Dhùisg e trioblaid 'us còmhstri,  
 Rùisg e biodaig an dòrnaibh,  
 Chuir e \*peabar 's an deamhnachd  
 Nuair a thòisich a' mhisg.  
 Cha chùis buinig ri leanmhuinn,  
 Ach cùis guil agus falmachd  
 'S a chaoidh cha 'n urr' thu 'g a sheanchas,  
 Cia mar dh' fhalbh do chuid leis.

---

\* Intensified devilry, *i.e.* peppered it !

## ELEGIES.

## MARBHRANN DO ALASDAIR MACDHOMHNUILL.

ACH ge fada mi m' dhùsgadh,  
 Gur a pailte le m' dhùsal no m' thàmh,  
 Gu bheil sac air mo ghiùlan,  
 Agus aiceid 'ga' m' chiùradh le cràdh ;  
 'S beag de shòlas na dùthcha,  
 Tha dhe m' chòmhradh ri dhùsgadh an tràths',  
 'Na 'bheil a dhìth air a chùnntais,  
 Dh' fhàg e sgìth sinn 'ga dhùsgadh gach là.

Gur e fuaradh na Bealltuinn  
 Dh' fhàg am bruaillean 'nar ceann gun bhi slàn,  
 Sinn a' còpadh gu frasach  
 Air na dh' òl na fir ghasda dhe 'n t-sàl ;  
 Ar sàr chònnspuinn Gilleasbuig,  
 Agus Eòin a chùil chleachdaich mo ghràdh !  
 Dh' fhàg iad tàirnean 'n ar cridhe  
 Chaoidh cha slànuich aon lighich ach bàs.

Fhuair sinn fuaradh 'n a dhéigh,  
 'S tric an ruaig ud 'g ar taghal a ghnàth,

Dh' fhàg fiamh gul air ar rosgaibh  
 Sinn uile ri acain 's nach nàr ;  
 Ar sàr spailp a dhuin' uasal,  
 Bu deacair fhaotainn mu 'n cuairt oirnn ni b' fheàrr,  
 Duine macanta, suairce,  
 Duine tapaidh gun tuaireapachd làmh.

Duine measarra, cliùiteach,  
 Bha gu h-aoidheil 'na ghiùlain 's na ghnàths',  
 Beul na firinn 's an t-sùgraidh,  
 'S mór an dìth air dùthaich do bhàs ;  
 'S mór a' bhearn 'n ar daoin' uaisle,  
 Chaidh am mànran 's an uair sin mu làr,  
 Dh' fhalbh ar tacsas 's ar réite,  
 Cùis is goirte do shèathar bhi fàs.

Duine sgiamhach ri amharc,  
 Tha sud cianail 's tu d' luidhe fo 'n fhàd,  
 Bu cheann uidhe ro cheud thu,  
 'N uair bu mhithich dhoibh triall air an t-sràid ;  
 Gheibhte slàinteachan dùmhail,  
 Agus traghadh air bùlachan làn,  
 Urlar farsuing, lom, sguabta,  
 Far 'm bu tartarach fuaim bhrògan àrd.

Dol a dh' innse do phearsa,  
 Cha bu bhrìdeach ri t' fhaicinn air blar,  
 Cha d' fhuairleadh riamh ort cron cumaidh,  
 Ged a dh' iarrr' thu bho d' mhullach gu d' shàil ;

Duine smearail, deas, treubhach,  
 Bu sgafanta ceum air an t-sràid,  
 Bu cheann feadhna mòr, beachdail,  
 Làidir teom thu neo-thais ann a' spàirn.

Tha mi sgìth dhe na ròidean,  
 Cheart cho dìreach, 's cho còmhnard, 's tha 'n tràigh,  
 'S ann a dhìreas mi mhòinteach,  
 Bho nach cuimhneachan sòlais do chàrn :  
 Ann a' làrach na coise,  
 Far nach d' fhuair thu cur socair air làr,  
 Luidh an t-Eug ort a thìota,  
 Aig an aon Dia tha fios mar a bha !

Rìgh ! gur h-oil leam do chéile  
 'N am luidh' agus éirigh 'us tàmh,  
 I gun sunnd air gàir' éibhinn,  
 'S tu gun dùsgadh 's a' léine chaoil bhàn :  
 'S lag a guallainn fo 'n eallaich,  
 Agus luasgan fo h-anail le cràdh,  
 Chionn a fàgail 'n a h-onar,  
 Agus fad a' cur feòir ort 's a' chàrn.

Rug an dil oirm am bliadhna,  
 'S goirt an sgrìob a thug fìaclan an t-sàibh,  
 Mar tha fuaradh na bochdainn,  
 'S ann tha thuar air a' chnoc a' bhì fàs :  
 Mallachd buan air an dosgaidh,  
 Thug i uaim na cinn stoca cho tràth,

Mar a bhuaileadh a' chrois oirnn,  
 'S ann a fhuairleadh do chorp anns a' bhàgh.

Bu tu beannachd na tuatha,  
 'S tu nach teannadh iad cruaidh mu 'n a mhàl,  
 Ceann diadhaidh nan truaghan,  
 'N uair a dh' iarradh iad fuasgladh 'nan càs ;  
 Fhir a b' aon-fhillte cridhe,  
 'S tu gun chlaonadh gu sligheachan ceàrr,  
 'S tu nach buaineadh a bhuinig,  
 Air a' chluain sin nach cuireadh am bàrr.

Cha robh ar diobhail gun ghainne,  
 'San Di-ciadain mu dheireadh de 'n Mhàrt,  
 Ann an iochdar na sgeire,  
 Bha ar mì-stath ro shoilleir le càch ;  
 Ann an uachdar a' chladaich,  
 Far nach d' fhuair thu tigh'nn dhachaigh gu blàths',  
 Cas bu luaith air an astar,  
 Agus guallainn 'n robh neart air an t-snàmh.

Gu 'm b' e imrich an fhuathais  
 Anns a' mhaduinn 'n uair ghluaiseadh Di-màirt,  
 Gu 'n robh frasan air gruaidhean,  
 Agus basan 'g am bualadh le cràdh ;  
 Gu 'n robh gruagan 'g an cìreadh,  
 Daoine truagha 'g an spìonadh gu làr,  
 Mar nach guidheadh neach riamh leat,  
 'S ann a dh' uidheamaich Dia dhuit am bàs.

MARBHRANN DO UISDEAN A' BHAILE-SHEAR,  
AN UIDHIST A' CHINN-A-TUATH.

GUR geur an gath gath an Aoig  
'N ar taobh a dh' fholaic a' ghuin,  
'N uair dh' fhuadaich e uainn na suinn,  
'Sgeul is cruaidh r' a innse 'n diugh.

'N uair thugadh ar ceann priseil uainn  
Gur mi-fhortan cruaidh a th' ann :  
Càch a bhi tearnadh cho cas  
'S a thearnadh a' chlach leis a' ghleann.

Am fìor ghaisgeach air dol fo lic  
Mu 'm b' iargaineach iomadh neach :  
Sàr churaidh a chaisgeadh tòir,  
'S nach cumadh "ob òb" air ais.

Duine sgairteal tapaidh tèoma ;  
Duine saoibhir anns gach beairt,  
Labhradh an fhirinn le grunn, d,  
'S cha b' e teanga leam 'us leat.

Gur mise chunnaic an uair,  
Gu 'm b' urramach do shnuadh 's do dhreach ;

Fear fearail bu fhilathail gnùis,  
Amharc nan sùl nach robh tais.

Duine fearail a dh' fhàs cruaidh ;  
Duine 'n robh cruadal 'us smachd ;  
Duine 'n robh iochd agus truas,  
Gu fuasgladh air fear 'na airc.

Duine 'n robh smior agus sgoinn :  
Duine nach robh foill na bheachd,  
Nach buaileadh a bhuille chùil,  
'S nach gleidheadh mì-rùn do neach.

Craobh a ruisgeadh air gach tàobh sinn :  
Craobh nach do ghiùlain a meas ;  
Cha 'n fhan ar luchd aoise beò,  
'S cha tig ar daoin' òga ris.

Seallamaid a nis ri Dia ;  
'S cinnteach a' chrìoch dhuinn am bàs :  
Ruitheamaid ar cùrsa réidh,  
'S iarramaid Mac Dhé mar gheàrd.





## MARBHRANN

DO

SHIR SEUMAS MACDHOMNUILL, SHLEIBHTE,  
A DH' EUG 'S AN ROIMH.

MÒCH 's a' mhaduinn 's mi 'g éirigh,  
Cha 'n e 'n cadal tha streup rium,  
'S fliuch mo leapa gun sèasdar gun sàmhchair.

Cha 'n 'eil agam 'na' dhéigh sin  
'N déis mo thaic-sa 'g a' m' thréigsinn,  
Ach maille claisteachd 'us léirsinn 'us tàbhachd.

'S trom a chuing-s' air ar muineal,  
Air ar lionadh le mulad ;  
'Tha sinn sgìth 's cha 'n ann ullamh a ta sinn.

Sinn ri iargainn nan curaidh  
Nach robh 'n iasad ach diombuan,  
Gun fhear liath a bhi uil' air an làraich.

Daoine mòrchuiseach measail,  
Daoine còrr ann an iochd iad,  
Daoine cròdha gu bristeadh air nàmhaid.

Ann an ùine da fhichead  
 Gur dìobhail ar bristeadh,  
 Chuir e dùbailt a nis oirnn e làthair !

Chaill sinn còignear no seisear  
 De na connspuinn bu treise,  
 Nach robh bèò ann am Breatunn an àicheadh.

Ann an uaisle 's an urram,  
 Anns gach deagh bhuaidh bh' air `duine,  
 Ann an cruadal gu buinig buaidh-làraich.

'S bochd an ruaigs' oirnn an còmhnuidh,  
 Dh' fhag ar guaillean 'nan ònar,  
 A' bhi sguapadh ar n-òigridh gun dàil uainn.

Thàinig meaghar gu bròn duinn,  
 Thàinig aighear gu dòrainn,  
 Chaill sinn amharc 'us sòlas ar sgàthain.

Bàs ar n-uachdarain phrìseil,  
 Sgeul a's cruaidhe r' a chluinntinn ;  
 Fhuair luchd fuath agus mì-run an àilghios.

Gur e 'm fuaradh-sa 'n uiridh  
 Chuir ar gluasad 'an truimead ;  
 So an ruaig tha 'g ar n-iomain gu ànradh.

Bhi fo chumhachd an sgeòil ud  
 Gach aon latha ri 'r beò-shlàint',  
 Air bheag aighear, no sòlais, no slàinte.

Fhuair sinn naidheachd ar lethtrom,  
 Fhuair sinn naidheachd na creiche,  
 Sin an naidheachd thug leagadh do 'r n-àrdan.

'S trom an galair 's is diùbhail,  
 Moran uallaich ri 'ghiùlan,  
 Rinn ar n-anail a mhùchadh 's ar dàna.

Nis o 'n 's dilleachdan bochd mì,  
 Oighre dìreach air Oisein,  
 A bha 'g innse' chruaidh fhortain do Phàdruig.

Mi 'g innse' cruas m' fhortain,  
 Mar a dh' inntrig e 'n toiseach,  
 Cha 'n 'eil brìgh dhomh no toirt bhi 'g a àireamh.

Ach an sgrìob 'thug a' chreach oirnn  
 Dh' fhàg a chaoidh sinn 'g a h-acain,  
 So an dìle chuir brat air 'na' thàinig.

Dh' fhalbh ar ceannard òg maiseach,  
 Bha gun àrdan gun ghaiseadh ;  
 Muir a thàinig gu grad a thug bàrc oirnn.

Chuir ar leaba 's an droigheann,  
 'S gun ar cadal air faighinn,  
 Ar suilean frasach o 'n naidheachd a thàinig.

O nach dùil ri Sir Seumas,  
 'S beag ar rùn an gàir éibhinn,  
 Bi sinn tùrsach 'na dheigh gus a bàs duinn.

Chaill sinn duileach ar géige,  
 Gràinne mullaich ar déise,  
 So an turus chuir éis air ar n-àrmuinn.

'S éiginn fuireach ri sìochainnt,  
 O nach urrainn air strì sinn,  
 Ach 'bhi fulang gu 'n strìochd sinn do 'r nàmhaid.

Ma thig oirnn fòirneart no bagradh,  
 Sinn gun dòigh air am bacadh,  
 Tha sinn leòinte 'nar pearsa 's 'nar càileachd.

O 'n la thàinig am bristeadh,  
 A thug tearnadh 'nar meas duinn,  
 Ar Ceann-tànach 's ar misneachd 'g ar fàgail.

Dh' fhàg e sinne bochd tùrsach,  
 Ann an ionad ar cùirraidh ;  
 Gun e philleadh d' a dhùthchannaibh sàbhailt.

Thu e sgrìob air ar n-uaislean ;  
 Chaoidh cha dìrich an tuath e ;  
 Tha sinn mì-gheanach truagh air bheag stàtha.

Sinn mar chaoirich gun bhuachaill,  
 'N déis an t-aodhair thoirt uatha,  
 Air ar sgaoileadh le ruaig 'Ille Mhàrtuinn.

Ar toil-inntinn 's ar sòlas,  
 Craobh a dhìdeann ar còrach,  
 Ann an cathair na Ròimh air a chàradh.

Thu bhi 'n cathair na Ròimhe,  
 'S goirt ri innse na sgeòil sin,  
 Dhé! cha dirich Clann-Dòmhuill ni 's àirde.

O 'n là sgathadh ar n-ògan,  
 A chraobh bu fhlaithaile còmhdach,  
 Gun a h-abhall air dòigh dhuinn a thàrail.

Mor an sgeul 's an Roinn Eòrp' e,  
 Mor am beud do rìgh Deòrsa,  
 Mor an éis air do sheòrsa gu bràth e.

Cha do dhùineadh an còta,  
 'S cha do ghiùlain na brògan,  
 Neach a chunntadh còmhlath do phàirtean.

Ann an gliocas 's an eòlas,  
 Ann an tuigse 's am mòrchuis,  
 'Us na gibhteana mòr a bha fàs riut.

Tha sinn deurach bochd tùrsach,  
 Gun ghàir éibhinn gun dùil ris,  
 Mar an Fhéinn agus Fionn air am fàgail.

Sinn gun Oscar gun Diarmad,  
 Gun Gholl osgarra fialaidh,  
 Gach craobh thoisich air triall uainn gu Pàrras.

Cinn nam buidheana calma,  
 Leis an d' ùmhlaicheadh Alba,  
 'S iomadh ùghdar thug seachas mar bhà sin.

'S bochd a chrìochnaich ar n-aimsir,  
 Mar Mhaol-cìaran gun Fhearchar,  
 Sinn ag iargain na dh' fhalbh uainn 's nach d' thàinig.

'S e ni 's cosmhuil ri sheanchas,  
 Lion sinn copan na h-aing'eachd,  
 Gus 'n do bhrosnaich sinn fearg an 'Tì 's àirde.

'S e 'n 'Tì prìseil thug uainn e,  
 Chum na rìgheachd is buaine :  
 O Chrìosda, cum suas duinn na bràithrean.





## ARCHIBALD MACDONALD.

OR

## GILLE NA CIOTAIG.

---

ANOTHER distinguished Hebridean singer was Archibald Macdonald, known to his countrymen as “Gille na Ciotaig.” He was born at Paible, in North Uist, where MacCodrum composed the “Smeorach,” probably about the middle of the 18th century. He received all the education he ever got in the parochial school of that parish, the only school there at the time. When the gifted and amiable Sir James Macdonald was, with a number of Uist and Skye gentlemen, deer-stalking in the hills there, they came upon a sheiling or *àiridh*, where the parents of the bard were residing for a few weeks, with their cattle and sheep, as was the custom in these good old times; and, the goodwife having shown her hospitality by offering them a drink of the milk of her heather-fed cows, which all Highlanders know to have a peculiar sweetness of its own—“*bainne air àiridh*”—Sir James, who added to his other extensive and wonderful accomplishments a good knowledge of the mountain

tongue, entered into conversation with her, asking her about the welfare of her family, and so forth. She told him, among other things, that her two boys were at the west side in school, and that one of them had been born with a defective arm, short and with only rudimentary fingers. Sir James asked his name, and when told that he was baptized by the name of "Gilleasbuig," he answered, "It was a pity that they did not call him Coll, so that there would be another 'Colla Ciotach' in the Macdonald clan." Before leaving, Sir James gave her money to aid in the prosecution of her sons' education. Luckily the sound arm was the right one, so that he was able to use it in various ways; and, being an expert writer, he was employed by Alex. Macdonald, the "bàillidh breac"—a son of "Alastair Mac Dhomhnuill," to whom MacCodrum composed the elegy—as clerk, whilst he held the factorship of the Clanranald estate of South Uist. Mention having been made of Sir James Macdonald, it may be added that during that shooting excursion the gun of Macleod of Tallisker went off accidentally, and the shot lodged in Sir James' leg, and that it was with difficulty the crofters of North Uist were kept from laying violent hands on the offender. It was said his fine frame never recovered the shock from the accident. It was then that his kinsman, Macdonald of Vallay, composed the well-known *piobaireachd* "Cumha na Coise." "Gilleasbuig na Ciotraig," like all true bards, had an ambition to immortalize himself, by having his bardic effusions perpetuated in a book; and, with this purpose, he started for Inverness, the town with which the Western Isles had most frequent



communication and easy access in those days, He only reached as far as Fort-Augustus, where he died and was buried ; and, if the spot could be identified, which is very unlikely, it would be well on the part of his countrymen to erect a monument to the memory of one who has justly been called the finest and cleverest of all the Gaelic comic bards. It is said that while at Fort-Augustus he met with Alexander Stewart, who had been parochial schoolmaster of North Uist —the author of “A Mhàiri bhòidheach, ’s a Mhàiri ghaolach” —and that his manuscripts, having fallen into Stewart’s hands after MacDonald’s death, formed the foundation of that excellent volume of Gaelic poems, called “Stewart’s Collection.” MacDonald is essentially the bard of humour and satire, and his only serious production, his eulogy of Lochiel, is much inferior to his livelier poems. One of his most amusing songs is his lampoon on the “Doctair Leòdach,” published in Mackenzie’s collection. This “Doctair Leodach” was a favourite mark with Macdonald at which to aim his shafts of ridicule. Macleod was born in St. Kilda, and seems to have returned there on a visit once at least in the course of his life. Hence Macdonald nicknamed him the “Giobain Hirteach” in a sprightly effusion, of which I have picked up the following. The hero seems to have been a great fop, who went about arrayed in full Highland dress:—

Gu seinn mi ’n Giobain Hirteach dhuit  
 ’S e nis a tigh’n do ’n dùthaich,  
 Cha dean mi di-chuimhn’ idir air,  
 ’S ann bheir mi tìotal ùr dha ;

Ma dh' fhalbh e uainn gu briogaiseach,  
 Gu 'n d' thàinig e gu biodagach,  
 'S cha 'n fhaigh e 'n àite bhrioscaidean,  
 Ach iseanan an t-sùlair.

'N uair chunnaic iad an Lunnain thu,  
 Bha h-uile fear a feòrach,  
 Co as thàinig an lunnaiche,  
 'S am buimealair 's an t-òlach,  
 Ma 's maraich e gur culach e,  
 'S gur leathunn tiugh a *phullet* e,  
 'S tha *watch* urrad ri *turnip*  
 Aig a' lunnaiche 'n a phòcaid.

An ghille bh' aig na doctairean,  
 Gur iomadh poit a sgùr e,  
 Gu 'm b' olc gu *reefadh topsail*,  
 'N uair bu chaise thigeadh cùis e ;  
 'N uair chunnaic an long Spàinteach e,  
 Gu 'm b' àrd a chluinntè ràinich e,  
 Cha saighdear am fear spàirtealach,  
 Cha seas e *guard* no *duty*.

Another poem by Macdonald is in the form of a *sgiobair-eachd*, in which a most amusing description is given of a tempestuous voyage in an ill-found craft, from Lochmaddy, the principal harbour in North Uist, to some other port of the Western Isles. It is printed here along with his other poems, Many of his satires and lampoons, of which there must have been a goodly number, have been lost, but one hears snatches of them now and then in his native Uist. For example, it is still remembered how his horse was pin-folded for straying on to the farm of an ill-tempered old

gentleman at Bernisdale, in Skye. A poet's license, in Skye, did not extend to the appropriation of grazing by a poet's horse—at anyrate, in those days. But “Gille na Ciotraig” lampooned the inhospitable farmer, and thus had his revenge. He gave him the horrible description of being the ugliest man in the sheriffdom, and predicted that there were terrible things in store for him.

Bodach Bhearnasdail a Uinnis ;  
 Duine 's grainnde tha 's an t-Siorrachd ;  
 Bodach Bhearnasdail a Uinnis  
 Ceann Cinnidh gach déistinn.  
 Amhuich fhada corra gridhich,  
 Nì thu fhathast cainb a ruidheadh :  
 Amhuich fhada corra gridhich,  
 Nì na fithich feusd ort !

His satire on the Abigail at Dunvegan Inn was very good, though characterized by breadth of expression. She turned him out of his bed, saying that the Uist packet, by which he was to leave, had arrived, and gave the bard's room to a belated friend of her own. It was a false alarm and she regretted it when he launched forth to the air of Ben Dorain :—

Cha do chuir mi ùigh 's an te sgeòdalaich  
 Ged chuireadh i gùntanan sròil orra  
 Ransaichidh mi thu bho d' aghaidh gu d' chùl  
 O d' mhullach gu ùrlar do bhrògan.

A favourite butt with “Gille na Ciotraig” was a South Uist man whose name was patronimically “Aonghas Mac Callum,” and who went under the nickname of the *famhair*,

meaning literally, the giant, but conveying also the signification of a certain intellectual obtuseness—body without mind. The *famhair* was an old soldier who appears to have seen service in the Duke of Cumberland's army, but apparently the bard had no high opinion of his courage or patriotism. He probably won MacDonal'd's antipathy from his having been in the Government army—that being, of course, the unpopular cause in the Highlands in those days—and “Gille na Ciotaig,” like all other Highland bards, being a Jacobite at heart. He composed two lampoons to this veteran, and one of them is printed here. It contains some very peculiar, perhaps unintelligible words. The other satire on the *famhair* was composed in consequence of that worthy, appearing uninvited, at certain wedding festivities. It is well known in the Western Isles that the penalty consequent on such a breach of good manners was somewhat serious to the offender. When the *famhair's* presence was observed :—

“Thuir Nic Rob ris na gillean  
 Bithibh innich 's an am ;  
 Thainig bodaich 'n ar ceann  
 Nach buin dùim O !  
 Ma 'se famhair a' ghlinn' e  
 Cuiribh filleag gu teann air ;  
 Cha 'n fhuing sinn anntlachd  
 Ni 's mò O !”

The *famhair* is then disposed of according to use and wont, and the poet puts in his mouth the following complaint, as well as a resolution to hide himself from human vision.

“Cha taghail mi baile,  
 Cha taghail mi buaile

'S ann theid mi do 'n uaimh'  
 Am bi smùid O!  
 Cha taobh mi ri duine  
 Leis gach diombrigh a fhuair mi,  
 'S ann rinn iad gu truagh dhìom,  
 Ball-bùrsd O!

'S e tota Mhic Ascuill  
 'Us cleasachd a' cheàird  
 A chuir saighead mo bhàis  
 Air mo ghiùlan  
 Bho 'n thachair an tuiteamas  
 Tubaisteach dhòmhsa,  
 Mo chur ann am ònar  
 Am pùndd O!"

Then a friend and kinsman who was present expresses himself sympathetically thus :—

" Thuirt M'Cellaig 's e 'g osnaich  
 'S leam is bochd mar a tha thu,  
 'S tu chinneadh mo mhàthar  
 O thùs O!  
 Gun bhotal gun ghloine,  
 Gun aran gun chàise,  
 Gun fhuran, gun fhàilte,  
 Gun diù O!"

Then the *famhair* is supposed to conclude his plaint in the following two verses :—

" Bha mi uair dhe mo shaoghal  
 'S cha b'e 'm baoghal tigh'nn ceàrr orn,  
 'N uair dh' éirich mi 'm fàbhar  
 A' Phrionns' O!

Gu foghainnteach sgairteal,  
 Lan tapachd 'us eruadail;  
 A Mhuire! bu ghnuadha  
 Mo shùil O!

Thuirte Aonghas Mac Calum  
 Bheir mi ceannach gu 'r miann duibh,  
 Ma cheileas sibh diamhair  
 A' chùis O!  
 Cha téid mi ri m' mhaireann,  
 Gu banais gun iarraidh,  
 Gun cuirear mi sìos  
 Anns an ùir O!"

“Gille na Ciotaig’s” humour is generally, though not always, at its best. An exception is “Oran-an fhamhair” which abounds in scurrilous vituperation rather than in those sportive sallies which characterize the happiest of his efforts. “Marbhrann do Iain Ruadh Piobair,” and its companion song the “Aiseirigh” are masterpieces of wit. The measured movement; the dignity of expression; the mournful sentiment of the “Marbhrann,” with an under current of fun running through, arising from the consciousness that the rumour of the piper’s death was untrue; all this, followed by the brisk measure and lively strains of the “Aiseirigh” are extremely clever and amusing. It is said that *Iain Ruadh*, the hero of both poems, was well pleased with the joke, and paid the bard a sum of money for them.

## ORAN DO LOCHIALL.

*Air fonn.*—Tweedside.

O THAINIG mi dhùthaich Lochiall,  
 Cha robh iad rium spiocach, no bochd.  
 Fhuair mi uil' iad 'nan comunn gun ghiomh,  
 Làn fial'achd, gun chrìne, gun sprochd,  
 Muinntir ghasda dha 'n dùthchas deagh ainm,  
 Buidheann shealbhach fudh 'n airm air gach cnoc,  
 Bha sud ann an dùthchas duibh riamh,  
 'S mòr cliùiteach am bliadhn' ar ceann stoc.

'Dhòmhnuill òig, o na fhuair thu do chòir,  
 Lean am biùthas bu nòs, 'us cha 'n olc,  
 Bi gu furanach, farasda, fòil,  
 Ris na daoine nach deònaich do lochd,  
 Nì éirigh gu d' chuideachadh suas,  
 'Nam faiceadh iad tuasaid teachd ort,  
 Rachadh ullamh gu rusgadh nan lann,  
 'S iad 'chaisgeadh an nàmhaid le toirt.

'S tu 'n gasan, tha eireachdail àrd,  
 'S tu macant' gun àrdan, gun mhoit,  
 'S tu 'n curaidh gun ghaise, gun fhiamh,  
 'S tu 'n gallan dh' fhàs sgiamhach le toirt,

Gu deas dìreach o d' mhullach gu d' bhonn,  
 'S deagh spiorad neo throm ann a' d' chorp,  
 Aghaidh shoilleir tha seirc ann do ghnùis,  
 Sùil smiorail an diunlaoich fo d' roisg.

Aghaidh shuilibhear a's taitniche snuadh,  
 Aghaidh fhathail, neo-ghruamach nach tais,  
 Aghaidh smachdail am bheil buirb', agus cruas,  
 Mu nithear do ghluasad gu brais ;  
 'Tha thu sìobhalt', lan iochd, agus truais,  
 'Tha thu measail air sluagh anns gach staid,  
 Sàr cheannard nan gaisgeach bheir buaidh,  
 'Thog thu suas iad gu cruadal gle mhoch.

Sàr cheannard 's ann duit-sa bu dual,  
 Bhì gu fuasgailteach, cruadalach, glic,  
 Fhir a ghineadh, 'sa bhuaineadh o'n dream,  
 Fhuair urram 's na streupan gu tric,  
 Buidheann fhuilteach nach géilleadh san strì,  
 Buidheann chunnbhalach, innleachdach, chlis,  
 Buidheann aigeantach, lùthmhor gun fhoill,  
 Buidheann uabh'rach le sgoinn a ghléidh meas.

Cha 'n e fochan an fhòlaich an sonn,  
 Ach an t' abhall dh' fhàs trom anns an lios,  
 Dh' aindeoin doinionnan faoillich, na màirt,  
 Cha chrion i, cha searg, 'us cha bhris ;  
 'S ann a bhitheas i fo dhuilleach a ghnàth,  
 'S i cinntinn gu h-àrd le mòr theas,



Fo a sgàile bithidh fasga, 'us blàs,  
Aig gach géig, bhitheas ag àrach deagh mheas.

Cha chraobh mhosgain, no chrionaich a th'ann,  
Ach an cuileann 's gach am a bhitheas gorm,  
Cha ghais sneachda, no gliobhaid an crann,  
No flichne, no geamhradh, no stoirm,  
Slat dhe 'n fhion fhuil dha 'n dligheach bhi ann,  
'S a thàinig gun ghanntar le foirm,  
Cha bhi Camronaich tuille gun cheann,  
'S ann a philleas an campar gu toirm.

Cha 'n ioghna leam idir an uail,  
Déigh 's na fhuair iad de chruas, a's de chlaoidh,  
Ri iargan nan gaisgeach bha uath,  
B' fhearr alla, 'us luadh anns an t-saoghal,  
'N uair bha iad air fògradh, 's air chall,  
'S an cuid fearainn san am sin 'gan dìth,  
Gus an tàinig reachd rioghail an àigh,  
Chur dhachaidh gach àrmunn gu thìr.

'N uair a theid Achnacaraidh air dòigh,  
'S a ni Dòmhnall ann còmhnuidh le sìth,  
Thig cleachdan a shinsireachd beò,  
'S freag'raidh creagan na mòintich do 'n phìob ;  
Bithidh toil-inntinn aig d' uaislean, 'us spòrs,  
Theid mi-ghean air fògradh, 'us sgìos,  
Bithidh fùdar ga losgadh gu leòir,  
'S daimh chròic air an leònadh 'san fhrìth.

Gu meal thu nis d' fhearann, a's d' inbhe,  
 Gach urram, gach briogh, a's gach àgh,  
 'S do phòsadh ri maighdean dheas ghrinn  
 Dha 'm bi' maise le aoidh, 'us le gràdh,  
 Dha 'm bi' gliocas le fiosrach, 's le céill,  
 Dha 'm bi' càirdean bhitheas treun an deagh ainm,  
 Dha 'm bi' urram gach subhailc, 'us beus,  
 Dha 'm bi' fòghlum le ceutaidh gun mheang.

Leat a dh' éireas do chinnidh nach gann,  
 Gach meanglan gu ceannsgalach cruaidh,  
 'N uair a thogar do bhratach ri crann,  
 Chithear darach san am ga chuir suas,  
 Bithidh gach treun-fhear, 's gach fuiribi gun mheang,  
 Gu tartrach, neo-fhann, dol 'nan gluas'd,  
 Neal frioghail ro ghuineach na 'n deann,  
 Grad tharruing nan lann as an truail.

Thig Gleann-aibheais a stuirt, as a ceò,  
 Thig Calldaird gu stròiceach le fhuirt,  
 Thig an teaghlach dha 'm buineadh an t-Sron,  
 Ni iad reubadh, 'us leònadh air chuirp,  
 Leiter-fhiunnlaidh, 's Loch-airceag gu dian,  
 Gleann-laoigh nach 'eil fiamhach 'san troid,  
 Thig Ceann-loch leat, Lòchaidh, 's Lochiall,  
 'S thig o Shuaineard gun giomh thugad cus.

'S ioma caraid tha agad mu 'n cuairt,  
 A deas, 'us a tuath, thig gu d' fheachd,

'S leat na Caimbeulaich cinnteach gu leòir,  
 Tha do cheangal ri 'n cleith, 's bithidh iad leat,  
 Loch nan Eala dhuit dileas gu leòir,  
 Teaghlach faramach, cròdha, 'm bheil neart,  
 'S am Barrabreac cha diobair thu beò,  
 Bithidh e seasmhach an còmhnuidh le neart.

Bha Clann Dòmhnuille co-aontach dhuit riamh,  
 'S ann a' d' chomunn a dh' iarradh iad stad :  
 'S gach làraich 'n am tagraidh, no stri,  
 Bhiodh an claidhe gu dileas cuir leat,  
 'S gach aon tha de Stiubhartaich beò,  
 Bithidh iadsan gu deònach 'n a' d' thaic,  
 Cha 'n 'eil finneadh feadh Alba 'm bheil buaidh  
 Nach 'eil Camaronaich fuaight' riu gu beachd,

Tha do chàirdeas ri iomadach dream,  
 Nach eòl domh 'san am thoirt a steach,  
 Ged bu mhiann leam do leantainn 'san rann,  
 Tha m' fhiosracha gann air do neart,  
 Le sin ni mi t' fhàgail san am,  
 Ann an urram, an gràdh, 'us am meas,  
 Le guidhe deagh chliù, agus slàint',  
 Bhi 'ga' d' leantainn mar chàirdean am feasd.



## MARBHRANN DO IAIN RUADH PIOBAIR.

FHUAIR mi sgeula bho 'n ghobha,  
 Cha 'n aobhar meoghail ach gruaim ;  
 E fein fo mhì-ghean 's fo thrioblaid  
 Ri iarrunn cist' do dh' Iain Ruadh :  
 Saoir a' locradh 's a' sàbhadh,  
 'S a' chulaidh bhàis 'g a cur suas,  
 Sàmhach cadal na curra,  
 Cha chluinnear tuilleadh a fuaim.

Chaidh na maidean a òrdugh  
 Cha 'n aithne dhomhs' an cur suas,  
 Tha 'n gaothair air stopadh,  
 Tha 'n dà dhos 'n an trom shuain,  
 Chaill an seannsair a chlaisteachd ;  
 Tha 'n gleus air a ghrad leigeil suas,  
 Bho 'n tric a thainig ceol taitneach,  
 Rogha caismeachd mo chluais.

Ceol bu bhlaids' 'us bu bhinne,  
 Dhùisgeadh Spiorad do 'n t-sluagh :  
 Ceol bu tartaraich' siubhal,  
 Thionndadh tioma gu cruas :  
 Ceol mar smeorach a' ghlinne ;  
 Ceol a's binne na cuach ;

Meoir gun bhraise gun ghiorradh,  
Dionach, ruith-leumnach, luath.

Bu sgiolta sealladh do sheannsair  
Air port 's air crunn-luath 's air cuairt,  
Pronnadh cnaparra, lùghmhor,  
Caismeachd shùntach 's an ruaig ;  
Dheanadh gaisgeach de 'n sgliùraich,  
Chuireadh diùnlach 'n a luaths ;  
Claidhmhnean glasa 'g an rùsgadh ;  
Claignean bruit' aig luchd fuath.

O 'n dh' fhalbh an companach sàr mhaith,  
Dh' fhalbh an ràbhart 's an spòrs,  
Dh' fhalbh beannachd na cloinne,  
'S e sheinneadh an ceòl ;  
Nis o rinneadh do chàradh,  
An ciste chlàraich nam bòrd,  
'S mor is misd iad am Phàro  
Gun fhear do ghnàis a' bhi beò.

Dh' fhalbh an deagh ghille cuideachd,  
Nach robh sgrubail 's an òsd :  
Dh' fhalbh fear tràghadh nan searrag,  
Chosgadh barrachd air stòp :  
Dh' fhalbh fear deanamh nan duanag,  
Leis an luaighte' gach clò ;  
Cha b' e ghnàs a' bhi gearan,  
Ge iomadh glòin thug dha pòg.

'S beag mo shùnnt ri la féile ;  
 'S beag mo spéis dheth gach ceòl ;  
 'S beag mo thlachd a' bhì 'g éisdeachd,  
 Gaoir theud fir nan cròc\* :  
 Leam a b' annsa do bhruidheann,  
 An am suidhe mu 'n bhòrd,  
 Na droch dhreochdan air fìdhill,  
 Mar fhuaim snidh ann a' lòn.

Bha thu d' dhannsair air ùrlar ;  
 Bha thu siùbhlach air snàmh ;  
 Bha thu d' charaiche lùghmhor,  
 Cha bhiodh tu d' lùirich fo chàch  
 Urram leum agus ruithe,  
 Glac threun a ruitheadh an ràmh,  
 'S an am caithe' na cloiche  
 Bu leat an toiseach air càch.

'S iomadh aon tha 'g a' d' ionndrain  
 O'n chaidh ùir ort 's an uaigh ;  
 An toiseach labhair an spliùcan  
 Bhiodh tu giùlan gach uair,  
 "Tha mi fein gun tombaca  
 Cha b' e sud cleachdadh a fhuair  
 'S tric chuir Iain fo m' achlais  
 Greim 'us cairteal 'us cuach."

---

\* *Fear nan cròc* was a nickname applied to a blind fiddler of the name of Donald Macaulay, *Domhal Ruadh Dall*, owing to his long, luxurious locks resembling, it was said, the antlers of a deer.

Thuir a ghloine bha 'n Asdain  
 “ Mo sgeul chraiteach ro chruaidh ;  
 Dh' fhalbh mo shùgradh 's mo mhàran  
 Thug am bàs leis Iain Ruadh  
 Fear a chluicheadh a' chlàrsach,  
 Dheanadh dàn agus duan  
 Cha b' e Caluinn a' chrampaidh  
 Fonn a b' fhearr leis 'g a luaidh.”

Thuir am pige bha làmh ris  
 “ Faigh an t-àrca gu luath  
 Cuir am chlaigeann-sa spàirt e,  
 Tha tart 's gach àite mu 'n cuairt :  
 Thainig con-traigh na plàighe,  
 Tha nithe gnàthaichte bhuainn,  
 Cha bhi reothart gu bràth ann,  
 'S ann a thràigheas an cuan,”

Thuir am buideal 's am botal  
 Thuir an goc ris an stòp  
 Thuir an copan 's an t-slige  
 “ 'S mor an sgrios th' air tigh'n òirnn  
 Tha gach sruth air a dhunadh  
 Bha cur a dh' ionnsuidh nan lòn,  
 Cha 'n fhaighear drap air an ùrlar  
 A fhliuchas brù Dhòmhuill òig.”

Thoir mo shoiridh-sa thairis  
 Dh' ionnsuidh 'n fhearann ud thall ;

O nach faod mi bhí ma'ruibh,  
 'S leibh mo bheannachd 's an am :  
 Biodh an uaigh air a treachaid  
 Ann a' fasan nach gann,  
 Buideal *rim* aig a chasan,  
 'S rol thombac aig a cheann.

## AISEIRIGH IAIN RUAIDH.

SEISD—Horo gu 'm b' éibhinn leam  
 A chluinntinn gu 'n do dh' éirich thu,  
 'S ann leam is ait an sgeula sin,  
 Gu 'n deach' an t-Eug cho teann ort.

Chuala mi gu 'n d' chailleadh thu  
 'S gu 'n do rinneadh t' fhalaire,  
 'S e cuis mu 'n robh mi gearanach,  
 Do bhean a bhí 'n a bantraich.

Thug iad bho na h-òsdairean  
 Buideal am bun tòrraidh dhuit,  
 Ma bheireas mi gun òl air,  
 'S ann a ni sinn seòrsa bainnse.

O 'n tha 'n giuthas sàibht' agad,  
 'S gu 'n d' rinn an gobha tàirnean dhuit,



'S ann theannas sinn ri bàta  
Theid gu Phàro dh' iarraidh Brànddai.

Cha bhi dad a dh' éis orra  
Gheibh i gach ni dh' fheumas i,  
Ni 'n lion aodach seol meadhoin d' i  
'S gu 'n dean na spéicean crann d' i.

Cha 'n easbhuidh nach bi ballaibh ann,  
Gu cuplaichean 's gu tarraunnean,  
'Tha ròpaichean gun ghainn' againn,  
'S gu 'n ceangail sinn gu teann iad.

Cha 'n 'eil m' inntinn gearanach,  
O'n chuir thu dhiot an galair ud,  
'S ann tha do phiob 'na deannal,  
A' toirt caithream air ceol dannsa.

'N uair bha thu 's an réiseamaid,  
Bu sgairteal tapaidh treubhach thu,  
Na h-uile fear a leumadh ort,  
Ghréidheadh tu gun taing e.

'N uair bha thu 'n a' t' òganach  
Bu lionmhor àit' am b' eòlach thu  
Chunna' mis' an clòsaidean  
Ag òl an \*Amsterdam thu.

---

\* Amsterdam was a name given to the inn at Asduinn, in N. Uist; the reason being that, on one occasion, a vessel from that continental port was wrecked upon the coast, and a quantity of liquor belonging to the ship fell into possession of the innkeeper.

## BANAIS CHIOSTAL-ODHAIR.\*

A' BHANAIS a bha 'n Ciostal Odhar,  
 Ann an Ciostal Odhar, odhar,  
 A' bhanais a bha 'n Ciostal Odhar,  
 Cha robh fothail chòir orra.

Thainig fear a stigh 'g a' m' ghriobadh,  
 Dh' innse' gu 'n d' thainig am pige,  
 Fhuaras botal, lionadh slige,  
 Bu bhinn gliog 'us crònan.

Thainig fear a nuas le mì-mhodh  
 Gus e fein a chur an ìre  
 Thoisich e air bleith nan ìongnan,  
 Gu mì fein a sgròbadh.

Ach labhair mise gu fiadhaich,  
 "Ma 's e mi-stàth tha thu 'g iarraidh,  
 Gur dòcha gu 'n cuir mi 'n fhiacail,  
 Air iochdar do sgòrnain!"

Smaointich mi éirigh 'nam sheasamh,  
 O 'n bu ghnàth leam a bhi 'g eadradh,

---

\* *Ciostal*, the name of a place in Skye, the scene of the riotous wedding festivities here immortalized.

Olc no dh' éiginn fhuair mi 'leagail,  
 'S bhuail mi breab 's an tòin air !

'N uair a chaidh na fir gu riasladh,  
 Gu 'n robh ceathrar dhiu 's a' ghriosaich ;  
 'M fear bu laige bha e 'n iochdar,  
 'S thug iad mirean beò as.

'N uair a thòisich iad ri buillean,  
 Cha robh mi fein a' cur cuir dhìom,  
 Gus 'n do mhùigh iad air mo mhuinneal,  
 'S air duilleag mo shròine.

A sin 'n uair dh' eirich an trioblaid,  
 'Thainig iad far an robh mise,  
 'Thog iad mi mach thun na sitig,  
 'Theap gu 'n ithte' beò mi.

'Thug iad a mach thun nan raointean,  
 Mar gu 'n rachadh cù ri caoirich,  
 'S am fear nach do sgròb iad aodann,  
 Bha aodach 'na shròicean.

'N uair thòisich iad air a chéile,  
 Sradadh na fol' anns na speuran ;  
 Bha mis' an aite 'g an éisdeachd,  
 'S gu 'm b' éibhinn an spòrs iad.

Bhuail iad air a chéile chnagadh,  
 Leag iad air a chéile shadadh,

Shin iad air aithris na braide,  
 'S air cagnadh nan òrdag.

Fear ri caoineadh, fear ri aighear,  
 Fear 'n a sheasamh, fear 'n a luidhe,  
 Fear a' pògadh bean an taighe,  
 Fear a' gabhail òrain !

Cha robh ann ach beagan dibhe,  
 Leig iad a dh' ionnsuidh an cridhe,  
 Bha fear 'us fear aca rithist,  
 Gun bhruidhinn gun chòmhradh.

Sin 'n uair a labhair am fìdhleir  
 Chuir sibh mo phuirt feadh na fìdhle  
 'S mise 'm fear gu 'n tig an dilinn,  
 Nach toir sgrìob air ceòl duibh.

### SGIOBAIREACHD.

A' falbh a Loch-na-mada dhuinn  
 Le sgrìob do ghaoith an Iar,  
 A' togail a cuid aodaich ri'  
 Cha 'n fhacas aogas riamh :  
 Bu lionmhoire dhuit sracadh ann,  
 Na cunntas shlat an cliabh,  
 'S thoir leam fein gu 'm b' amadan,  
 Thug anam innte sìos.

Sgiobair làidir aineolach  
 Ro bharaileach mu ghnìomh,  
 Gu 'm b' ole gu cunntas fearainn i \*  
 'S i an-sheasgair 'na ghnìomh :  
 Da thota 's dh' ith na giùrain iad,  
 Na cruinn air an cul sìos,  
 B' e cuid de 'n fhasan ùr,  
 An cur an taobh nach robh iad riamh.

B' e sud na crainn 's bu neònach iad  
 Gun dad ach seòrsa ràmh,  
 Gun dad a snaidheadh orr'  
 Ach an liadh thoirt dhiubh le tàl :  
 Spreod de bhun slait-iasgaich,  
 Mar a thogas fiannuis chàich ;  
 'S gur iomadh uair a shìola'mid  
 Mur bhitheadh Dia nan gràs !

Na cuplaichean † 's gun sùghadh annt'  
 'S an stagh 's a dhùil ri falbh,  
 Na crainn a bagairt-lùbadh  
 'N uair a thigeadh tùirling gharbh  
 Deich laimhrigean a chùinnt mi  
 'S mi 'na m' chrùban air a calg ‡

---

\* *Cunntas fearainn.* A phrase applied to the progress of a boat as it skirts along the coast.

† *Cuplaichean.* The shrouds.

‡ *Calg.* Questionable whether this is the proper reading. More probably it should be *balg* which signifies, in some districts, the convexity of a ship.

'S mi greimeachadh le m' iongnan,  
Ann an ait' nach dìreadh sgarbh.

'S e mo run an Dòmhnallach  
Bha comhlath rium 's a' bhàt,  
'N robh spionnadh agus cruadal  
Air a guallainn leis a' ràmh :  
Dol sìos gu Rudha Lìrinis \*  
Gu tit Mhic Raonaill Bhàin  
Bha fear an sin 'na éiginn,  
'S gun air fein ach an aon làmh. †

Bu chruaidh eadar dà Eigneig ‡ i,  
'S a muir ag éirigh searbh,  
'S a ghaoth a bha 's na speuraibh,  
Cuir an céill gu 'n robh i garbh :  
'N uair raing sinn Ruadh' Eubhadh §  
'S a bha h-uile beud air falbh,  
Gu 'n d' fhuair sinn lan na gloine  
Chuireadh anam a fear marbh.

---

\* "Rudha Lìrinis" is a well-known point on the Minch, where crofters used to live, previous to the absorption of those pendicles on the east coast into larger grazings. *Mac Raonaill Bhain* was one of the largest tenants on that part of the sea coast.

† This is, of course, a reference to his own deformity.

‡ "Dà Eigneig." Two rocks, somewhat similar to the Scylla and Charybdis of the ancients, and very dangerous to the smaller boats which had to keep near the shore.

§ "Rudh' Eubhadh," a point opposite the south end of *Beinn Eubhall*, the highest hill in North Uist. There is a harbour there,

Dh' fhalbh sinn agus fras ann  
 Cha bu stad dhuinn 's cha bu tàmh,  
 Gus 'n do rainig sinn an cladach,  
 'S an robh acarsaid an àigh ;  
 Sean teadhair a bh' air capull,  
 Chuir iad orr' i air son càbull ;  
 Fullag airson acair,  
 Cha robh a casan ni b' fhèarr.

#### ORAN FOCHÀID DO 'N DOTAIR LEODACH.

Thugaibh thugaibh òb òb,  
 An Dotair Leòdach 's biodag air,  
 Faicill oirbh an taobh sin thall,  
 Mu 'n toir e 'n ceann a thiota dhibh.

'N uair bha thu a' d' fhleasgach òg  
 Bu mhòrchchuisseach le claidheamh thu,  
 Chaidh Ailean muillear riut a chòmhrag,  
 'S leon e le bloigh speala thu.

---

*Seòlaid Ru' Eubhadh*, where there was a small inn, at one time, for the convenience of callers, and where MacDonalld got the potent and reviving glass of whisky to which he makes such feeling reference. Near *Ru' Eubhadh* Mac Codrum, the bard, lived during a good part of his life, and probably died there, though tradition is not very clear upon the point.

Bha thu 'na' do bhasbair còrr,  
 'S claidheamh mòr an tarruing ort,  
 An saighdear is mios' aig Rìgh Deòrsa  
 Chomhraigeadh e Alasdair.

Gu 'm biodh sud ort air do thaobh  
 Claidheamh caol 's a' ghliocartaich :  
 Cha 'n 'eil falcag thig o'n tràigh,  
 Nach cuir thu bàrr nan itean d' i.

Biodag 's an deach an gath-seirg,  
 An crios seilg an luidealaich :  
 Bha seachd òirlich orra mheirg,  
 'S gur mairg an rachadh bruideadh dh' i.

A bhiodag is miosa 'san tìr  
 'S a bheairt-chinn air chrith orra,  
 Chnàmh a faobhar leis an t-sùith,  
 'S cha ghearr i dh' im na dh' itheadh tu.

Claidheamh agus sgàbard dearg,  
 'S cearbach sud air amadan,  
 'Ghearradh amhaichean nan sgarbh,  
 A dh' fhàgadh marbh gun anail iad.

Cha 'n e deoch bhainne no mhéig  
 'S cinnteach mì rinn ucsa dhiot,  
 Ach biadh bu docha leat na 'n t-im,  
 Giobainean nan gugachan.



'S iomadh farspag rinn thu mharbhadh,  
 'S sùlair garbh a rug thu air,  
 A bhliadhna sin mu 'n deach thu 'n arm,  
 Chuir uibhean sgarbh cìoch-shlugain ort.

'N uair théid thu do 'n chreig gu h-àrd,  
 Cluinnear gàir nan iseanan ;  
 'S ma thig am fulmair a' d' dhàil  
 Sàthaidh tu do bhiodag ann.

'N uair a theid thu 'n chreig tha shuas  
 Fuadaicheadh tu chlisgeadh iad,  
 Le deàrsa do bhutain ruadh,  
 'S do bhucaill chruadh'ch 's a' ghliogartaich.

'N uair a theid thu 's a' chreig-bhàin  
 Cha mhor do stath 's na sgorrachan ;  
 Cha tig an eunlaith a' d' dhàil  
 Le fàileadh do chuid dhrogaichean.

'N uair a theid thu air an ròp,  
 A rìgh ! bu mhor do chudthrom air ;  
 Ma thig an cipean as a' ghrùnnd,  
 Cluinnear *plumb* nuair thuiteas tu.

Bu tu theannaicheadh an t-sreang,  
 Cha bhi i fann mur bris thu i,  
 Direadh 's na h-iseanan a' d' sgéith,  
 'Thoir leam gu 'm feum thu cuideachadh.

Cha mharbh thu urrad ri càch,  
 Ge leathunn làidir mogur thu : -  
 'S t' airm cha dean a bheag a stàth,  
 Mur sgriobar clàr no praisean leo.

### ORAN AN FHAMHAIR.

Horo laddie beag, hòro éile  
 Horo laddie beag, hòro éile  
 Air fàilirinn illirinn hu-horo-éile  
 'S mor m' eagal's mo chùram, bho Tholl-bùth-allt na béisde.

Ach Aonghais Mhic Caluim  
 Ghluais thu salach 'na 'd' ghiùlan,  
 'N uair a shiubhail thu 'm fearann  
 Le damh air son ùmhlaidh,  
 Dheanamh dhomhsa na h-ealldhain,  
 'S rinn na feara do dhiùltadh  
 Bha thu roimhe d' cheol-gàire  
 'S bi 'dh tu 'n tràth s' a' d' chuis bhùrda.

Seann saighdear *mu roddi*  
 An Culfhodair cha b' fhiù thu,  
 Ge bu chosgail no chreuchdan  
 B' olc t' fheum do 'n a Phrionnsa,

Buille 'n corp anns an ar-fhaich  
 Diol ceàirde Mhic Uisdein  
 'S beag a th' agad an trathsa  
 Dhe na thàr thu de dh' ùslaing.

Bha thu 'n saighdearachd shladaidh,  
 Bha 'n gaiseadh 'na 'd' chuimse,  
 Dol an làrach a' bhatail  
 Bha do *chartridge* gun urchair,  
 Bhiodh t' aodann 'na bhrachlaig  
 'S an *captain* 'ga 'd' thiomnadh,  
 'S tric a fhuair thu do shlaiseadh  
 Le cat nan naoidh earball.

'S tu 'leughadh an t-eagall  
 'S tu theicheadh gu sanndach,  
 'S tu nach iarradh do ghreasad  
 Leis a' gheilt 'bha 'na 'd' shùilibh,  
 Cha robh cuimhn' air an leisge  
 Dh' fhalbh an sgeig as do ghlùinibh,  
 Aig anbharr na gealtachd  
 Dh' fhag thu———anns an triùbhsair.

'N uair a thainig thu dhachaigh  
 Cha robh *rapair* a' d' phòca,  
 H' uile peighinn a bh' agad  
 Thug tombac agus òl uait,

. . . . .  
 . . . . .  
 . . . . .  
 . . . . .

'S tu oighr' air Iain Sculair  
 'S tu diudhaidh gach seanchais,  
 'S tu 'n trusdar 'san trùilleach  
 'S tu 'n scùm air gach salchar,  
 'S tu 'm broc an am dusgaidh  
 S tu murlaig na talmhainn,  
 'S tu breunain nam feara  
 Ged nach toil leat mo sheanchas.

'S tu làimheach na mara  
 'S tu glamhach an fhòlaich:  
 'S tu brùideag an daraich  
 Ris an can iad an *òbhar* :  
 'S tu coinn-dias na caoile  
 Anns na raontaichean èòria,  
 Maol coinein a' bhuachair  
 Famhair na mòintich.

'M Blar na h-Eaglaise-brice  
 Ghabh thu 'm briseadh gu spòrsail,  
 Thug thu mach feadh na raona,  
 Choinnich aodhairean bhò thu,  
 Dh' fhaighneachd fear dhe 'n a chuideachd  
 Co e 'n luidealach bòchdain,  
 'S dorn dhe earball air lothadh  
 Ri bruthadh a thòine.

Thug thu seachduinn an tràthsas  
 'G iarraidh bàrd feadh na duthcha,

Gus mis' ithe' 's a chàineadh,  
'S mo smàdadh le d' bhiuthas,  
Bha thu roimhe a' d' làraidh  
Am blar aig a Phrionnsa,  
Cha bhi mi tuilleadh 'ga 'd' àireamh,  
Rinn mi 'n tràths rud beag ùr dhuit.



## ALEXANDER MACDONALD.

(*AN DALL MOR*).

---

A HEBRIDEAN singer, well known in his day, but of very much inferior powers to either of the foregoing, was Alexander MacDonald. He was contemporary with John MacCodrum. He was called the "Dall Muileach," from the fact of his father having resided for a number of years in the island of Mull, where the bard was probably born. His father, however, like a true Highlander—who is beyond all others "faoileag an droch cladaich"—migrated back to Uist, and his posterity are still called the "Muilich," from their ancestor having sojourned in "Muile nam Mòr-bheann" for a time. He was a man of fine presence, a splendid specimen of a stalwart Highlander. He went about always dressed in the garb of Old Gaul, and from his great size, as well as the fact of there being in the same locality another blind man of diminutive stature, he was called the "Dall Mor." He lost his eyesight in early youth in consequence of a virulent attack of smallpox. The "Dall Mor" was a great rhymester, but not many of his effusions have been preserved. Being a man of great powers of memory, and being thus able to repeat the whole of the Shorter Catechism and large portions of the Bible, he was appointed catechist for the parish of North Uist, through which he travelled summer and winter, and it is said did a lot of good by

teaching the youth of his day to learn by heart the Catechism, a number of Psalms, and other portions of holy writ. We are not aware that any of his poems are to the fore, except the three short pieces printed here. The first was composed to Ewen MacDonald, Vallay, not the author of "*Cumha na Coise*, Sir James' friend, but his grandson who lived at Griminish. The second was addressed to Ewen's brother, Major Alexander MacDonald, fourth of Vallay, on the occasion of his return from the south, where he had been in quest of health. The last was to Robert MacDonald Macintyre, Clanranald's piper, and was composed at Nunton, in Benecula, where the chief occasionally resided.

#### ORAN DO EOGHAIN OG BHALLAIDH.

'S toigh leam an Dòmhnullaich sòbar  
Aig am bheil an t-aigne stòlda,  
Bheir gach aon duit urram còiread,  
Eoghain Oig a Bhàllaidh.

'S toigh leam an Dòmhnullach subhach,  
Cruinn-chas a dhìreas am bruthach,  
Le gunna caol a' bhedil chumhainn,  
Bheireadh fuil 's an fhàsach.

'S toig leam an Dòmhnullach dealbhach,  
Cruinn chas a shiùbhladh an garbhlach,  
Nàmhaid na h-eala 's na h-earba,  
'S tric a mharbh thu 'n làn damh.

Tha thu d' dhannsair, tha thu d' fhidhlear,  
 Tha thu foghainnteach deas dìreach,  
 'S tu nach labhradh ach an fhìrinn ;  
 Beul o 'm binn thig mànrán.

Snàmhuiche taobh-gheal na stuaidh thu ;  
 Sealgair an fhéidh air na bruaichean,  
 Cridhe treibh-dhireach gun ghruaman ;  
 Com gun uaill gun àrdan.

Iasgair na linne 's a' chuain thu  
 Bheireadh na bric gu na bruaichean,  
 'S maig a rachadh riut 's an tuasaid  
 'N uair a ghluaiste t' àrdan.

'S càirdeach thu do Chaisteal Tìoram\*  
 'S do Mhùideartach† mòr a' Ghlinne,  
 Am Blàr Léine 'rinn a' milleadh  
 Le chuid ghillean làidir.

'S càirdeach thu 'Dhuntuilm‡ nam baideal  
 Anns an tùr am biodh na gaisgich,  
 Buidheann nan seòl 's nan sròl daithte  
 'Rachadh grad 's na blàraibh.

\* The principal residence of the Clanranald Chiefs.

† The famous John Moydartach who defeated the Frasers at  
 Kinloch Lochy.

‡ The residence of the Sleat family before Armadale.



ORAN DO ALASDAIR DOMHNULLACH FEAR  
BHALLAIDH.

Do bheatha dhachaigh o'n chuan sgìth,  
Fhir Bhàllaidh nan lann lìomhaidh geur ;  
Nan lann sgaiteach, claiseach, cruaidh ;  
Seobhag na h-uaisl' is mor spéis.

Mo cheisd air ceannard an t-sluaigh,  
Anns an ruaig a b' eutrom ceum,  
'S leòmhann guineach thu 'n robh spìd,  
Am beul firinneach gun bhréig.

'S iomadh bantrach air a glùin,  
A ghuidh 'na h-ùrnuigh dhuit deadh-sgeul,  
Agus dilleachdan gun treòir,  
Leis 'm bu deònach dhol fo d' sgéith.

Rinn na beannachdan thu slàn,  
Le toil 's le fàbhar Mhic Dhé,  
Ghairm na seobhaig anns a' chòs,  
Théid am fasgadh oirnn gu léir.

Do bheatha dhachaigh o'n chuan sgìth,  
Fhir Bhàllaidh nan lann lìomhaidh geur ;  
Nan lann sgaiteach, claiseach, cruaidh ;  
Seobhag na h-uaisl' is mor spéis.

## O R A N

DO

ROB DOMHNULLACH MAC-AN-T-SAOIR,  
 PIOBAIRE MHC-IC-AILEIN.

Oidhche dhomh 's mi ann am chadal,  
 Chuala mi sgal pioba mòire,  
 Dh' eirich mi ealamh a' m' sheasamh,  
 Dh' aithnich mi 'm fleasgach a bhual i.

Bha da leomhain orr' a' beadradh  
 Claidheamh 'us sleagh air an cruachain,  
 Bha fear dhiubh o'n Chaisteal Thioram  
 Grunn de na dh' imich mu 'n cuairt d' a.

Mac a Mhor-fhear a Duntuilm,  
 Gu 'n d' labhair suilbhearra suaire,  
 Druidibh ri 'cheile 'Chlann Dòmhnuille,  
 Leanaibh a chòir mar bu dual duibh.

Rob Mac Dhòmhnuille Bhàin a Raineach,  
 Boineid is breacan an cuaich air :  
 Bha sùil leomhain 's i 'na aodan,  
 Coltas caonnaig 'dol 'san ruaig air

Chluich e “corr-bheinn” air a’ mhaighdinn  
 (Ceol a’s caoimhneil’ chaidh ri m’ chluasan).  
 Nach iarr biadh, no deoch, no éideadh,  
 Ach aon léine chur mu ’n cuairt dhi.

Chluich e air maighdinn Chlann Raoghnuiil,  
 Rob a leannan gràidh ’g a’ pògadh,  
 Meal do mheodhair, meal do mheòirean ;  
 Meal do chuimhne ’s do glòir shìobhalt’.

Meal do phiob-mhor, ’s meal do Ghàilig ;  
 Do mhaighistir dh’fhàg an rìoghachd.  
 Iain Muideartach mòr nam bratach ;  
 Raoghnall a mhac thogas ìre.

’S coma leam co ghabhas anntlachd,  
 ’S e Rob maighstir gach piobair’,  
 Bha ’n urram greis an siol Leòid ac’ ;  
 ’N uair ’bha ’n òinseach aig na daoine’ ud.

Bha i ’n sin aig Clann Mhic Artuir  
 Piobair sgairteach na caonnaig,  
 Tha i ’nis ’s a’ Chaisteal-Thioram,  
 ’S ait leis an fhinne so ’faotainn.

Fhad ’s a dh’ fhanas Rob ’na bheò-shlaint’  
 Gleidhidh Clann Dòmhnuiil an Fhraoich i.  
 Oidhche dhomh ’s mi ann am chadal, &c.

## DONALD MACLEAN.

---

A BARD of local celebrity in his day and who possessed a large fund of humour was Donald Maclean, or as he was known among his compeers, “Dòmhnall Mac Eóghain,” or from the name of the croft he occupied, “Dòmhnall Bàn na Camairt.” He was born at Griminish in North Uist, during the last quarter of last century and obtained the elements of an English education in the parish school. He could speak English well—an uncommon accomplishment for a Highland peasant in those days, but accounted for in his case by his having been sent as a youth to learn the cooper trade in Greenock, a lucrative occupation in the palmy days of sugar refining. Donald, however, did not long continue to work at the coopering. He pined to exchange the bustling energy of Sugaropolis for the more leisurely life of his beloved island, “far amid the melancholy main,” where time need not be measured by the clock, but by those chronometers of nature’s provision which the old Highlander preferred to artificial aids “*Mo shùil, mo bhrù, ’s an coileach.*”<sup>\*</sup> Indeed, in those days, the means of intercourse between remote Highland districts and the south were so inexpeditious and rare, that the journey from Uist to Greenock was far more formidable than that to America

---

\* My eye, my stomach, and the cock.

in our day, and the Lowlands were generally regarded as terribly far away. This intensified the Scottish Highlander's affection for his native strath, or glen, or moorland, and the attachment was in direct ratio to the remoteness and barrenness of the natal soil. Only by bearing this in mind can we understand the strong desire expressed by a native of *Mòinteach an Iochdair* in South Uist when home-sick and far away from his native bog:—

'Na faighinn mo leud ann a Mòinteach an Iochdair  
'S cuideachadh sìol buntàta!

This of course would be the acme of bliss.

Donald Maclean left Greenock for North Uist, and took up his residence on the croft of Camairt,\* where he reared a large family of sons and daughters. To his crofting avocations he added the employment of gamekeeper and kelp officer, and latterly of auctioneer. His wife was a Roman Catholic, and a daughter of "Fear an Dun-Ghaineachaidh," in Benbecula, but notwithstanding the difference of faith, they lived happily together. They first met under circumstances illustrative of how times have changed. Before the days of the prevention of cruelty to animals, it was the custom to have a cock-fighting, "Cath Choileach," in connection with every school, about the Candlemas season. The boys scoured the country in search of the conquering rooster, and the possessor of the victorious bird was king for the nonce. It was on one of these barn-door excursions that Donald first saw his wife. In after years he came back

---

\* From Cam Aird—the crooked headland or point.

and married her ; and, as her voice finds utterance in one of her husband's songs, and she is referred to in another, it is desirable that she should be mentioned here. Humour, which is sometimes fantastic, characterizes "Oran na Camairt," but it is apt and clever, and the language is pure and idiomatic. It was composed in dispraise of "Camairt," and the difficulties which its sterility and unproductiveness presented in the support of a large family, are graphically told. In the very first verse he breathes an imprecation on the land whose nakedness he exposes, and he refers to periodical expeditions in search of the necessaries of life. His journey to Paible to purchase meal ; the niggardliness of the Macaulay from whom it was bought ; the indifferent quality of the meal, and the gigantic size of the mites in which it abounded ; Donald's altercation with the old wife, and, finally, their mutual pledging of one another in *mogan*, and the discovery of third cousinship under its mellowing influence, are all told. It is sung to the same melody as Mac Codrum's "Oran a Bhonn-a-sia."

In his song to "Iain Ruadh Bhàllagui" Donald still complains of the Camairt but hopes for better times. His senior in estate management might drop off and Donald would succeed him in office. But the proverb about dead men's shoes proved true here also. Maclean Bhàllagui was a man of education and intelligence, and had a good deal to do with the management of the North Uist estate. His subordinate, our bard, a namesake and distant relative, presuming on the other's good nature, exercised his wit sometimes at the worthy man's expense. How he expected

the demise of the man who stood in the way of his promotion, how he feared that even death could not prevent such a worldly man from visiting the glimpses of the moon, and disturbing Donald in the enjoyment of his newly acquired possessions and position—all this with the anticipation of coming disappointment—the necessity of scattering the family among the friends, and of sending his wife to the Pope, where she would add no more to the population, comes out in the song. Donald was not always, however, in the humour to run down Camairt. Once in a way, when his wife seems to have been discontented with the change from the fine fertile fields of her native “Dun-Gaineachaidh” to the rugged lands about Lochmaddy, he assumes the *role* of admirer of the Camairt and in a metrical dialogue they support opposite sides of the question. The bard gives himself the last word in the controversy—not a universal experience in matrimonial arguments—but apart from that it may be questioned whether he acts the part of apologist for Camairt with the same zest and success as he plays the part of critic in other efforts. Doubtless in the last case his task was more difficult.

#### ORAN DO 'N CHAMAIRT.

MILE molachd do 'Chamairt  
 Seach aon fhearann an Alba!  
 'S ann a dh' fhàg i mi dìreach,  
 'Na mo shìneadh an ainmheach.

Ged a dheanainn a churachd,  
 Cha 'n fhàs ach buinteag 'us sealbhag ;  
 'S bi mo bhàrr air an t-Samhuinn  
 Air uiread caillich a dh' arbhar.\*

*Chorus*—Haoi-o-haoiri, horo-hall,  
 Haoi-o-haoiri, horo-hall,  
 Haoi-o-haoiri, horo-hall,  
 'S mairg a tha'chair 's an àite,  
 Far nach àraichear clann.

Tigh'nn as aonais na mine,  
 Cha 'n fhaod gillean bhi meamnach ;  
 Ann a' freasdal bhuntàta,  
 'S gun 's a' bhlàr dheth ach meanbhlach :  
 Ged a rachainn do 'n tràigh dhoibh,  
 Ni na bàrnich am marbhadh ;  
 'S a dhol 'g am ghearain ri Bàilidh,  
 Gur beag stàth tha 'n a' m' sheanchas.

Haoi-o, &c.

Tha mo cheann-sa air liathadh  
 'S gur e 'm biadh a dh' fhàg ann e ;  
 'S iomadh taigh 'n dean mi, "Dia so !"  
 Dol 'ga' iarraidh 's an t-Samhradh ;  
 'N uair a leumas an t-Samhuinn,  
 A falbh gu baile Chlann-Aulaidh ;

---

\* The harvest maiden.



Iad dhomhsa ruladh a bharraich,  
 'S iad féin ag àrach air cabhraich !

Sud na fir a bhios moiteal  
 Ni iad fortan am bliadhna ;  
 Ma 's e eòrna no coirce  
 Gheibh iad ochd sgillinn deug air :  
 Bi na bodaich ri mogan,\*  
 'S cha bhì sogan 'ga dheanamh ;  
 'S far an càirear am pige,  
 Cha tig driog as le fialachd.

Turus thug mi do Pheabuill,  
 Gu h-airtneulach cearbach,  
 Dol a dh' iarraidh na ceannachd,  
 Ann a meadhoin na h-aimsreach ;  
 Poc' a dh' fhianagan lachdunn !  
 Mi féin a's m' each air ar marbhadh,  
 Mi gan iomain le bata,  
 Chuid nach fanadh 's a' bhalg dhiubh.

Mìle molachd do Ruairi,  
 'S gu 'm a buan sud mu 'shealbhan ;  
 Ged a gheibhte' rud uaithe,  
 Rìgh ! bu chruaidh e mu bhargan :

---

\* *Mogan* was the name that the Outer Hebrideans had for home distilled spirits. This illicit trade was largely carried on a hundred years ago.

Boineid ghlas air a fiaradh,  
 Air de cheud bhadhar Fhearchair,  
 'S gu 'm bi 'n cùineadh 'g a fhaighneachd,  
 Air neo *line* Ailein Chamshroin.†

'N am bhi tomhas bhuntàta,  
 Mu 'n robh làn anns a' chliabh dheth,  
 'S ann a labhair a' chailleach,  
 Aig an teine gu fiadhaich,  
 "Tha thu nis air fàs gòrach,  
 'N uair bu chòir dhuit bhi crionna,  
 'Toirt do chodach do Dhòmhnall,  
 'S e cheart cho seòlta ri Iamhar."

"Eisd a bhorrasach shalach,  
 'S maith a b' aithne dhomb riamh thu,  
 C' uim' nach fanadh tu sàmhach,  
 'S gu 'n do phàigh mi 'na' dh' iarr mi?  
 Ach chuir an donas glas làmh ort,  
 Mar bhios meairleach an iarrunn;  
 'S ged a tha thu 'shiol Adhamh,  
 'Tha thu grànnd air do dheanamh."

"Cum fo riaghailt do theanga  
 'S gheibh thu barrachd 's a dh' iarr thu ;"  
 Fhuair i botal 'us gloine,  
 'S bha i ealamh 'g an iarraidh :

---

† This was Lord MacDonald's factor for North Uist. He lived in his latter days in Mull.

Dh' òl i sud air mo shlàinte,  
 Lom-làn gus an iochdar,  
 'S nuair a shloinneadh an cairdeas,  
 B' i féin 's mo mhathair an t-iar-ogh'!

ORAN DO IAIN RUADH BHALEGUI.

'S MAIRG a thachair anns an àite  
 Far nach fas an t-eòrna :  
 Gearradh feamain gu buntàta  
 Dh' fhàisginn roimh mo mheòirean :  
 'G obair daonnan leis a' chliabh,  
 A feuch am beathaichinn an triall,\*  
 'S le fianuis chàich ge b' oil le m' bhian,  
 Cha chuir mi siol am feòirling.†

Ach tha mi 'n dùil 'nuair thig am Bàilidh  
 Gur e fàbhar dhòmhs' e ;  
 'N uair gheibh Iain Ruadh Mac Eachain bàs,  
 Bì Bhalegui fo m' spògan ;  
 'S leam an Ruchdì, 's leam a Phàirce,  
 'S leam a machair mar a tha e ;

---

\* Triall, prov. for an array or troop—a humorous allusion to his large family.

† A minute portion of land—farthing lands—a relic of Scandinavian times.

'S leam a h-uile dad a dh' fhàg e,  
'S geàrrachan Ath-leodair.

Gur e mise bhios gu h-uallach,  
Le mo chruachan mòra,  
H-uile a h-aon a thig mu 'n cuairt,  
“ Bhuainn e, Bhuainn e, Dhomhnuill !”  
Cha bhi punndadh cha bhi fangadh ;  
Cha bhi sion air bith de aimhreit :  
H-uile duine riamh an Sannda,  
Tigh'nn a-nall 'ga' m' chòmhradh

Ach fear tha riutsa cho gàbhadh  
Cha chum bàs fo 'n fhòd e,  
Ged a thiodhlaicinn thu màireach,  
Dh' fheumainn geard an còmhnuidh :  
Thigeadh tu thugam 's a' spàgail,  
Le d' chùl buidhe mar a b' àbhaist,  
'S chuireadh tu mise 's mo phàisdean,  
Mach air èarr a' Chrògair.

Ach na faighinn gillean tapaidh  
'N am bhi pasgadh t'òrdag,  
Cheangladh do làmhan 's do chasan,  
Le buill ghasda chòcraich ;  
Chum 's gu 'n aithnichinn thu 'n am éirigh,  
A' tigh'nn a nuas Lon a' Chléirich,  
Mar gu 'm biodh each 'us di-leum air,  
'S theichinn féin do 'n mhòintich.

Sguiridh mi nis dhe mo ràbhard,  
 Cha 'n 'eil stàth 'na' m' stòiri,  
 Roinnidh mi chlann air na càirdean  
 Bho nach fàs am pòr dhoibh ;  
 Cuiridh mi bhean thun a Phàpa,  
 Far nach beir i tuilleadh gràisge,  
 'S gabhaidh mi féin le mo mhàthair,  
 Bho 'n 's i dh' àraich òg mi.

## ORAN EILE MU 'N CHAMAIRT.

### ESAN.

A! CHAMAIRT bhòidheach 's am bheil mo chòmhnuidh,  
 Gu duilleach, neòineanach, anns gach gleann,  
 Air son do bhòid'head cha bharrachd bòsd domh,  
 Teisteanas mòr a chuir ort do 'n Fhraing :  
 Ma 's fear bhios beò mi cha bhì mi dòlum,  
 Coirce 's eòrna cha bhì orm gann,  
 'S bì cuach 'us smeòrach a deanamh ceòl domh,  
 'S mi treabhadh mòintich le m' each 's le m' chrann.

### ISE.

Ciod am fàth dhuit a bhì 'ga ràitinn,  
 'Us fios aig càch nach e sin a th' ann,

Ach àite grànnda nach cinnich bàrr ann  
 'S nach faigh na pàisdean a null no nall :  
 Do chrodh a' rànaich 's gun sguap 's an àthaidh,  
 'Us iad ag àrach an rud tha gann,  
 'S mar faigh a *Bhlàrag* e ann a' Bhàllaidh,  
 Gun fugh an t-snàitheann a théid na ceann.

## ESAN.

Tha mnathan neònach, 'us thusa t' òinsich,  
 Tha mòran neònachais ann a' d' cheann,  
 Tha muir 'us mòinteach gu maith 'ga 'd' chòmhnadh,  
 Tha aobhar sòlais dhuit tachairt ann.  
 Tha sòbhrach chùbhradh 'us Lili dhù-ghorm,  
 A' fàs gu dlùth air a' chreig ud thall :  
 'S cha 'n 'eil 's an dùthaich is fearr an cùmhradh  
 Ged ghabh thu 'm bùireadh sin ann a' d' cheann.

## ISE.

'S iomadh caochladh a thig air daoine,  
 'S tha mise smaointeachadh air 's an am ;  
 A' moladh aonaich nach fhiach an t-saothair,  
 'S gun neach 's an t-saoghal a dh' fhanadh ann,  
 Le slocan rògach, 's le grobain chòintich,  
 Cha 'n fhalbh mi còmhnard gun bhat a' m' laimh :  
 'S gu 'm b' fherr leam seoladh gu Pàp' na Ròimhe,  
 'N a' fuireach còmhlath riut anns an am.

## ESAN.

Ma ghabh thu 'n t-àrdan 's nach fan thu làmh rinn,  
 Bì falbh a màireach 'us gheibh thu taing,  
 'Us ruig am Pàpa sin tha thu 'g ràdh,  
 'S a dh' aindeoin cràbhaidh cha 'n fhan thu ann ;  
 Bì mi 's mo phàisdean 'n am mhonadh àghmhor,  
 Le bainne 's blàthaich 'us càise 's meang,  
 'S bheir mi *discharge* dhuit air do dhèarna,  
 'S le beannachd Phàdruig na till a nall.



## NEIL MACVICAR.

---

A BARD, of whose compositions the song that follows alone is extant, was Neil MacVicar, or as he was known locally, "Niall Ruadh Mòr." He lived at Vallay, and emigrated to Cape Breton upwards of 60 years ago, where he continued to woo the muses. The humour of "Oran nan Cat" leads us to think that his trans-Atlantic verses must have also been worth preserving, but whether they live in the memory of the generation that followed is more than doubtful. As to "Oran nan Cat," the story was that on the night of a certain fiddler's wedding, and after the close of the festivities, a number of the neighbouring cats congregated to where the bagpipes had been deposited, to whose strains the merrymakers had tripped the "light fantastic toe," and greedily devoured the sheep-skin bag, so essential a part of the national instrument. We do not know whether, like the fox, they congratulated themselves on the combination of meat and music; but they fought and lacerated one another over the division of the spoil, each endeavouring to get the lion's share. But as they did not go the length of the Kilkenny cats, they were able afterwards to moralise on the situation. When the period of reflection came, they were sadder and wiser cats, and their reminiscences of their destructive conviviality seem to have been somewhat mingled. The piper, in the first verse, refers to the tragic fate of the instrument, and thereafter the different cats express their opinions.



## ORAN NAN CAT.

OIDHCHE banais an fhìdhleir  
 Bha mi inntinneach eutrom,  
 Mo chridhe mire ri 'm inntinn,  
 'S bha gach nì leam a' géilltinn :  
 Pìob nan dos 's i fo m' achlais,  
 'S dheanainn caismeachd do cheudan :  
 Mu 'n d' thàinig deireadh na h-oidhche  
 Cha robh mìr dh' i ri chéile.

*Seisid*—Bheir mi o raill òho  
 Agus o raill éile,  
 Bheir mi o raill òho  
 Agus o raill éile ;  
 Bheir mi o raill òho  
 Agus o raill éile,  
 Gur e mis' tha gu tùrsach,  
 'S mo chruit-chiùil air mo thréigsinn.

Thuir an cat a bha 'n Langais,  
 “Tha mo cheann air dhroch cìreadh,  
 'S tim dhomh féin a bhi sealltuinn,  
 Cìod e'n t-am tha e dh' oidhche ;  
 'S mòr gu 'm b' fheàrr leam bhi 'n còs,  
 Aig amhuinn Lònaidh 'n am shineadh  
 No na fhuair mi 'phìob Dhòmhnuille,  
 'S chaidh an ceòl feadh na fìdhle.”  
 Bheir mi o raill òho, &c.

Thuir an cat a bha 'n Cìrean,  
 “’S tim dhomh féin bhi dol dachaigh,  
 Ma ’s a maith cath nan iongnan

Tha mi sgith dhe ’r cuid sabaid.”

Thuir cat mor Bun-na-dìge,

“ Mo chluasan féin air an sracadh :

’S mòr gu ’m b’ fhearr leam i Dhòmhnnull,

A’ bhi gu ceòlmhor fo d’ achlais.”

Bheir mi, etc.

Thuir an clot-cheannach duaichnidh

An cat ruadh a bh’ aig Dòmhnnull,

’S a dhà thaobh air an gualladh,

Mar chaidh fuachd ann le reòtachd :

“’S fad o’n chaill thu na cluasan

Mu ’n an truailleachd a’ d’ òige,

Bhiodh tu crògnadh an uachdair

A muigh aig buailtean na mòintich.”

Bheir mi, etc.

“ Eisd a shiongaire lachduinn

Mu ’n cuir mi asad an t-eanchainn ;

’De chuir thusa gu baile,

Chur na h-athais sin ormsa ?

Ma chaill mise na cluasan,

Cha b’ ann mu ’n truailleachd a dh’ fhalbh iad,

Ach droch easlaint a bhuail mi

’S thug iad ’uam gus mo theannaes’ iad.”

Bheir mi, etc.

Thuirte cat Dhòmhnuaill na Camairt  
 “ B' fhearr domh fantail 's a' mhòintich ;  
 'S daor a phàigh mi mo shuipeir  
 No na dh'ith mi no dh'òl mi.  
 'S ann a chaill mi mo shùilean  
 Ge b' e 'n cù bha 'g an sgròbadh  
 Air son craicionn seann rùda  
 'S gur e mùn thug a chlàimh dheth !  
 Bheir mi, etc.

Thuirte cat Thormoid\* 's e labhairt  
 “ Thèid bhur sparradh am prìosan  
 Bho 'n tha mise 'n a' m' Earraid  
 'S duine daingean bho 'n Rìgh mi ;  
 Thèid bhur glacadh mar mheirlich  
 Bho nach tàmh sibh an oidhche,  
 'S dòch' gu 'm faic mi 'n glas-làmh  
 Gu tigh *guard* am Port-rìgh sibh.”  
 Bheir mi, etc.

---

\* Norman was a messenger at arms and his cat naturally assumed official airs.



## DONALD MACLELLAN

---

A BARD of local fame was Donald Maclellan, or as he was called *Dòmhnall Ruadh nan Oran*. He was the author of several fugitive humorous productions, but the song which follows "Maighdean Bhòidheach Mhic Fhearghuis," seems alone to have survived. This "Mhaighdean" was really a ship of that name, the property of one John Ferguson, and on board of which Donald sailed as a hand. Like most other bards, Donald was a gay Lothario, who dearly loved the lasses; but this maiden whose praises he celebrates was more constant and worthy of his attachment than all the other fair ones on the country side. It is a fine breezy effusion, though marred in one or two passages by the introduction of English words.

### MAIGHDEAN BHOIDHEACH MHC FHEARGHUIS.

*Seisd*—Faill illirinn oho  
Hug 'us ohoro éile  
Faill illirinn oho  
Hug 'us ohoro éile  
Faill illirinn oho  
Hug 's ohoro éile

Maighdean Bhòidheach Mhic Fhearghuis  
Gur tric a dh' fhalbh sinn le chéile.

Tha mo chion air a' Mhaighdin  
Gheibhinn caoimhneas 'na 'd' achlais

'S tu bu bhòidh'che dreach léine,  
 'Nam éirigh 's a' mhaduinn :  
 Do shlios mar chanach an t-sléibhe,  
 'S gaoth a' séideadh 'na d' bhadan,  
 'S tu nach innseadh na breugan,  
 'S nach cuireadh sgeul orm le magadh.

'S tric a chaithris mi 'n oidhche,  
 Cur na maighdinn an òrdugh,  
 Mu 'm faigheadh iad beum dh'i,  
 Latha Féille no Dòmhnuch :  
 Cha robh riobain mu 'n cuairt d'i  
 Ach buill chruaidh dhe 'n a' chorcach,  
 'S i bu bhòidh'che dhe cinneadh,  
 A' dol an ionad a seòlaidh.

Fhuair mi loineachan pòsaidh,  
 Leat bho Steòrnabhagh Chaisteil ;  
 Bha do ghealladh ro dhearbhta,  
 Bha thu earbsach 'n a d' fhacal :  
 'S mi gu 'n ceannachadh an gùn dhuit,  
 Ged bhiodh crùn air an t-slait dheth,  
 Agus riobainean còrcaich,  
 Chum do sheòladh bhì aithghearr.

Cuid de bheusan mo leannain  
 A bhì cathranach faoilidh ;  
 Gabhail fàileadh na mara,  
 Bho 'n a chleachd i mar cheaird e ;  
 Bheirinn *dram* dha cuid lamhan,  
 'S rud a bharrachd 'nam faodadh,

'S b'è mo rogha *dibhearsoin*,  
A' bhi a' pasgadh a h-aodaich.

Tha clann-nighean an taobh so  
'S beag tha m' ùigh ann am pàirt diubh,  
'G am bheil crodh agus caoirich,  
'S cha ghabh mi h-aon diubh 'n a' d' àite :  
'S mi nach iarradh leat tochradh,  
Ach *jib*, a's *topsail*, a's *mainsail*,  
Agus *foresail* maith ùr,  
Bhi as do chionn air a *bhendadh*.

'S iomadh latha cas gailbheach,  
A rinn mi 'n soirbheas a dhìobradh,  
Ann a' Maighdean Mhic Fhearghuis  
'S cha chuireadh soirbheas gu dìth i :  
Cha robh mis' am bhall fanoid,  
Dh' aindeoin cantanas nigh'nag,  
Dheanainn feum fir an tìghe  
Dhoibh a latha 's a dh' oidhche.

'S iomadh oidhche fhliuch, fhuaraidh,  
Eadar Tuath agus Manainn,  
Bha mi muigh leis a' Ghruagaich,  
Leis naçh b' fhuathach mo leantuinn,  
Ise ruith air an fhuaradh,  
'S muir a' bualadh mu darach,  
Mi féin 's mo làmh air a guallainn,  
'S bha cuisle fuathasach fallain.

## RACHEL MACDONALD.

---

RACHEL MACDONALD, or *Raonaid Nighean Mhic Neil*, a distinguished poetess in her day, (a native of North Uist,) flourished towards the close of last century. It is said that this Hebridean Sappho was once in the Isle of Skye, wind-bound and waiting for a boat and a favouring breeze to take her across the Minch. She happened one day to beguile the tedium of waiting by gathering shell-fish along with other women on the shore of Loch Dunvegan, when raising her head and looking westward, she saw a tall handsome man passing by. To the astonishment of the rest this gentleman, splendidly dressed and wearing a gold ring, accosted *Raonaid*, and, finding out that she was waiting to cross to Uist offered her a passage. This turned out to be young Maclean of Heiskir, an island otherwise known as Monach, lying westward of North Uist. In praise of "Fear Heisgir" and his Birlinn the following stirring verses were composed, which are all that remain of her poetry.

### ORAN FIR HEISGIR.

Gur e mis' tha fo mhìghean  
    'S mì leam féin air a' chnoc,  
Fada fada bho m' chàirdean  
    Ann an àite ri port

Gus a faca mi 'm bàta  
 Le siùil àrda ri dos  
 'Tigh' nn bho Rudha na h-Airde  
 'S mac an àrmuinn ri stoc.

Mac an àrmuinn ri stiùireadh,  
 A' tigh' nn a dh' ionnsuidh an t-Snoid  
 Steach troimh chaolas a' beucadh  
 'S muir ag éirigh ri stoc  
 'Tha do làmhsa cho gleusda,  
 'S cha do thréig thu do neart,  
 Ged a thigeadh muir dù-ghorm,  
 Chuireadh srùladh a steach.

Bu tu sgiobair na fairge,  
 'S tu fear falmadair grinn,  
 'S tu gu 'n deanadh a stiùireadh,  
 'Nuair a dhiùltadh each ì,  
 'Nuair a bheireadh iad thairis,  
 'S iad nan luidhe 's an tuim,  
 Chuireadh tus' i cho gàireach,  
 Gus an tàradh i tìr.

Cha bu ghlas bho 'n a' chuan thu,  
 Cha bu duaichnidh do dhreach,  
 Ged a dh' eireadh muir tuaireap,  
 Agus stuadhana cas,  
 Bagradh *reef* orr le soirbheas,  
 Le stoirm 'us droch fhras,  
 Bha do mhisneach cho làidir,  
 'S bha do làmhsa cho maith.



Cha robh do leithid ri fhaighinn,  
 Eadar so 's a Chaoir dhearg,  
 Eadar Lite no Barraidh,  
 'N dean iad taghal no falbh,  
 Cha robh maighistear soithich,  
 Chuala gliocas do làmh,  
 Nach bi faighneachd am b' fhiosrach,  
 C' àite 'm faicte do bhàt.

Ged bhiodh ciosanaich mhar' ann,  
 A bhuaileadh barraibh a crann,  
 Chuireadh fodh' i gu slataibh,  
 'S luaithe h-astar na long,  
 Tha i aotrom aigeanneach,  
 'G éirigh eadar gach gleann,  
 Muir a bualadh mu darach,  
 A' fuasgladh reangan 'us lann.

An iùrach àluinn aighearrach,  
 'S i ri gabhail a' chuain,  
 I ruith cho dìreach ri saighead,  
 'S gaoth na h-aghaidh gu cruaidh :  
 Ged bhiodh stoirm chlachan-meallainn  
 Ann 's an cathadh a tuath,  
 Ni fear Heisgir a gabhail  
 Làmh nach athadh roimh stuaidh,



## ANGUS CAMPBELL.

---

ANGUS CAMPBELL, patronymically *Aonghas Mac Dhòmhuill 'Ic Eoghainn*, or as he was also known in his own day "Am Bard Sgallach," flourished between eighty and a hundred years ago. He was a native of Benbecula, where he followed the tailoring trade. He was well known in his time as a rhymster of sarcastic humour whose wit was as keen and incisive as his shears. He was a practical joker from his youth and dearly loved a butt. In his time it was the custom in his native island to give a stated salary to a tailor for doing all the work in one or more townships. When Angus started business on his own account he happened to be working in a house the mistress of which doubted his honesty. Tailors were sometimes suspected of appropriating the sewing thread with which their employers always supplied them and was, invariably, of native manufacture, and the good wife finding she had to go from home and harbouring the suspicions referred to, thought it was a very brilliant idea to lock the ball of thread in her principal chest, leaving the end out through the keyhole for the tailor's requirements. The precaution was obviously no check, but Angus, who was as honest as the seven locks, was very much annoyed at being treated as a thief and resolved to have his revenge. As soon as the good wife left he broke the thread and let it slip back through the keyhole. Having a shrewd suspicion of what the chest contained he tilted it up on one end, then on the other, placed it upside down, and in all

sorts of positions as if it were to get the thread back through the keyhole. Finally he walked out of the house. Shortly after the mistress of the house returned. Angus on meeting her explained how the sewing thread had broken and slipped through, and though he had placed the chest in all sorts of positions he failed to get hold of it. The woman was in despair. She raised her hands in horror and dismay and said "Angus you have ruined me. My meal, my butter, my eggs, my cream, my milk, my best dishes, were all in that chest. I'll never get over this day's loss"! Yes, that was all very true, but Angus had his revenge for her unfounded suspicions.

Angus, as stated, dearly loved a butt and he found one in a neighbour who on account of his height was known as "Dòmhnall Ard" and at whom he directed all manner of squibs and lampoons. "Dòmhnall Ard" was inclined to be penurious and close fisted and, therefore, indisposed to participate in the convivial meetings of the district. The bard twitted him on his sordid and ungenerous disposition in a song composed to a lively measure:—

Cha toireadh tu Dhòmhnall Aird  
 Cha toireadh tu da sgillin,  
 Cha toireadh tu Dhòmhnall Aird  
 Dad am bàids' na cloinn nighean.

This was a reference to the custom of subscribing for an entertainment to which the young men invited the fair maidens in whom they felt a special interest. *Dòmhnall Ard* also receives special mention in another song by the "Bard

Sgallach" of which I regret to say I have only two or three verses. At certain seasons of the year a large quantity of fish principally the species known in the Western Islands as *mucan ruadh*, a species of perch, used to be washed ashore in tempestuous weather. In those days food supplies were not too plentiful in the Highlands, at all times, and the people used to turn out in force to gather this harvest of the sea. The appearance presented by the people of the township of Aird, lining the curved sea-shore and intently occupied in the search for stranded perch was, from one aspect of it sufficiently pathetic, but the poet seizes on the humorous side of the scene.

SEISD :—Tha na fir mhòra, mhòra, mhòra,  
 Tha na fir mhòra falbh ri oirthir,  
 Tha na fir mhòra siubhal ri stoirm,  
 'S ann orra tha 'n colg a' falbh ri oirthir.

Mnathan cho miannach, mucan cho lionmhor,  
 'S milis am biadh, gu siorr' cha teirige,  
 Gillean cho luath ri iomall a' chuain  
 'S 'n uair 'chi iad muc ruadh 's a' stuaigh gu 'm beir iad orr'  
 Tha na fir mhòra, &c.

Uilleam Mac Iain am breabadair òg,  
 'S ann air a bha 'n còta 's mor a thoilleadh ann,  
 Le truimead an eallaich cha togadh e cheann,  
 'S ann air a bha 'n call 's an am 'n do theirig iad.  
 Tha na fir mhòra, &c.

Onfha na mara am bliadhna 'g ar dùsgadh,  
 'S ann orra bha sùrd air chùl nan sgeirean ;  
 Cha robh easgann an càrn nach d' thàinig gu tràigh  
 'S gu 'n d' fhuair Dòmhnall Ard na dhà mu dheireadh  
 dhiubh.

Tha na fir mhòra, &c.

The "Bard Sgallach" was however capable of more serious efforts than those referred to and the two following poems, one an eulogy and another an elegy on Captain Angus MacDonald, Milton, a nephew of the celebrated Flora, testify to the more solemn vein. The elegy was composed on the tragic occasion of Captain MacDonald's death by drowning in 1809.

#### ORAN DO FHEAR AIRIDH-MHUILINN.

Slàn iomradh do 'n ghaisgeach  
 A chunnaic mi seachad an dé,  
 Mac ud Aonghais Oig bheachdaidh  
 Cha b'e 'n t-ìomrall leam tachairt riut féin.  
 Fear gun iomluaisg 'na aigne,  
 Bha gu sìobhalta, staideil an céill ;  
 Aig a' mheud 's a bha thlachd ort,  
 Cha d' fhuaradh dhuit masladh no beum.

Slàn o chunnart sud dhàsan,  
 Cha téid duine 'ga àicheadh nach fìor

O 'n si 'n fhirinn a b' fhearr leat,  
 'S o'n 's i 'n acfhuinn a ghnàthaich thu riamh,  
 Mheud 's a fhuair mi dhe d' chòiread  
 Ann an comain an eòlais nach b' fhiach,  
 Nì mi 'n urrads' a' d' chòmhnadh  
 Fhad 's is urrainn do m' chòta 'ga dhiol.

Gheibhte sud am beul feasgair  
 Ann a' d' fhàrdaich-sa beadradh 'us mùirn ;  
 Bùird mhòra 'gan leagadh,  
 'Us an àirneis bu deis' os an cionn :  
 Bhiodh na deochanna brasa  
 'G am brosnacha seachad air thùs,  
 Anns na cupanna breaca ;  
 'Us fir òga 'g an aiseag gu dlùth.


Gheibhte' sud ann a' d' fhàrdaich  
 Ceòl fìdh! agus dàna 'cur leis ;  
 Tigh nan uinneagan clàraidh,  
 Far am faigheadh na h-àraidhean meas ;  
 Dhòmhsa b' fhasda ràidhtinn  
 Gu 'm b' e sud mo cheòl gàire car greis,  
 Cha bhiodh cuideachd mar dhàimh ort,  
 Bhiodh tu féin 'na' d' cheòl-gàire 'nam measg.

'S mòr do bhiàthas aig Gallaibh  
 'N uair a bhiodh iad air allaban cian,  
 Meud do mhùirn 'n a' do bhaile,  
 'S cha bu chùirt leat bhì malairt am bìdh ;

'S tric a thug thu uat deannal,  
 Fhir nach sgrubail a shealladh am prìb,  
 'S mò do dhùil ann an onair,  
 Na bonn dheth bhi d' sporan 'g a dhìol.

'S iomadh sruthan de 'n fhior-fhuil,  
 Tha ruith ann an sioladh do bhall,  
 Sliochd ud Raonuill mhòir phrìseil,  
 Nach d' fhòghlum bhi mìothar no gam,  
 Agus deagh Mac 'Illeathain,  
 'S gun a theaghlach ri fhaigheil an tràths ;  
 Cur le chéil' ann an cruadal  
 'S tric a bhuidhinn iad buaidh anns na blàir.

Da chraobh anns a' ghàradh  
 Cha 'n ionnan cur fais dhoibh 'nan dìth's,  
 Craobh a shiòlaich 's a dh' fhàsas,  
 Craobh a thuiteas le pràmh 'us le aois,  
 'S ionnan sud 's mar a ta sinn,  
 Nis o 'n phàigh sinn na màil ud cho daor ;  
 Tha ar n-urra cho làidir  
 'S gu 'n cuir e 'na àite gun chlaoidh.



## MARBHRANN DO FHEAR AIRIDH MHUILINN.

Aonghais Oig rìomhaich

Gu 'n seinneadh pìob leat 'us bratach,

Air each aigeannach cruideach

A ghearradh dìreach an t-astar ;

'S e mo chràdh do chorp cùbhraidh

'N a luidhe dlùth ris an aigeal,\*

Gu 'n deach d' anam do Phàrras :

Na h-ostail chàirich do leaba.

Dia a ghleidheadh an céille

Do na dilleachdain uasal,

A dh' fhàg thu a' d' dhéigh,

'S e so am foghar a ghuail iad :

Cha robh leithid an athar

Ann an cliù no maitheas mu 'n cuairt doibh

An treas pears' 's an Roinn Eòrpa

'N a shuidh an còmhlàn dhaoin uaisle,

Thuit a' chraobh leis an duilleach,

Chrìon am bun 's gu 'n do chrìon e :

An latha rinneadh do bhàthadh

Gu 'n robh an t-Ard Rìgh 's an fhianuis ;

Gu 'n robh an uair air a cumadh,

Gaoth 'us sruth mar an ceudna :

Chuir sud thairis an t-eathar

Mo chreach ! mu leitheach an lionaidh.



Thug thu ràimh do na gillean,  
 Cha robh tuilleadh a dhìth ort :  
 Bha thu 'n dùil mar a b' àbhaist  
 Gu 'n robh do shnàmh mar an fhaoileag,  
 Gu 'n robh do shnàmh mar an eala,  
 A dh' fhalbhadh aigeannach aotrom ;  
 Pearsa dhìreach, dheas, dhealbhach,  
 'S bochd a dh' fhalbh thu gun aois uainn.

Bu tu sealgair a' mhonaidh  
 Leis a' ghunna nach diùltadh,  
 Air damh cròcach nan cabar,  
 A leumadh aigeannach sùndach :  
 'N an leumadh gu marbhadh :  
 Bha thu d' shealgair bho dhùthchas ;  
 Ròn, eala, 'us earbag  
 Nan gearra-chasa lùth'or.

'N uair a chruinnicheadh an camp  
 Bu tusa ceannard nan daoine ;  
 An rud a theireadh tu dheant' e,  
 No dh' fheuchadh tu faobhar.  
 C' àite 'n robh ann an Alba,  
 Tràth sheasadh tu calma fo d' aodach,  
 A h-aon a labhradh riut dàna ?  
 B 'e 'n t-eun a b' àirde 's a' chraoibh thu !



## MALCOLM MACLEOD.

THE author of the following song was Captain Malcolm Macleod, a well known and much esteemed man in his day, who lived at Lochmaddy, and died there some thirty years ago. Donald Munro, the hero of the song, was a half witted giant of great strength, but greater indolence, who for years made his home with the Captain, sometimes working and sometimes not, just as the spirit moved him. He went under the nickname of the "Speireag," and when so addressed his wrath knew no bounds. The "Speireag" loved the short winter days, limiting, as they did, the time of labour, but when Spring brought longer hours and better weather his countenance fell and he was wont to express his regret at the vanished storms of winter thus, "Tha chron sin air a' là Earraich bi 'n dara ceann dheth tioram." Like most creatures of low intellect, Donald sometimes took a wandering fit. He once came back after a long absence, to his patron's house, and was welcomed by Malcolm who was a ready-witted rhymester thus:—

Dh'fhalbh an Speireag air iteig do'n iarmailt  
 'S thug i 'n taobh siar oirre dh' iarraidh a lòn,  
 'Tillidh i rithist mar shneachda gu'n iarraidh  
 'S gabhaidh i sios gu Calum Macleòid.

